

**AITHISG
BHLIADHNAIL**

&

**AITHRIS NAN
CUNNTASAN**

MG ALBA

**ANNUAL
REPORT**

&

**STATEMENT OF
ACCOUNTS**

16-17



Rathad Shìphoirt
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2SD


25 Ògmhios 2017

Dame Patricia Hodgson DBE
Cathraiche
Ofcom
Taigh Riverside
2A Rathad Southwark Bridge
LUNNAINN
SE1 9HA

A Bh-uas Hodgson

Aithisg Bhliadhnail & Aithris nan Cunntasan

An co-chòrdadh ri Earrann 19 (12) de Achd Craolaidh 1990, tha mi a' cur an cois seo Aithisg Bhliadhnail Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig agus Aithris nan Cunntasan airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2017.



Magaidh Choineagan
CATHRAICHE



Seaforth Road
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2SD

25 June 2017

Dame Patricia Hodgson DBE
Chairman
Ofcom
Riverside House
2A Southwark Bridge Road
LONDON
SE1 9HA

Dear Ms Hodgson

Aithisg Bhliadhnail & Aithris nan Cunntasan

In accordance with Schedule 19 (12) of the Broadcasting Act 1990, I enclose the Annual Report of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (Gaelic Media Service) and the Statement of Accounts for the year ended 31 March 2017.



Maggie Cunningham
CHAIRPERSON

04

LÈIRSINN
Vision

05

RÙN
Mission

06

TEACHDAIREACHD A' CHATHRAICHE
Chairperson's message

12

LÈIRMHEAS AN ÀRD-OIFIGEIR
Chief Executive's review

20

LÈIRMHEAS AIR GNÌOMHAN & GNOTHACHAN
Activities & business review

26

AMASAN & TORAIDHEAN
Objectives & outcomes

28

LÈIRMHEAS AIR BBC ALBA AGUS MEADHANAN GÀIDHLIG
EILE ANN AN ALBA
A review of BBC ALBA and other Gaelic media in Scotland

CLÀR-INNSE



CONTENTS

50

LÈIRMHEAS AIR LEASACHADH

Development review

60

AITHRIS RIAGHLAIDH

Governance statement

66

CUNNTASAN AIRSON NA BLIADHNA A DHÙIN 31 MÀRT 2017

Accounts for the year ended 31 March 2017

96

TUILLEADH FIOSRACHAIDH

Additional information

98

LUCHD-OBRACH

Staff

100

BUILL A' BHÙIRD

Board Members

104

COMHAIRLICHEAN & FIOS THUGAINN

Advisors & contact details

LÈIRSINN



VISION

*Gum bi na meadhanan Gàidhlig aithnichte fad
is farsaing airson obair chruthachail,
ùr-ghnàthach agus den ìre as àirde*

*That Gaelic media is recognised universally for creativity,
innovation and the highest standards*



RÙN



MISSION

*Geallaidh sinn spionnadh agus brosnachadh a thoirt
tron Ghàidhlig agus tro na Meadhanan*

Our promise is to inspire and encourage through Gaelic and Media

A' toirt Gàidhlig thugaibh

Bringing Gaelic to you





TEACHDAIREACHD A' CHATHRAICHE



CHAIRPERSON'S MESSAGE

Maggie Cheneage

Dh'fhoillsich sinn Lèirsinn 2021 ann an 2015, anns a bheil sinn a' cur an cèill ar n-amas airson leasachadh farsaing air seirbheisean nam meadhanan Gàidhlig agus gheall sinn leantainn oirnn a' sireadh nan goireasan a dh'fheumar airson seo a choileanadh thar nan còig bliadhna a tha romhainn. Ged a thàinig Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte chun a' cho-dhùnaidh gun leantainn air adhart mar a rinn iad thairis air an dà bhliadhna ron seo, ann a bhith a' toirt gealltanais air £1m sa bhliadhna, tha e air a bhith comasach dhuinn leantainn oirnn ag ullachadh susbaint de dh'àrd-chàileachd. Cumaidh gealltanais a' BhBC £1.2m a chur ri na thathas a' cosg air BBC ALBA gach bliadhna sinn air slighe chothromach a thaobh maoinachadh san fharsaingeachd. Ach, chan eil e fhathast air a bhith comasach dhuinn aon de ar prìomh amasan a choileanadh – is e sin a bhith a' meudachadh an àireamh de dh'uairean de shusbaint ùr air an t-seanail – mar thoradh air cuingealachaidhean a thaobh maoineachaidh.

Tha sinn fada an comain Riaghaltas na h-Alba agus Pàrlamaid na h-Alba airson am maoin a chumail aig an aon ìre airson na bliadhna a tha romhainn. Lean sinn oirnn a' cleachdadh nan goireasan sin gus a bhith a' coimiseanadh susbaint phrògraman telebhisein a bhiodh a rèir feumalachdan luchd-cleachdaidh na Gàidhlig.

Tha BBC ALBA a' leantainn air adhart a' mealtainn taic a luchd-amhairc agus tha seo gu mòr mar thoradh air a' cho-bhanntachd shoirbheachail a tha againn leis a' BhBC, agus dìcheall agus dealas luchd-dèanaimh nam prògraman. Ach, tha e cudromach gun tig tuilleadh ghoireasan agus maoinachadh ma tha sinn a' dol a choileanadh na tha san amharc ann an Lèirsinn 2021. Cumaidh sinn a' còmhraidh ri ar prìomh luchd-ùidh agus ar com-pàirtichean gus ar lèirsinn a choileanadh agus a chur an cèill.

Cha robh mòran cho tlachdmhor anns a' bhliadhna seo chaidh ris an turas a rinn sinn mar Bhòrd a dh'Uibhist as t-Fhoghar. Air feasgar brèagha ann an Talla an Ìochdair, choimhead sinne is talla làn de mhuinntir an àite a' chiad dà phrògram **Ò Mo Dhùthaich** san t-sreath de sheachd prògraman air a stèidheachadh air coimhearsnachdan ann an Uibhist, Beinn na Faoghla agus Eirisgeigh. Chan eil slat-tomhais ann cho cudromach ri beachd sluagh an àite air prògram a tha stèidhichte anns na coimhearsnachdan aca fhèin agus bha e follaiseach gun do chòrd an t-sreath riutha agus gun robh iad a' cur an taic ris. Tha an t-sreath seo, agus iomadach fear eile dha leithid air a bhith air leth soirbheachail do BhBC ALBA anns a' bhliadhna a chaidh seachad.

Ged a tha sinn air a bhith an sàs san dòigh seo le coimhearsnachdan Gàidhlig, tha an rannsachadh againn ag innse dhuinn gu bheil an àireamh de luchd-amhairc a tha a' coimhead air BBC ALBA a tha nas òige na 45 nas ìsle na bu toigh leinn, agus tha e na dhùbhlán dhuinn dèanamh cinnteach gu bheil an susbaint againn a rèir ùidh na h-aoise seo. Chan ann aig a' Ghàidhlig a-mhàin a tha an dùbhlán seo oir tha an saoghal didseatach air buaidh mhòr a thoirt air dòighean

In 2015 we set out in Lèirsinn 2021 our ambition for the comprehensive development of Gaelic media services and pledged to continue our efforts to secure the resources necessary to achieve this over the next five years. Despite the UK Government's decision not to continue its commitment of the previous two years, of £1m per annum, we have been able to maintain high quality content. The BBC's commitment to raise its annual spend on BBC ALBA by £1.2m will return us to an even keel in terms of overall funding. However, we have not yet been able to fulfil one of our key objectives - which is to increase the number of hours of original content on the channel - due to funding constraints.

We are indebted to the Scottish Government and Parliament for maintaining our core grant in cash terms. We continued to devote most of these resources to commissioning TV programme content to meet the needs of Gaelic users.

BBC ALBA continues to enjoy the confidence of its audiences and this is due in no small measure to our continuing successful partnership with the BBC, and the commitment and talent of programme makers. However, it is important to note that more resources and investment are needed if we are to achieve the vision of Lèirsinn 2021. We will continue to engage with key stakeholders and partners in a bid to fulfil and implement our vision.

One of the most memorable occasions of the past year was our Board visit to Uist in the Autumn. On a lovely evening in lochdar Hall, together with a hall full of local people, we watched the first two programmes of **Ò Mo Dhùthaich**, a series of seven based in and around the communities of Uist, Benbecula and Eriskay. For observational documentaries, the real test of success is the opinion of the locals and it was clear that they thoroughly enjoyed and approved of the series. This series, and many others like it, have been highly successful for BBC ALBA over the past year.

Whilst we have engaged in this way with Gaelic-speaking communities, our research shows that the number of under-45s who watch BBC ALBA is lower than we would like, and there is a challenge for us to ensure that our content engages this demographic. This challenge is not unique to Gaelic services, as the digital world has dramatically changed viewing habits. However, it is vital that we are equipped to provide a service to our younger demographic

amhairc dhaoine. Ach, tha e deatamach gu bheil sinn air ar n-uidheamachadh airson seirbheis a thoirt do ar daoine òga ann an dòigh a tha cothromach agus inntinneach. Is e an dùbhlán as motha a tha an lùib ar co-bhanntachd leis a' BhBC com-pàirteachas a bhith againn le daoine òga: feumar susbaint ùr le luachan riochdachaidh àrda agus is e an dùbhlán as motha a tha romhainn an dith maoineachaidh a tha ann an-dràsta.

Ann a bhith a' measadh luach nan seirbheisean againn, tha e na thoil inntinn gu bheil BBC ALBA tlachdmhor is feumail do luchd-labhairt na Gàidhlig agus gu bheil **learn Gaelic.scot** na chuideachadh mhòr do luchd-ionnsachaidh, ged a tha obair fhathast ri dhèanamh ann a bhith a' treòrachadh dhaoine thuige airson gu faighear na ghabhas de dh'fheum is de mhathas às. Am-bliadhna a-rithist, tha sinn air faicinn cho deònach 's a tha ar n-òigridh a dhol an sàs ann am FilmG is na toraidhean cruthachail, sgileil a tha a' tighinn an cois sin. Bha cuirm nan duaisean aig FilmG loma làn de dh'òigridh thàlantach is abair gu bheil sin na bhrosnachadh mhòr.

Tha Cairt a' BhBC a-nis air aontachadh airson na h-ath 11 bliadhna. An cois an ùrachaidh seo bha sinn gu mòr an sàs ann a bhith a' moladh gu leudaicheadh am BBC an taic do sheirbheis BBC ALBA. Bha sinn ag iarraidh gun cuireadh am BBC taic ri prògraman ùra a leudachadh gu 10 uairean a thìde gach seachdain. Ged nach eil an gealltanais sin againn, tha sinn misneachail gun tig leasachadh mean air mhean thar nam bliadhnaichean a tha romhainn. Tha am BBC dealasach mu bhith a' craoladh phrògraman naidheachd aig an deireadh sheachdain air BBC ALBA bho Fhoghar 2018 agus leanaidh sinn oirnn ag obrachadh gu dlùth ris a' BhBC gus dèanamh cinnteach gu bheil a' cur taic maoineachaidh ris an t-seanail.

Le seanail ùr BBC a' tighinn a dh'Alba an ath-bhliadhna, tha sinn a' faicinn gu bheil cothrom ann tuilleadh co-obrachadh a dhèanamh gu maith luchd-amhairc BBC ALBA. Bha e cuideachd na mhisneachd dhuinn gun tàinig gealladh bho Cheannard ùr a' BhBC ann an Alba, gun tigeadh piseach air àireamh phrògraman ùra air BBC ALBA anns na bliadhnaichean a tha romhainn. Tha an co-bhanntachd leis a' BhBC air a bhith air leth soirbheachail chun na h-ìre seo agus tha e cudromach gun tig barrachd agus barrachd luach bhon cho-bhanntachd sin airson cur ris na seirbheisean Gàidhlig sna bliadhnaichean a tha romhainn.

Leanaidh sinn oirnn a' conaltradh ris a' BhBC airson tuilleadh soilleireachd a thaobh poileasaidh coileanta a stèidheachadh airson mion chànanan na Rìoghachd Aonaichte, agus airson tuilleadh maoineachaidh airson susbaint. Tha e air leth deatamach gum bi sinn ag ullachadh susbaint ùr airson clann agus daoine òga. Tha e air leth cudromach gum bi iadsan an sàs gus a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig a' cumail oirre a' leasachadh agus ann an suidheachadh seasmhach do na ginealaichean a tha ri teachd.

in a way that is accessible and engaging. The single biggest challenge for the partnership with the BBC is for a sustained engagement from younger viewers: the key to that engagement is more original content with high production values and the biggest barrier is the level of funding currently available to us.

When we measure the value that our services provide, it is heartening to know that BBC ALBA is appreciated and useful to Gaelic speakers and that **learn Gaelic.scot** is a great support for learners, although more work is needed to ensure people are aware of this important resource and that its potential is maximised. This year again, we saw how willingly our young people participate in FilmG and the creative, masterful outcomes that come as a result of that participation. FilmG's awards night was full to the brim with talented youngsters, which is very encouraging in terms of developing future talent.

The BBC Charter has now been agreed for the next 11 years. During the renewal process, we asked that the BBC increase its support for BBC ALBA by extending original programme provision to 10 hours a week. We have some assurance that there will be progress towards this target over the next few years. The BBC has committed to weekend news bulletins on BBC ALBA from Autumn 2018 and we will continue to work closely in partnership with the BBC to ensure that there is continued investment in the channel.

With a new BBC Scottish channel in the pipeline for next year, we believe there will be opportunities to exploit our successful partnership to the benefit of viewers of BBC ALBA. We are also encouraged by a pledge from the new Director of BBC Scotland that the number of original programmes on BBC ALBA will increase over the next few years. The partnership with the BBC has been very successful to date and it is important that more and more value comes from that partnership for enhancing Gaelic services in the years ahead.

We will continue discussions with the BBC with a view to establishing a comprehensive policy for minority languages in the United Kingdom, and for increased investment in content. It is absolutely vital that we are able to provide original content for children and young people. Their engagement is key to ensuring Gaelic develops and is sustained for future generations.

Tha suidheachadh riaghlaidh a' BhBC air atharrachadh am-bliadhna is e a-nis fo smachd Ofcom. Tha Ofcom an-dràsta a' dol tro phròiseas co-chomhairleachaidh mun fhream-obrach riaghlaidh a tha air a mholadh. Cuiridh MG ALBA beachdan a-steach ris a' cho-chomhairleachadh, a' soilleireachadh nan riathanasan a tha sinn dhan bheachd a tha deatamach do leasachadh agus àrdachadh nan Seirbheisean Gàidhlig, BBC ALBA agus Radio nan Gàidheal.

Tron bhliadhna, bha sinn ag obrachadh gu dlùth le Bòrd na Gàidhlig. Tha an dà buidhinn mothachail air cho cudromach 's a tha e misneachd a chumail ri luchd-cleachdaidh na Gàidhlig - cho deatamach is a tha e goireasan a chruthachadh a tha feumail is brosnachail do luchd-ionnsachaidh is cuideachd taic a thoirt do gach iomairt gus tuigse a thogail am measg sluagh na h-Alba is na Rìoghachd Aontaichte air cho luachmhor is cho prìseil is a tha a' Ghàidhlig dhan dùthaich air fad.

Tha sinn toilichte a bhith ag obrachadh gu dlùth le Alba Chruthachail. Am-bliadhna tro ar co-mhaoineachadh bha sinn an sàs anns a' phrògram **Hamish** - sgeulachd beatha Hamish Henderson a rinn uiread airson dualchas na h-Alba is na Gàidhlig a chruinneachadh is a dh'fhàg dìleab phrìseil dhan nàisean às a dhèidh.

'S e adhbhar moit a th' ann dhuinn am piseach a tha air a thighinn air mòran de na companaidhean neo-eisimeileach agus sgiobaidhean naidheachd is riochdachaidh a' BhBC a thaobh an dealas agus an cruthachalachd. 'S ann bhuapasan a tha na beachdan cruthachail agus an obair chruaidh a' tighinn a tha a' cur cho mòr ris an t-seirbheis againn. Tha e cuideachd na adhbhar thoileachais gu bheil sinn a' cumail taic ri uiread de dh'obraichean gu sònraichte anns na h-eileanan is air a' Ghàidhealtachd.

The governance and regulation of the BBC has changed this year with Ofcom becoming its regulator. Ofcom is going through a consultation process on the proposed regulation framework. MG ALBA will respond to the consultation, highlighting the requirements we believe to be important in ensuring the continuing development and enhancement of the Gaelic services, BBC ALBA and Radio nan Gàidheal.

Throughout the year we worked closely with Bòrd na Gàidhlig. Both organisations strive to encourage and enhance the use of Gaelic and have an awareness of the necessity to create resources to inspire and support learners as well as highlighting the important value and significance of Gaelic culture in Scotland and throughout the UK.

We are pleased to collaborate with Creative Scotland. This year our joint funding brought **Hamish** to our screens and to many cinemas around Scotland. This was the life story of Hamish Henderson who did so much to collect Scottish and Gaelic folklore and bequeathed a treasure trove of archive to the nation.

We continue to be humbled by the commitment and creativity from many independent production companies and the news and production teams of the BBC. They are the driving force behind our output and services. We are also pleased that many of the companies are based in the Highlands and Islands and are key contributors to the local economy.

**4.7M TADHALAN AIR AN
IPLAYER AIRSON
PROGRAMAN GÀIDHLIG**

Tha cothrom air seirbheisean didseatach, fòn-làimhe agus bann-leathann bunaiteach do gach coimhearsnachd ge bith dè an suidheachadh sa bheil iad. Ged a tha mòran adhartas air a thighinn, le taic bho Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, tha mòran ri dhèanamh fhathast. Tha e na dhùbhlàn mòr do mhòran de ar prìomh luchd-cleachdaidh cothrom fhaighinn air ar susbaint air-loidhne -suidheachadh nach eil iomchaidh agus a dh'fheumas a bhith air a cheartachadh.

'S e prìomh adhbhar MG ALBA dèanamh cinnteach gu bheil an t-ionmhas a tha sinn a' faighinn a' cruthachadh phrògraman ann an Gàidhlig aig àrd ìre agus a tha àrd-amasach. Tha ar co-bhanntachd leis a' BhBC a' leigeil dhuinn sin a dhèanamh. Tha farpais airson luchd-amhairc nas motha na bha e a-riamh agus tha e na dhùbhlàn mòr dhuinne mar a tha e do bhuidhnean eile a tha ag ullachadh susbaint. Chan eil mi airson dìmeas a dhèanamh air na dùbhlain a tha romhainn tuilleadh maoineachaidh fhaighinn a thaobh susbaint agus bidh sin na phrìomh chuspair dhuinn sna bliadhnaichean a tha romhainn. Ach, bheir sin agus sàr shusbaint, an cothrom dhuinn strì gu luchd-amhairc nas òige a thàladh.

Chuir sinn fàilte air dà bhall ùr am-bliadhna, Màiri Kidd agus Calum MacFhearghais. Dhaibhsan is dha na buill gu lèir bu toigh leam taing mhòr a thoirt airson a bhith taiceil, dripeil is dùbhlànach nuair a tha feum. Tha mi fad an comain luchd-obrach MG ALBA airson an sàr obair agus an dilseachd, dhaibhsan anns a' BhBC a tha a' cur ris a' cho-bhanntachd gach latha is gach bliadhna agus don iomadh companaidh cruthachail a tha a' cur uiread ri na seirbheisean againn. Tha mi gu mòr nur comain.

Access to digital, mobile phone signal and broadband services is fundamental for every community no matter how remote. While much progress has happened, led by Highlands and Islands Enterprise, there are still major deficits in provision. It is too much of a challenge for many of our core audience to access our content online - a situation which is unacceptable and must be rectified.

MG ALBA's raison d'être is to ensure that our funding creates high-quality and ambitious Gaelic programmes. Our partnership with the BBC underpins our ability to do that. Competition for viewers is greater than it has ever been and that challenge is as great for us as it is for other content providers. I do not underestimate the challenges of securing increased investment in content, and that will be a key focus for us in the next few years. This, coupled with inspiring content, will enable us to rise to the challenge in the battle for younger audiences.

We welcomed two new Board members this year, Mairi Kidd and Calum Ferguson. To them and to all members I am very grateful for their industry, their support and their effective challenge. I am indebted to MG ALBA staff for their excellent work and commitment. To colleagues in the BBC who contribute to the partnership every day and every year and to all those creative companies who add so much to our services, I salute you all.

MAGAIDH CHOINEAGAN | CATHRAICHE

MAGGIE CUNNINGHAM | CHAIRPERSON

CHA ROBH MÒRAN CHO
TLACHDMHOR ANNS
A' BHLIADHNA SEO CHAIDH RIS AN
TURAS A RINN SINN MAR BHORD A
DH'UIBHIST AS T-FHOGHAR.



... tha an t-eòlas a fhuair mi air a bhith
air leth luachmhor.

”



MA SGRIOBHADH FICSEAN

Tro iomairtean sònraichte, tha MG ALBA dealasach ann a bhith a' toirt taic seachad do sgrìobhadairean a mu thràth an sàs sa ghnìomhachas agus iadsan a tha airson toiseach tòiseachaidh fhaighinn. Sa 4th bliadhna den sgoilearachd a tha a' toirt cothrom air leth do aona neach le Gàidhlig, sgrìobhadh ficsean telebhisein ionnsachadh aig Oilthigh Chailleannach Ghlaschu, b' i an sgrìobhaiche Ghàidhlig Mairead Hamilton a bha soirbheachail.

Thuir Mairead: *“Tha mi dìoghrasach mu bhith ag obair tro mheadhan na Gàidhlig agus tha a bhith a' faighinn sgoilearachd MG ALBA air a' chùrsa na dheagh cheum na mo chùrsa-dreuchd aig àm far an urrainn dhomh ionnsachadh barrachd ann an gnìomhachas nam meadhanan agus togail a dhèanamh air mo sgilean agus mo mhisneachd. Fhuair mi an cothrom obrachadh le daoine aithnichte fhad 's a bha mi ag obair air Bannan agus tha an t-eòlas a fhuair mi air a bhith air leth luachmhor.”*

MA FICTION WRITING

MG ALBA is committed to offering its support to current and aspiring Gaelic media industry professionals through a number of initiatives. In the 4th year of the scholarship which enables a Gaelic speaker to study television fiction writing at Glasgow Caledonian University, the 2016 recipient was Gaelic writer, Mairead Hamilton.

Mairead said: *“I am hugely passionate about working through the medium of Gaelic and to have secured MG ALBA's scholarship on the course is a great step in my career progression at a time when I can further my learning in the media industry and build my skill set and confidence. I had the chance to work with some top names whilst working on Bannan and my hands-on experience has been hugely invaluable.”*



12

LÈIRMHEAS AN ÀRD-OIFIGEIR



CHIEF EXECUTIVE'S REVIEW

Samuel G. Ford

'S e bliadhna de thoraidhean làidir agus de dhùbhlain a chrìochnaich air 31 Màrt 2017. B' e seo a' chiad bhliadhna slàn de **Lèirsinn 2021**, cairt-iùil nam meadhanan Gàidhlig airson 2016 gu 2021, agus tron bhliadhna dh'obraich MG ALBA tro sheirbheisean BBC ALBA, FilmG agus LearnGaelic gus adhartas a dhèanamh a rèir amasan na Lèirsinn.

Tha sinn gu mòr an comain Riaghaltas na h-Alba, a ghlèidh an cuid taic ionmhais aig £12.8m agus a tha air an aon taic a ghealltainn airson 2017-18. Cheadaich leantainneachd maoin dhuinn ar n-amasan a choileanadh agus a bhith a' planadh gus togail orra am-bliadhna.

Aig cridhe ar rùn airson na bliadhna bha a' bhith a' lìbhrigeadh seirbheis telebhisein nas coileanta anns am biodh luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a' gabhail tlachd agus aig am biodh buaidh nàiseanta. Chuir sinn a' mhòr-chuid de ar maoin agus de ar spionnadh gu feum airson BBC ALBA airson an amais sin a chur air adhart. Ged nach fhaca sinn fàs ann an àireamh de phrògraman ùra air BBC ALBA, bha e na thoileachas, a dh'aindeoin sin, gun robh luchd-amhairc na seanail a' coimhead barrachd gach seachdain na bha iad an-uiridh agus gun robh an ìre toileachais aca cho àrd 's a bha e a-riamh bhon a thòisich an t-seanail.

Cho math 's a bha na comharran sin, ge-tà, agus mar aon leis a' phàtran nàiseanta airson seirbheisean telebhisean poblach, thuit ruigse seachdainneil na seanail, gu nàiseanta agus an lùib Ghàidheil. Chan e annas a th' ann gun robh a' mhòr chuid den atharrachadh sin ri fhaicinn an lùib inbich fo aois 45, toradh a tha a rèir eòlais ar co-chraoladairean, agus bidh e na phrìomhachas do cho-bhanntachd BBC ALBA greimeachadh air an dùbhlain agus fuasglaidhean ùra a lorg 's a chur an-ghnìomh anns a' bhliadhna air thoiseach oirnn.

Chaidh Cairt Rìoghail agus Aonta Frèam-obrach a' BhBC airson 2017 gu 2028 fhoillseachadh air 15 Dùbhlachd 2016. Tha an t-Aonta Frèam-obrach a' cur ìmpidh air a' BhBC, tro a chom-pàirteachas le MG ALBA, leantainn ann a bhith a' lìbhrigeadh seirbheis telebhisein a chuireas taic ri obair MG ALBA a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil raon farsaing agus eadar-mheasgte de dheagh phrògraman Gàidhlig air an craoladh no air an sgaoileadh air mhodh eile airson daoine a tha a' fuireach ann an Alba.

Thug an naidheachd a chaidh fhoillseachadh leis a' BhBC air 22 Gearran 2017 seachad gealladh airson BBC ALBA, ged nach do chuir e an sàs na goireasan a bharrachd a bha MG ALBA agus luchd-ùidh a' sireadh bhon Chairt ùir. Anns an naidheachd sin, dhaingnich am BBC gum biodh am buidseat a bha am BBC air a chomharrachadh airson BBC ALBA airson 2017-18 air a dhìon airson an fhad-ùine, gun rachadh an t-seirbheis naidheachd a leudachadh chun an deireadh-seachdain agus gum biodh suas ri 100 uair de phrògraman ùra a bharrachd gach bliadhna a' tighinn gu ruige BBC ALBA mus ruigear 2020. Thig na leasachaidhean seo an cois cur-air-bhog seanail ùr Beurla a tha am BBC a' dealbhachadh airson Alba

The year that ended on 31 March 2017 saw both successes and challenges. It was the first full year of our five-year road map for Gaelic media, **Lèirsinn 2021**, and throughout the year we worked diligently through our services BBC ALBA, FilmG and LearnGaelic to progress the objectives of the Lèirsinn.

We are indebted to the Scottish Government, who maintained their financial support at £12.8m and who have pledged the same for 2017-18. Continuity of funding allowed us to meet our planned objectives last year and to seek to build on them this year.

At the heart of our ambition for the year was delivering a more comprehensive television service that users of Gaelic would take delight in and that would create impact at a national level. We applied most of our funding and our energies on BBC ALBA in pursuit of that objective. Although we did not see an increase in the hours of first-run programming on BBC ALBA, it was nevertheless pleasing that viewers of the channel spend more time viewing our content than last year and that channel approval ratings were the highest they have been since channel launch.



Despite those positive signs, and in line with the national trend for public service television channels, we saw a decline in the weekly reach of the channel both nationally and among users of Gaelic. It was no surprise to see most of that drift was among adult viewers under the age of 45, something that fellow broadcasters have also noted. Addressing this challenge by finding and implementing new solutions will be a priority for the BBC ALBA partnership in the year ahead.

The new BBC Charter and Framework Agreement for 2017 to 2028 were published on 15 December 2016. The Framework Agreement obliges the BBC, through its partnership with MG ALBA, to continue to provide a television service supporting MG ALBA's function of securing that a wide and diverse range of high-quality programmes in Gaelic are broadcast or otherwise transmitted so as to be available to persons in Scotland.

The BBC's announcement of 22 February 2017, although not committing the resources that MG ALBA and stakeholders were seeking for BBC ALBA under the new Charter, made some promises for the channel. In it, the BBC confirmed that their budget for BBC ALBA for 2017-18 would be protected longer term, that the television news service would be extended to weekends and that up to 100 hours of new programmes annually would be provided to BBC ALBA by the BBC by 2020. These enhancements will come in tandem with the launch of the new English-language channel intended by the BBC for Scotland in 2018. Those promises should increase BBC ALBA's output of new

ann an 2018. Bu chòir do na geallaidhean seo às-chur BBC ALBA de phrògraman ùra a mheudachadh gu 2.1 uairean a thìde gach là ro 2020, fàs beag de 0.3 uairean an coimeas ri 2016-17. Gu mì-fhortanach tha seo fhathast a' tuiteam gu math goirid air na trì uairean a thìde gach là a dh'aontaich na com-pàirtean nuair a chaidh an t-seanail a chuir air chois ann an 2008. Thathar fhathast daingean gu feum seo a choileanadh cho luath 's a cheadaicheas goireasan.

Faisg air deireadh na bliadhna ionmhais, air 29 Màrt 2017, dh'fhoillsich Ofcom na bha iad am beachd a chuir ann an Cead Obrachaidh airson seirbheisean poblach a' BhBC san RA. Tha Ofcom a' co-chomhairleachadh air an dreach agus ann am freagairt MG ALBA thèid beachdachadh air am bu chòir tomhas-measaidh a bhith aig BBC ALBA airson an uimhir as lugha de nuadh-phrògraman gach bliadhna, mar a tha Ofcom a' moladh airson BBC One, BBC Two, CBBC agus Cbeebies.

Mar a bhiomaid an dùil, libhrig BBC ALBA prògraman sònraichte làidir airson luchd-cleachdaidh na Gàidhlig ann an 2016-17, le tarraing airson feadhainn aig nach eil Gàidhlig. Bha sreath **Ò Mo Dhùthaich** mar shàr shamhladh, a' tàladh àireamh mòr de luchd-coimhid air telebhisean agus air-loidhne bho air feadh na dùthcha le sgeulachdan beò-ghlacmhor luchd-còmhnaidh Uibhist, bho Bheàrnaraigh gu Eirisgeigh. Bha **An Là**, prògraman a' **Mhòid**, an dràma **Bannan**, an sreath aithriseach **Trusadh**, an comadaidh **Taigh Thorcuill** agus **Cèilidh na Bliadhn' Ùire** aig teis-mheadhan clàr na seanail, ach chunnaic sinn cuideachd iomadh seud eile, nan lùib leithid **Hamish, Jimmy Johnstone, Druthag na Hearadh**, agus sgrìoban tro sgeulan-beatha Anna Latharna NicIllosa agus an t-Urr. Iain Urchardan, dithis air a bheil mòr mheas.

Cho math ri prògraman aithriseach chunnaic sinn fàs mòr ann an aithne agus ann an cliù nan sreathan ciùil a chaidh an riochdachadh tro chom-pàirteachas eadar-nàiseanta. Chruthaich an com-pàirteachas cruthachail seo eadar na dùthchannan Ceilteach sreathan leithid **Port** agus **Seirm**, chan e a-mhàin a' toirt thugainn taisbeanaidhean bho ghaisgich thàlantach is eireachdail a bha a' cur thairis le beartais ciùil ach cuideachd a' pòsadh nam bannan cainnt agus traidisean a tha eadarainn le sònachas nan diofar dhualchasan a tha beothail agus fallain ann an coimhearsnachdan air feadh nan dùthchannan Ceilteach. B' e seo seirbheis chraolaidh phoblach aig an ìre as airde.

Chan eil annta sin ach iomradh. Bha iomadach sreath agus prògram eile ann air a bheil sinn fìor mhoiteil, bho spòrs gu prògraman chloinne gu dibhearsan. Tha an tàlant agus an dìcheall a tha air an cùlaibh na bhrosnachadh mòr agus na shàr adhbhar dòchais dha na meadhanan Gàidhlig.

Chan eil e na iongnadh gu bheil easbhaidhean sa chlàr fhathast. Mar eisimpleir, cha robh air BBC ALBA ach 2.5 uairean a thìde de dhràma ùr agus 1.5 uairean a thìde de

programmes to 2.1 hours per day by 2020, a small increase of 0.3 hours compared to 2016-17. Unfortunately, this still falls significantly short of the three hours per day to which the partners committed at the time of channel launch in 2008, and which we remain pledged to achieve as soon as resources permit.

Toward the end of the financial year, on 29 March 2017, Ofcom published a proposed Operating Licence for the BBC's UK public services. Ofcom are consulting on the draft and in its response MG ALBA will consider whether BBC ALBA ought to have a minimum benchmark for first-run programming, something that Ofcom proposes for BBC One, BBC Two, CBBC and Cbeebies.

As we would expect, in 2016-17 BBC ALBA continued to deliver a compelling range of programmes for viewers who use Gaelic, which were also highly attractive for many other viewers who do not speak or understand the language. A prime example was the series **Ò Mo Dhùthaich** which, with wonderful insights and stories about the lives of those fortunate enough to live in Uist, from Berneray to Eriskay, attracted healthy, nationwide audiences both on television and online. The weekday news programme, **An Là**, coverage of **Am Mòd**, the drama **Bannan**, the factual series **Trusadh**, the comedy **Taigh Thorcuill** and **Cèilidh na Bliadhn' Ùire** were at the heart of the channel's schedule, complemented by gems such as **Hamish, Jimmy Johnstone, Druthag na Hearadh**, and life stories such as those of Anne Lorne Gillies and Rev. Iain Urquhart who are held in so much regard and affection.

In addition to those and many other powerful factual programmes, we saw significant enhancement to the recognition and reputation of music brands created and co-funded in international partnerships. This creative collaboration between the Celtic nations produced series such as **Port** and **Seirm**, not only bringing us wonderfully rich musical experiences from the most gifted and engaging of contributors but also marrying the shared kinship of language and tradition with the uniqueness of heritage alive and well in communities across the Celtic nations. This was public service broadcasting at its best.

It is impossible to mention here all the programmes and series of which we are inordinately proud – from sports to children's to entertainment. The talent and dedication that lies behind all of them are of huge encouragement and hope for Gaelic media.

It is no surprise that there are major gaps in BBC ALBA's schedule. By way of example, the channel broadcast only 2.5 hours of first-run drama and 1.5 hours of first-run

chomadaidh ùr air feadh na bliadhna gu lèir. Gach seachdain cha robh a-mhàin ach 12.6 uairean a thide gu cuibheasach de phrògraman ùra air BBC ALBA, no 1.8 gach latha. Chan eil sin gu leòr airson seanail craolaidh poblach air a bheil uallach farsaingeachd ghnè a shealltainn gu cunbhalach. Coltach ri seanailean craolaidh poblach eile, feumaidh BBC ALBA aire a chur air a bhith a' frithealadh dheugairean agus inbhich fo aois 45 ann an dòigh nas fheàrr.

Lean an dùbhlann dùbailte a tha mu choinneimh a bhith ag amharc prògraman Gàidhlig air-loidhne: a bhith ga lorg air iPlayer air a bheil na h-uiread de stuthan eile agus droch sholar bann-leathainn ann an iomadh ceàrnaidh anns a bheil ar prìomh luchd-amhairc.

Ged a thathas a' faicinn adhartas gach bliadhna, tha mòran de na coimhearsnachdan sa bheil a' Ghàidhlig air a bruidhinn fhathast às aonais an leud-banna, siognail 4G agus an earbsachd a dh'fheumar airson a bhith a' ruith susbaint lèir-chlaistinneach air an iPlayer no na meadhanan didseatach eile, nan lùib FilmG.

Tha dìth bann-leathainn luath agus earbsach fhathast a' toirt droch bhuaidh air gnothachasan riochdachaidh meadhanan didseatach nach eil stèidhichte ann an ceàrnaidhean bailteil gu sònraichte leis gu bheil libhrigeadh stèidhichte air faidhle agus co-obrachadh eadar-nàiseanta a' sìor fhàs riatanach. Tha e deatamach gum faighear thairis air na dùbhlain sin.

A' CUR RIS A' GHÀIDHLIG

Tha MG ALBA ag amas air a bhith a' cur gu mòr ri togail, cleachdadh, inbhe agus leasachadh na Gàidhlig ann an Alba, agus a bharrachd air BBC ALBA agus na diofar iomairtean leasachaidh anns an robh sinn an-sàs, bha dà phròiseact sònraichte a' leantainn aig a bheil mòr-bhuaidh.

Chaidh soirbheas FilmG am meud gu mòr ann an 2017, gu h-àraid an lùib òigridh, agus rinnear toileachas mòr ri bhith a' faicinn nan ceumannan mòra a thathas a' gabhail a thaobh misneachd agus comasan cànan air sgàilean ann an sgìrean leithid Gearrloch. Tha FilmG a' cur gu mòr ri àrainneachd na Gàidhlig an lùib òigridh agus tha sinn an dùil gun lean sin.

Chaidh cuideachd cleachdadh goireas-ionnsachaidh **LearnGaelic** - a tha sinn a' ruith ann an com-pàirteachas leis a' BhBC, Bòrd na Gàidhlig, Sabhal Mòr Ostaig, Bòrd na Ceiltis agus feadhainn eile - am feabhas a-rithist, mar a tha air a bhith a' tachairt bhon fhìor thoiseach. Thèid togail air a' ghoireas sin ann an 2017-18 le bhith ga cheangal nas dlùithe ri feumalachdan an luchd-cleachdaidh.

Tha an dà phròiseact sin a' coileanadh raointean-obrach co-phàirteach ach eadar-dhealaichte agus a' libhrigeadh thoraidhean nach eil comasach do thelebhisean loidhneach.

comedy in the whole of the financial year. The average weekly output of first-run programming amounted only to 12.6 hours, or 1.8 hours per day. This is not enough for a public service with a multi-genre broadcast obligation and which, like other such channels, must do more to serve teenagers and adults under the age of 45.

Online viewing of our Gaelic media content continued to face the double challenge of discoverability on a densely populated iPlayer and poor broadband provision in many areas of core viewership.

Although progress has been made annually, many Gaelic-speaking communities still do not enjoy the necessary bandwidth, 4G signal or reliability required for the streaming of audio-visual content on the iPlayer or viewing other digital media, including FilmG.

Absence of fast and reliable broadband also adversely affects digital media production businesses not based in urban areas, particularly as file-based delivery and international collaboration become increasingly necessary. It is critical that these challenges are overcome.

CONTRIBUTION TO GAELIC

MG ALBA aims to make a significant contribution to the acquisition, practice, status and development of Gaelic in Scotland. In addition to BBC ALBA and the many development initiatives which we led or participated in, there were two initiatives which continued to have major impact.

FilmG in 2017 was significantly more successful than previously, especially with young people, and it was a pleasure to witness the major steps that are being taken in relation to on-screen confidence and language skills in places such as Gairloch. FilmG contributes much to the Gaelic environment of young people and we expect this to continue.

The language learning resource **LearnGaelic** - which we operate in partnership with the BBC, Bòrd na Gàidhlig, Sabhal Mòr Ostaig, Bòrd na Ceiltis and others - continued to go from strength to strength, as it has done from its inception. We will build on this in 2017-18 by tying it closer to the needs of its user base.

Those two projects fulfil two linked but separate functions, delivering outcomes that television cannot. BBC ALBA, with its wide range of programmes that are enjoyed by a diverse

Tha BBC ALBA, le raon fharsaing de phrògraman a tha a' còrdadh ri luchd-amais eadar-mheasgte, a' brosnachadh mòran ùidh sa chànan. Tha LearnGaelic a' tabhann do luchd-ionnsachaidh innealan ionnsachaidh practaigeach air-iartras leithid faclair le faidhleachan fuaim agus prògramadh BBC ALBA le tionndaidhean ionnsachaidh eadar-obrachail, agus tha FilmG a' cruthachadh stòras saidhbhir de fhilmichean goirid agus a' brosnachadh cruth ùr agus ùr-ghnàthach de riochdair meadhanan Gàidhlig.

BUAIDH EACONAMACH

Ann an 2016-17 chosg sinn £8.9m ann a bhith a' cruthachadh 439 uairean a thide de phrògraman bho 20 companaidh riochdachaidh eadar-dhealaichte. Den sin, chaidh £8.6m chun na roinne riochdachaidh neo-eisimeilich, mòran dheth an cois pasgan de nithean a bhrosnaicheadh leasachadh tàlant, sgilean agus a' Ghàidhlig.

B' e feart sònraichte den bhliadhna mar a tha riochdairean a' sìor fhàs an cuid lèirsinn is buaidh gu h-eadar-nàiseanta, tro shàr-phrògraman co-mhaoinichte no co-riochdaichte. Tha sinn den bheachd gu bheil roinn chruthachail na Gàidhlig a' treòrachadh an còrr den dùthaich san t-seagh seo, agus gur ann bho neart gu neart a ghluaiseas seo.

audience, encourages high levels of interest in the language. LearnGaelic offers on-demand, practical tools to learners, such as a dictionary with sound files and versioned BBC ALBA programmes with learning applications. And FilmG is creating a rich bank of short films and cultivating a new and innovative brand of Gaelic media producer.

ECONOMIC IMPACT

In 2016-17 we spent £8.9m on the creation of 439 hours of programmes from 20 different production companies. Of that, £8.6m was spent with the independent production sector, much of it in tandem with a package of measures intended to foster the development of talent, skills and Gaelic language.

One of the features of the year was how producers are expanding their sights and their impact internationally, through high-quality, co-funded or co-produced programmes. We firmly believe that the Gaelic creative sector is leading the way for the rest of the country in this area of activity, and that this will grow from strength to strength.

IONMHAS

Chunnacas sa bhliadhna teachd-a-steach airson MG ALBA de £13.1m (2016: £14.0m), le £12.8m (2016: £12.8m) a' tighinn bho thabhartas-gus cuideachadh Riaghaltas na h-Alba agus £280.3k (2016: £196.0k) bho mhaoin phròiseict agus teachd a-steach airson seirbheisean agus goireasan. Thàinig maoineachadh bho Riaghaltas na RA de £1m gach bliadhna airson dà bhliadhna gu crìoch ann an 2016.

San Aithris air Teachd-a-steach lomlan aig deireadh na bliadhna bha easbhaidh an dèidh chisean ann de £132.2kk an coimeas ri còrr de £46.6k ann an 2016. Tha an easbhaidh seo a' comharrachadh gluasadan ann an so-mhaoin shuidhichte agus riochdachaidhean a tha fhathast rin craoladh agus mar sin a tha mar thoradh air cìs isleachaidh, caiteachas calpa agus gluasadan sa chalpa obrachaidh. Dh'èirich am meudachadh de 8% ann an Cosgaisean Rianachd mar thoradh air cosgaisean ath-strukturadh sònraichte de luchd-obrach a bha air am maoineachadh le sàbhalaichean ann an tuarastalan eile, agus le bhith a' riarachadh uallaichean eadar sruthan cosgais.

Tha an Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail aig deireadh na bliadhna a' sealltainn gun robh stoc phrògraman no prògraman a bhathar ag ullachadh ann de luach £3.5m (2016: £3.6m) agus cùl stòr de £166.5k (2016: £174.7k), le chèile a rèir a' phoileasaidh.

FINANCIAL

The year saw income for MG ALBA of £13.1m (2016: £14.0m), of which £12.8m (2016: £12.8m) came from Scottish Government grant-in-aid, £280.3k (2016: £196.0k) from project funding and charges for services and facilities. UK Government funding of £1m p.a. for 2 years came to an end in 2016.

The end-of-year Statement of Comprehensive Income reported a deficit after taxation of £132.2k compared with a surplus of £46.6k in 2016. This deficit reflects movements in fixed assets and productions to be transmitted and is therefore is the net result of the depreciation charge, capital expenditure and movements in working capital. The 8% increase in Administrative Expenses was brought about by one-off staff restructuring costs, which were funded by other salary savings, and by the reallocation of responsibilities between cost centres.

The end-of-year Statement of Financial Position shows programmes in stock or in production of £3.5m (2016: £3.6m) and year end cash reserves of £166.5k (2016: £174.7k), both in line with policy.

Tha gealltanasan mòra de £25.6m airson 5 bliadhna cuideachd ri fhaicinn am-bliadhna; a' riochdachadh sa mhòr-chuid cunnraidhean solar phrògraman ioma-bhliadhnail a chaidh aontachadh anns a' chiad leth de 2017 agus a mhaireas gu 2020 no 2021.

OBRACHADH

Tron bhliadhna, libhrig ar sgiobaidhean obrachaidh agus prògraman na seanail 100 uair a thide de cheangalan agus mu 470 uair a thide de stuth meadhanan a bha air dearbhadh tro sgrùdadh teicnigeach gu robh e deiseil airson a chur a-mach air an t-seanail. A thuilleadh air a bhith an sàs ann an obair stiùidio làn uidheamaichte agus goireasan rianachd mheadhanan, chrìochnaich ar sgioba teicneòlais an treas bliadhna de phròiseact ceithir bliadhnail gus gluasad gu rianachd mheadhanan stèidhichte air siostam HD, riathanas cudromach ma tha MG ALBA gu bhith an làn sàs ann an solar craolaidh nàiseanta.

SÙIL AIR ADHART GU 2017-18

Tha MG ALBA a' leantainn air adhart a' cur aghaidh ris an àm ri teachd le misneachd, stèidhichte air an eòlas gu bheil iarrtas làidir airson stuthan nam meadhanan Gàidhlig. Tha cuideachd dìcheall air feadh na roinne, anns a bheil MG ALBA a' cluich dreuchd ceannardais làidir, gus fàs a thoirt air slighe cothruim a tha cruthachail agus com-pàirteachail. Bidh a' bhliadhna 2017-18 na cothrom cur-an-gnìomh geallaidhean a' BhBC fon Chairt Rìoghail ùr ann an co-bhonn le MG ALBA. Tha sinn dealasach mu bhith a' leasachadh ar com-pàirteachas leis a' BhBC.

Tha sinn a' leantainn oirnn a' faighinn taic làidir bhon bhuidheann maoineachaidh againn, Riaghaltas na h-Alba, le maoineachadh air a ghealltainn chun a' Mhàirt 2018.

Tha dùil againn ceumannan cudromach a ghabhail a dh'ionnsaigh coileanadh nan amasan a tha air an cur an cèill san lèirsinn againn, Lèirsinn 2021. Tha sinn a' cur cudrom sònraichte air a bhith a' leasachadh an t-solair airson daoine òga, clann agus luchd-ionnsachaidh, a' toirt air adhart tàlant sgrìobhaidh agus a' leantainn air adhart ag eadar-nàiseanachadh ar n-earrann chruthachail.

Choilean MG ALBA na targaidean a bu chudromaich a chaidh an aontachadh le Ofcom airson 2016-17. Ach, tha mòran obair agus iomadh cothrom ron bhuidheann agus ro chom-pàirteachas BBC ALBA.

Significant future commitments of £25.6m over 5 years are also disclosed this year; these represent mainly multi-annual programme supply contracts agreed in the first half of 2017 and which will last until 2020 or 2021.

OPERATIONS

In the year, our channel operations and presentation teams delivered 100 hours of junctions and around 470 hours of broadcast-compliant media to playout. In addition to the operation of fully functioning studio and media management facilities, our technology team completed year 3 of a 4-year project for migration to file-based, High Definition media management, a critical requirement if MG ALBA is to participate fully in national broadcasting provision.

OUTLOOK 2017-18

MG ALBA continues to face the future with confidence, based on the knowledge that there is strong demand for Gaelic media product. There is also a sector-wide determination, in which MG ALBA plays a strong leadership role, to grow the creative and collaborative pipeline of opportunity. The year 2017-18 will bring the opportunity to implement BBC commitments under the new Royal Charter for public purposes under the next Royal Charter, in partnership with MG ALBA. We commit to developing our partnership with the BBC.

We continue to enjoy strong support from our funder, the Scottish Government, with committed funding to March 2018.

We intend to take significant steps towards the fulfilment of the outcomes set out in our vision, Lèirsinn 2021. We place particular emphasis on improving provision for young people, children and learners, fostering writing talent and continuing to internationalise our creative sector.

MG ALBA fulfilled the most significant targets agreed with Ofcom for 2016-17. However, much work and many opportunities lie ahead for the organisation and for the BBC ALBA partnership.

TAING

Bu math leam taing a thoirt do luchd-obrach agus do bhòrd MG ALBA airson an dilseachd agus an dicheall. Tha iad an-còmhnaidh àrd-amasach agus mòr thaiceil. Am-bliadhna seo gu h-àraidh, chuir mòran de ar luchd-obrach tòrr uairean a thìde a bharrachd a-steach gus cùmhnanan solair riochdachaidh fad-ùine a chuir an sàs a bhios aig cridhe stuthan agus leasachadh BBC ALBA airson nan ath cheithir bliadhna. Tron bhliadhna dh' fhàg Alan Esslemont, Ceannard Phrògraman aig an robh sàr bhuaidh ann a bhith a' dèanamh BBC ALBA cho soirbheachail. Tha sinn a' guidhe gach maith dha na dhreuchd mar Stiùiriche Choitcheann TG4 agus tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith a' leudachadh càirdeas co-obrachaidh le craoladh Gaeilge a tha mu thràth blàth agus torach.

Tha sinn a' leantainn oirnn a' faighinn buannachd à com-pàirteachas sàr mhath agus tarbhach leis a' BhBC agus tha sinn air leth taingeil do luchd-obrach a' BhBC air fad a tha an sàs sa chom-pàirteachas a tha eadarainn.

Tha a' mhisneachd a tha sinn air fhaighinn bhon dà chuid ministearan agus seirbheisich chatharra aig Riaghaltas na h-Alba air a bhith air leth cudromach dhuinn, agus tha sinn glè thaingeil airson an taic leantainneach a tha iad air a thoirt dhuinn. Tha mi an dòchas gu bheil sinn air an argamaid a dhèanamh airson maoineachadh leudaichte agus leantainneach agus a' bhuaidh a tha aig na meadhanan Gàidhlig air ar cànan agus air ar dùthaich a' sìor fhàs. Tha sinn cuideachd a' toirt taing do Riaghaltas na RA agus do dh'oifigearan DCMS, agus tha sinn an dòchas le bhith ag obair còmhla riutha gum faigh sinn air dòighean a lorg gus an lean Riaghaltas na RA air adhart a' toirt taic do chraoladh Gàidhlig san àm ri teachd.

Ar taing cuideachd do Bhòrd na Gàidhlig, Alba Chruthachail, Comhairle nan Leabhraichean, Sabhal Mòr Ostaig, roinnean Ceiltis oilthighean Ghlaschu, Dùn Èideann agus Obar Dheathain, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Iomairt na h-Alba, Leasachadh Alba Eadar-nàiseanta agus PACT.

Tha sinn gu mòr an comain gach neach a bha an sàs ann a bhith a' dèanamh phrògraman Gàidhlig, don h-uile neach tàlantach a tha ag obair air cùl an sgrion no a tha a' nochdadh air an sgrion, airson an dicheall agus am proifeiseantachd ann a bhith a' dèanamh cinnteach gun lean an t-seanail oirre a bhith soirbheachail.

Tha luchd-amhairc agus luchd-cleachdaidh nam meadhanan aig teis-mheadhan ar cuid-obrach: is e sochair mòr a tha ann a bhith ag obair às ur leth.

Gach beannachd dhuibh uile.

DÒMHNALL CAIMBEUL | ÀRD-OIFIGEIR

THANKS

I would like to thank the staff and board of MG ALBA for their unstinting loyalty and dedication. They are always highly ambitious and highly supportive. This year in particular many of our staff worked exceedingly long, hard hours on putting in place the long-term production supply contracts that will be at the heart of BBC ALBA content and development for the next four years. During the year, we bade farewell to Alan Esslemont who, as Head of Content, made an immense contribution to making BBC ALBA the success it is. We wish him every success in his post as Director General of TG4 and look forward to extending our warm and already productive collaboration with Irish language broadcasting.

We continue to benefit from an excellent and productive partnership with the BBC and we extend our deep appreciation to all BBC staff engaged in partnership with us.

The encouragement we have received from both ministers and civil servants at the Scottish Government has been hugely important for us, and we are very grateful for their long-term support. I hope that we have made the case for continued and enhanced investment as the impact of Gaelic media on our language and our country continues to grow. We also thank the UK Government, and in particular officials from DCMS, and hope that by working together we will find ways in which the UK Government can lend their support to Gaelic broadcasting.

Our thanks also to Bòrd na Gàidhlig, Creative Scotland, Comhairle nan Leabhraichean, Sabhal Mòr Ostaig, the Celtic departments of Glasgow, Edinburgh and Aberdeen universities, Highlands and Islands Enterprise, Scottish Enterprise, Scottish Development International and the Producers Alliance for Cinema and Television.

We are also very much indebted to all involved in making Gaelic programmes, to each and every talented person who works off-screen or appears on-screen, for their hard work and professionalism in ensuring the continuing success of the channel.

Viewers and users of Gaelic media are at the heart of what we are about: it is a privilege to be able to serve each and every one of you.

Gach beannachd dhuibh uile.

DONALD CAMPBELL | CHIEF EXECUTIVE



*Tha mi air uiread de chothroman
fhaighinn ann an ùine ghoirid...*

”



PREANTASACHD

B' e Calum MacFhearghais a' chiad neach a ghlèidh àite air Preantasachd Gàidhlig a' BhBC. Tha an sgeama, a tha a-nis san dàrna bliadhna, air a ruith le BBC Scotland agus Colaiste Kelvin Ghlaschu le taic bho MG ALBA. Bidh na daoine soirbheachail a' faighinn cothrom obrachadh thar ùrlaran Gàidhlig leithid BBC ALBA agus BBC Radio nan Gàidheal agus ùine a chur seachad le companaidhean neo-eisimeileach a thuilleadh air leithid BBC Spòrs agus Sky Spòrs.

Thuir Calum: *“Tha sgeama preantasachd Gàidhlig a' BhBC air còrdadh rium gu mòr. Tha mi air uiread de chothroman fhaighinn ann an ùine ghoirid agus tha mi a' coimhead air adhart ris a' chòrr den sgeama. Tha am preasantachd na chothrom shònraichte airson daoine òga le Gàidhlig agus cha b' urrainn dhomh moladh gu leòr a dhèanamh air.”*

APPRENTICESHIP

Calum Ferguson was the first recipient of the BBC Gaelic Apprenticeship. The scheme, now in its second year, is operated by BBC Scotland and Glasgow Kelvin College with support from MG ALBA. Recipients get the opportunity to work across Gaelic platforms such as BBC ALBA and BBC Radio nan Gàidheal and spend time with leading independent companies as well as with the likes of BBC Sport and Sky Sports.

Calum said: *“I have thoroughly enjoyed my time on BBC Scotland's Gaelic apprenticeship scheme. I have experienced an incredible range of opportunities in such a short period of time and I am looking forward to the rest of my time here. It is a unique chance for keen young Gaelic speakers and I couldn't recommend it enough.”*



LÈIRMHEAS AIR GNÌOMHAN & GNOTHAICHEAN

21



ACTIVITIES & BUSINESS REVIEW

'S e dleastanas MG ALBA dèanamh cinnteach gu bheil raon farsaing agus measgaichte de dheagh phrògraman Gàidhlig rim faotainn airson dhaoine ann an Alba.

Tha MG ALBA a' coileanadh a dhleastanas gu ìre mhòr tro BhBC ALBA, an t-seirbheis telebhisein agus ioma-mheadhain Gàidhlig a tha e a' ruith ann an co-bhanntachd leis a' BhBC. Tha aonta laghail eadar MG ALBA agus am BBC, a tha a' cur an cèill mar a thèid BBC ALBA a ruith leis an dà bhuidhinn agus na stòrasan a chuireas gach buidheann ris a' phròiseact. Tha a' cho-bhanntachd seo air a stiùireadh le Bòrd na Co-bhanntachd le Àrd-Oifigear MG ALBA sa chathair.

Ann an 2016-17, choinnich Bòrd MG ALBA sia tursan, le Magaidh Choineagan sa chathair. Bheachdaich am Bòrd gu mionaideach air poileasaidhean, ro-innleachdan agus rianachd chunnartan na buidhne. Ghabh am Bòrd comhairle cuideachd bho a Chomataidhean Sgrùdaidh & Dearbhaidh agus Inbhean agus chuir iad an cèill na nithean a chaidh a mholadh leotha. B' e na prìomh chuspairean ris an do dhèilig am Bòrd cunntalachadh ri, agus co-obrachadh le, prìomh luchd-ùidhe, a' gabhail a-steach Ofcom, Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas na RA; ro-innleachdan gus gealltanasan a sheulachadh bhon BhBC àrdachadh a dhèanamh san àireamh de phrògraman ùra gach seachdain airson BBC ALBA gu 10 uairean a thide gach seachdain; agus a bhith a' leasachadh freagairteachd air feumalachd agus miann luchd-cleachdaidh na Gàidhlig agus lèirmheas air solar ghnè, gu h-àraidh prògramadh airson Clann agus Òigridh.

Rè teirm nan cùmhnantan pasgain làithreach (2014-2017) rinn am Bòrd sgrùdadh air na cùmhnantan seo le riochdairean neo-eisimeileach. Am measg nan nithean cùmhnantail air an do bheachdaich an sgrùdadh bha feabhas teicnigeach phrògraman, stuthan foillseachadh phrògraman agus còrdadh luchd-amhairc a thuilleadh air dèanadas ionmhasail agus gnìomhachais nan companaidhean tron chiad phàirt den chùmhnant. Tha am Bòrd riarachadh gu bheil na cùmhnantan a' leantainn le bhith a' toirt seachad luach an airgid a thuilleadh air toileachas luchd-amhairc. Mar thoradh air na lèirmheasan seo, chaidh am Bòrd an sàs ann am pròiseas coimiseanaidh airson pasgain iomadh-bliadhna thar raon farsaing de ghnèithean, nam measg spòrs, a thòisicheas san lùgh 2017 nuair a thig an cùmhnant làithreach gu crìoch.

Ann an co-chomhairle le Ofcom, tha am Bòrd a' gabhail ri Plana Obrachaidh bliadhna a' tha cuideachd a' comharrachadh raointean anns a bheil gnìomhan MG ALBA a' cur ri Builean Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba. Tha an coileanadh a rèir Plana 2016-17 air a chur an cèill air duilleag 26 san aithris mu amasan agus toraidhean.

Ann an 2016-17, chùim am Bòrd ris a' ghealladh airson fàs, còrdadh agus mothachadh de BhBC ALBA, a' cur fòcas air solarachadh leantainneach airson Clann agus Òigridh agus airson prògramadh airson a' phrìomh luchd-amhairc an cuide ri ro-innleachd a' dol air adhart gus solarachadh, tro

The remit of MG ALBA is to ensure that persons living in Scotland are provided with a wide and diverse range of high quality programmes in Gaelic.

MG ALBA fulfils its remit principally through BBC ALBA, the Gaelic television and multi-media service which it operates in partnership with the BBC. MG ALBA and the BBC have entered into a collaboration agreement that sets out the terms on which the two organisations run BBC ALBA, and the resources that they provide to the project. The partnership is overseen by a Joint Management Board, chaired by the Chief Executive of MG ALBA.

In 2016-17, the MG ALBA Board met on six occasions, under the chairmanship of Maggie Cunningham. The Board considered in detail the policies, strategies and risk management of the organisation. It also took advice from its Audit & Assurance and Standards Committees, and dealt with the matters raised by them. The main themes addressed by the Board were accountability to, and engagement with, key stakeholders, including Ofcom, the Scottish Government and the UK Government; strategies to secure commitments from the BBC to increase its weekly originations to BBC ALBA to 10 hours per week; improving responsiveness to the needs and aspirations of users of Gaelic and a review of genre provision, particularly Children & Youth programming.

During the term of the current volume deals (2014-2017) the Board carried out reviews of these contracts with independent producers. The reviews encompassed aspects of the contracts including programme technical quality, promotions and viewer appreciation as well as the financial and business performance of the companies throughout the initial period of the contract. The Board is satisfied that the deals continue to provide value for money as well as targeted audience satisfaction. As a result of these reviews the Board entered into a commissioning process for further multi-year volume deals across a wide range of genre, including sport, commencing in July 2017 when the current deals come to a conclusion.

In consultation with Ofcom, the Board adopts an annual Operational Plan, which also identifies areas in which MG ALBA activities contribute to the Scottish Government's National Outcomes. Performance against the 2016-17 Plan is set out in the statement of objectives and outcomes on page 26.

In 2016-17 the Board maintained its commitment to the growth, appreciation and awareness of BBC ALBA focusing on the channel's ongoing provision to Children & Youth and to programming for the core audience together with a strategy going forward to providing, through volume deals,

chùmhnantan nam pasgan, airson an luchd-amhairc nàiseanta a thuilleadh air a' phrìomh luchd-amhairc. Rinn am Bòrd cuideachd adhartas le a dhealas airson eadar-nàiseanachadh de phrògraman Gàidhlig tro co-riochdaidhean gu h-àraidh ann an gnèithean ciùil agus prògraman aithriseach agus airson luchd-ionnsachaidh tro ghioireas LearnGaelic.

Tha ar ceannardas agus manaidseadh de LearnGaelic a' faicinn toraidhean, leis a' ghioireas a' fàs gu làidir agus an àireamh de luchd-cleachdaidh a' dol am meud.

Lean an 9mh co-fharpais FilmG air adhart a' toirt taic do chom-pàirteachais mheadhanan ann an sgoiltean agus coimhearsnachdan agus lean sinn le bhith a' cur taic ri oileanaich a' dèanamh a' ghluasad a-steach don ghnìomhachas agus airson leasachadh proifeiseantach leantainneach cuid de dhaoine sa choimhearsnachd chruthachail. Bha a' chuir a' chaidh a chumail san Old Fruitmarket ann an Glaschu sa Ghearran 2017 na shamhla air na sgilean, tàlant agus comas cànan a tha am measg nan daoine òga nar sgoiltean, colaistean agus oilthighean.

Ann an 2016-17 chuir sinn crìoch air ùrachadh luach £750k de ar so-mhaoin teicneòlais, pròiseact a mhair ceithir bliadhna. Tha bun-structar ùr HD air a bhith air a chur an sàs agus tha na goireasan stiùidio, iar-riochdachaidh agus sruthan-obrach libhrigidh a bh' ann air a bhith air an ùrachadh mar phàirt den tionndadh cruinneil bho chraolaidhean analog gu didseatach.

Fhuair làrach an stiùidio agus an uidheamachd OB ath-uidheamachadh slàn agus chaidh na h-ionadan iar-riochdachaidh agus barantachd càileachd uidheamachadh às ùr le teicneòlas ùr-nòsach a thaobh siostaman modhan-sgrùdaidh agus barantachd ùra.

Tha an dòigh sa bheil na mìrean eadar na prògraman air BBC ALBA air an riochdachadh agus air an libhrigeadh mu thràth ann an riochd faidhle, gun a bhith an urra ri libhrigeadh fiosaigeach. Leis a' bhun-structar ùr airson stuth a chur a-mach air an t-seanail a chaidh a sholarachadh le BBC Scotland air a chur an sàs, 's e an gluasad seo gu bhith a' libhrigeadh phrògraman ann an riochd faidhle an ceangal mu dheireadh ann a bhith a' cur às den fheum airson teipichean sa phròiseas riochdachaidh.

Gus dèanamh cinnteach gu bheil na modhan-libhrigidh agus na modhan-faighinn de stuthan eadar MG ALBA agus ar luchd-ùidhe cho furasta agus a ghabhas, chaidh loidhne 100Mb/s a chur an sàs, ga dèanamh barantaichte a thaobh luaths agus feabhas. A thuilleadh air an seo, bheir ceangal luath bann-leathann gnìomhachais comas-ceangail ann an suidheachadh èiginn.

Nì an seilbh seo cinnteach gu bheil MG ALBA deiseil gus dùbhlain na h-àrainneachd craolaidh a choileanadh chan ann a-mhàin san ùine ghoirid ach airson nam bliadhnaichean ri teachd.

programming for the wider national audience as well as the core audience. The Board also progressed its commitment to the internationalization of Gaelic programming through international co-productions particularly in the genres of music and documentaries and to learners through the LearnGaelic resource.

Our leadership and management of the LearnGaelic website continues to reap benefits with the resource growing strongly in usage and with users.

The 9th annual FilmG competition continued to support media participation in schools and communities and we also continued our support for students making the transition into industry and for the continuing professional development of individuals in the creative community. The awards ceremony for FilmG held in the Old Fruitmarket in Glasgow in February 2017 showcased the skill, talent and linguistic ability there is amongst the young people throughout our schools, colleges and universities.







In 2016-17 we completed a £750k upgrade of our technology assets, a project that spanned 4 years. New HD infrastructure has been installed and the existing studio, post production and delivery workflows have all been upgraded as part of the global switchover from analogue to digital transmissions.

The studio complex and fly-away Outside Broadcast equipment received a full refurbishment and audio post production and Quality Control suites were also re-equipped with state of the art technology in the form of upgraded monitoring and control systems.

The BBC ALBA interstitial production and delivery chain is already file based with no reliance on physical delivery. With the new BBC ALBA playout infrastructure provided by BBC Scotland being installed, the move to File Based Delivery of programme masters will be the final link in the chain eliminating the final tape path in the production process.

To ensure the seamless delivery and receipt of material between MG ALBA and our stakeholders, a 100Mb/s line has been installed, providing a guaranteed speed and the quality of service required. In addition to this, a business grade superfast broadband connection will provide emergency connectivity.

This investment will ensure that MG ALBA is ready to meet the challenges of the changing broadcast environment, not only in the short term, but for the coming years.





15

**£8.6M SPENT
DIRECTLY ON
INDEPENDENT
PRODUCTION
COMPANIES**



16



17

AMASAN & TORAIDHEAN

OBJECTIVES & OUTCOMES

AMASAN OBJECTIVES

AR DAOINE IS AR LUACHAN OUR PEOPLE AND OUR VALUES

Cultar de leasachadh agus àrd-mhiann a thogail ann an MG ALBA agus ann an roinn nam meadhanan Gàidhlig

Build a culture of improvement and aspiration in MG ALBA and the Gaelic media sector

TORAIDHEAN OUTCOMES

- Creideas nar Cosnaichean
- Creideas nar Cosnaichean Òga
- Aon de na h-àiteachan as fheàrr a bhith ag obair ann an tbh 2017, Iris 'Broadcast'
- Investors in People
- Investors in Young People
- Broadcast Best Places to Work in TV 2017

A' FRITHEALADH AR LUCHD-AMHAIRC SERVING OUR AUDIENCE

Ann an co-bhonn leis a' BhBC, seanaill telebhisean Gàidhlig aig àrd ìre a libhrigeadh do luchd-amhairc ann an Alba mar sheirbheis PSB airson luchd-cleachdaidh na Gàidhlig agus mar ghoireas luachmhor agus feumail dhaibhsan nach eil a' cleachdadh na Gàidhlig

In partnership with the BBC, deliver a high quality Gaelic language television channel to audiences in Scotland as a PSB service for users of Gaelic and as a valuable and useful resource to non-users of Gaelic

- Na h-àireamhan as fheàrr a-riamh de chòrdadh luchd-amhairc airson BBC ALBA: 8.2 am measg luchd-cleachdaidh na Gàidhlig, 7.2 gu nàiseanta
- Tuiteam ann an ruigse seachdaineil na seanaill gu 13% gu nàiseanta agus 67% an lùib luchd-cleachdaidh na Gàidhlig
- Ìre mothachaidh seasmhach aig 82%
- Luchd-amhairc Gàidhlig a' coimhead 5.5 uairean a thide gach seachdain
- Best ever audience approval ratings for BBC ALBA: 8.2 among users of Gaelic, 7.2 nationally
- Reduction of channel reach to 13% nationally and 67% among users of Gaelic
- National awareness of BBC ALBA steady at 82%
- Gaelic audiences watching 5.5 hours per week

AMASAN OBJECTIVES

LEASACHADH AGUS CONALTRADH DEVELOPMENT AND ENGAGEMENT

Lionraidhean èifeachdach a thogail agus ro-innleachdan com-pàirteachais a chur an cèill a bheir fàs air àrainneachd mheadhanan Gàidhlig soirbheachail agus cruthachail

Build effective networks and implement engagement strategies that will grow a successful and creative Gaelic media ecology

OBRACHADH OPERATIONS

Dèanamh cinnteach gu bheil siostaman craolaidh agus IT agus às-chur sruthan-obrach gu daonnan a rèir feumalachdan seanail agus gnìomhachais

Ensure MG ALBA's broadcast and IT systems and workflow outputs meet channel and business requirements at all times

IONMHAS & RIANACHD FINANCE & ADMINISTRATION

Dèanamh cinnteach gu bheil cùisean ionmhasail, laghail, cùmhnantail agus rianail air am manaidseadh agus cunntasail gu h-èifeachdach; gu bheil gach cosgais airgid a' riochdachadh luach an airgid agus dòighean teachd-a-steach ùra agus maoinachadh phròiseict a leasachadh

Ensure MG ALBA's financial, legal, contractual and organisational affairs are effectively managed and accounted for and that all expenditure represents value for money; and develop new revenue streams and project-based funding.

TORADHEAN OUTCOMES

- Luach £950k airson clàr tìbh tro cho-mhaoineachadh agus tro cho-obrachadh air prògraman tro phasgain 2014-17
- Co-mhaoineachadh airson trèanadh de £100k (targaid £60k)
- Meudachadh de chòrr is 15% ann an conaltradh sòisealta agus conaltradh nam meadhanan didseatach
- Co-finance and programme collaboration in volume deals 2014-17 realised £950k value for TV schedule
- Co-finance for training £100k (target £60k)
- All social and digital media engagement increased by over 15%

Prìomh thargaidean obrachaidh air an coileanadh

Key operational targets met

27

Prìomh thargaidean ionmhasail agus rianachd air an coileanadh

Key financial and operation targets met



LÈIRMHEAS AIR BBC ALBA AGUS MEADHANAN GÀIDHLIG EILE ANN AN ALBA




A REVIEW OF BBC ALBA AND OTHER
GAELIC MEDIA IN SCOTLAND



19



20



21



22



23



24

LUCHD-AMHAIRC

Ann an 2016-17, dh'fhan na h-uairean a thìde a chaidh an coimhead air BBC ALBA leis a' choimhearsnachd Ghàidhlig àrd aig 5.5 uairean a thìde gach seachdain agus lean am beachd coitcheann den t-seanail am measg na coimhearsnachd aig ìre àrd de 8.1. Bha ruigse chuibheasach seachdaineach sa choimhearsnachd Ghàidhlig aig 67.1%, leis an luchd-amhairc a bu shine a' leantainn gu làidir. Bha ruigse seachdaineach gu nàiseanta aig 13% le beachd coitcheann den t-seanail air feadh Alba air leth làidir.

B' e **A' Cur 's a' Buain/Sowing and Reaping** cuspair foillseachaidh clàr foghair 2016-17 agus tha ar prògramadh ag amas air a bhith a' brosnachadh luchd-cleachdaidh aig a bheil agus aig nach eil Gàidhlig a bhith a' cur luach ann an Gàidhlig agus a bhith ga cleachdadh mar phrosbaig airson a bhith a' coimhead air gnothaichean cruinne tro Alba an là an-diugh. Chùm an luchd-amhairc dlùth ri seirbheis naidheachd na seanail, agus shoirbhich gu mòr leis a' chomadaidh ùr **Taigh Thorcuill (The Woven Thread)**. Fhuair **Mòd Nàiseanta Rìoghail 2016 (BBC Gàidhlig)**, leis an tuilleadh chraoladh beò, am prògram aithriseach **Ò Mo Dhùthaich (Corcadal Productions)** agus **Balach nam Bàgh (Sorbier Productions)** àireamhan luchd-amhairc àrd. Airson an luchd-amhairc nàiseanta, bha spòrs (**mneTV**) na phrìomh tharraing, mar a bha na prògraman a' foillseachadh ceòl na h-Alba air ùrlar eadar-nàiseanta (**Bees Nees Media**), agus na prògraman aithriseach air leth, me, an fheadhainn taobh a-staigh na sreath **Trusadh (macTV)**.

AITHRISÈACH/DIBHEARSAIN AITHRISÈACH

Bha gaisgich na h-Alba, a thuilleadh air teaghlachan agus daoine sònraichte air leth bhon choimhearsnachd Ghàidhlig air an taisbeanadh air BBC ALBA tron bhliadhna.

Chaidh **Hamish (Bees Nees Media an co-bhoinn ri Pure Magic Films)**, prògram aithriseach ealain, a chaidh a chomhachadh le MG ALBA agus Alba Chruthachail, a shealltainn ann an taighean-deilbh air feadh Alba bho thoiseach an Earraich 2016 mus deach a chraoladh air an t-seanail. B' e dealbh dlùth-chàirdeach, co-èigheach a bha seo de Sheumas MhicEanraig, duine suaicheanta ann an cultar na h-Alba, a' dèanamh luaidh air a' bheatha ioma-fhillte a bh' aig MacEanraig. Deich bliadhna às dèidh a bhàis, tha **Jimmy Johnstone (purpleTV)** a' dèanamh luaidh air beatha fear de na sàr thàlant ann an eachdraidh spòrs na h-Alba, ag innse soirbheas is doilgheas cluicheadair ball-coise sònraichte nach tèid à cuimhne gu bràth, laoch aig sgioba Celtic, cèile agus athair a chaill a bheatha air sàillibh tinneas motor neurone aig aois 61.

AUDIENCES

In 2016/17, hours of viewing by the Gaelic community on BBC ALBA remained high at 5.5 hours per week, and the general impression of the channel among the Gaelic community continued to be very high at 8.1. Average weekly reach of the Gaelic community was 67.1%, with older audiences continuing to be particularly strong. The national weekly reach was 13%, with the general impression of the channel very strong Scotland-wide.

The 2016-17 Autumn Launch used the strapline **A' Cur 's a' Buain/Sowing and Reaping**, and our programming is aimed at encouraging Gaelic and non-Gaelic users alike to value and celebrate Gaelic, as well as the distinct lens it lends, through which modern Scotland and global events can be interpreted. The Gaelic audience continued to prize the channel's excellent News coverage, and new comedy such as **Taigh Thorcuill (The Woven Thread)** proved a real hit. The channel's **Mòd Nàiseanta Rìoghail 2016 (BBC Gàidhlig)** coverage, with expanded live coverage, along with new observational documentary series **Ò Mo Dhùthaich (Corcadal Productions)** and **Balach nam Bàgh (Sorbier Productions)** were significant audience winners. For the national audience, the channel's distinctive sport coverage (**mneTV**) continued to be a key draw, along with the world-class showcase of Scottish music (**Bees Nees Media**), and outstanding documentaries, such as those within the **Trusadh (macTV)** strand.

FACTUAL/FACTUAL ENTERTAINMENT

Scottish icons, along with iconic families and individuals within the Gaelic community were showcased on BBC ALBA throughout the year.

Hamish (Bees Nees Media in association with Pure Magic Films), an arts documentary feature which was co-funded by MG ALBA and Creative Scotland, was screened in cinemas across Scotland from early spring 2016 before featuring on the channel. This was an intimate and compelling portrait of Hamish Henderson, a colossal figure in Scottish culture and paid tribute to the many contrary forces and diverse facets of Henderson's life. A decade after his death, **Jimmy Johnstone (purpleTV)** examined the life of a phenomenal Scottish sporting talent, telling the story of the highs and the lows of an unforgettable working class footballer, Celtic legend, husband and father who lost his life to motor neurone disease aged 61.

Dh'innis **A' Suathadh ri Iomadh Rubha** (*Sorbier Productions*), sgeulachd an teaghlach ainmeil à Nis – na Caimbeulaich – an dèidh bàs an sgrìobhadair Tormod Caimbeul ann an 2015. Sheall am prògram càirdeil seo sgrìobhaichean athair agus uncail Thormoid, a thuilleadh air soirbheas a chuid chloinne fhèin ann an litreachas, ceòl agus air an àrd-ùrlar. Lean sinn an t-Ollamh Urramach Aonghas Moireasdan, bho obair làitheil mar mhinistear coitheadail gu àrd-inbhe ann an sùilean an t-sluaigh, mar Mhodaràtair Eaglais na h-Alba ann an **Bho Mhinistear gu Modaràtair** (*Caledonia TV*); lean sinn an searmonaiche, craoladair agus neach-ealain Iain D. Urchardan ann am **Balach nam Bàgh** (*Sorbier Productions*) agus thug **Anna Latharna: Aitealan** (*Bees Nees Media*) sùil air beatha an Dr Anna Latharna NicIllòsa – seinneadair, dealbhadair, sgrìobhadair cruthachail agus sgoilear. Ann an **Cò Ach...Cathy Ann?** (*Bees Nees Media*) chaidh sùil a thoirt air beatha gaisgeach eile saoghal na Gàidhlig - Cathy Anna Nic a' Phì.

A thuilleadh air daoine ainmeil taobh a-staigh na coimhearsnachd Ghàidhlig agus ann am beatha poblach na h-Alba, thug an t-seanail aithne do dhaoine nach robh cho aithnichte ach aig an robh sgeulachdan beairteach. Ann an **Gladys** (*Solus Productions*) chuala sinn sgeulachd dhriùiteach Gladys Niclain, màthair, seanmhair agus sean-seanmhair à Àth Tharracail air Costa Siar na h-Alba agus an turas iongantach air an deach i gus freumhan a teaghlach ann an Èirinn a lorg. Lean **Trusadh: Slàinte na Sgìre - Alderney** (*macTV*) an Dotair sgairteil Dòmhnall Iain Moireach, dotair a tha cuideachd na chroitair a' siubhal 1,000 mìle bho a chroit sna h-Eileanan an Iar gu eilean beag Chaolas Shasainn, Alderney, far a bheil e a' cur seachad leth dhe bheatha obrach.

Chùm an t-seanail ri rannsachadh a dhèanamh air cùisean slàinte tro phrògraman eadar-dhealaichte, nam measg tron t-sreath **Trusadh**: 10 bliadhna bhon a chaidh an casg smocaidh connspaideach a stèidheachadh ann an Alba, chaidh sùil a thoirt air buaidh a' chaisg. Chaidh sùil cuideachd a thoirt air ro-reamhrachd ann an Alba – trioblaid a tha a-nis na phrìomh adhbhar slàinte le 65% den sluagh ro reamhar no a' fulang le ro-reamhrachd, trioblaid a tha a' bualadh 74% de shluagh nan Eilean Siar. Thug **Biadh gu Beatha** sùil air a' bhuaidh a dh'fhaodadh atharrachadh ann an dòigh-ithe a thoirt air slàinte.



Bha an t-sreath firinneach **Trusadh** cuideachd na inneal airson raon farsaing agus beairteach de chuspairean gach cuid aig cridhe na coimhearsnachd Ghàidhlig agus le buaidh nàiseanta: chaidh 40 bliadhna de Am Pàipear (am pàipear coimhearsnachd) a chomharrachadh, a thuilleadh air eachdraidh buain mhònach agus eachdraidh feadaireachd. Thug an t-sreath sùil cuideachd air iomairtean coimhearsnachd – ann an **An Àird** lean sinn planaichean iomairt coimhearsnachd 's iad ag amas air seann champa rèidear a' Chogaidh Fhuair a cheannachd agus chuir am prògram **Croitearan Leòdhais** fòcas air co-chomann nan croitear. Thug **Carraighean Cuimhne** sùil air na diofar

A' Suathadh ri Iomadh Rubha (*Sorbier Productions*), told the story of the remarkable Campbell family from Ness, following the death in 2015 of the respected writer and novelist Norman Campbell. This moving programme presented the writings of his father and uncle, as well as his own children's achievements in literature, music and performance. The Moderator of the Church of Scotland, Angus Morrison was followed in **Bho Mhinistear gu Modaràtair** (*Caledonia TV*) as he was catapulted from parish minister into the new role; preacher, broadcaster and artist, John D Urquhart was portrayed in **Balach nam Bàgh** (*Sorbier Productions*); and **Anna Latharna: Aitealan** (*Bees Nees Media*) captured the career to date of the award-winning singer and entertainer, illustrator, creative writer and academic, Dr Anne Lorne Gillies. The career of another Gaelic icon, the wonderful singer Cathy Anne MacPhee, was examined in **Cò Ach...Cathy Ann?** (*Bees Nees Media*).

As well as high profile figures within the Gaelic community and in Scottish public life, lesser known figures with rich stories were also portrayed on the channel. **Gladys** (*Solus Productions*) told the moving story of Gladys Johnston, a mother, a grandmother and a great grandmother from Acharacle on the West Coast of Scotland who went on a remarkable journey of discovery to trace her real family in Ireland. Dr Donald John Murray, an island hopping crofter/doctor was featured in **Trusadh: Slàinte na Sgìre - Alderney** (*macTV*), as he travelled 1,000 miles from his croft in Ness to the tiny Channel Island of Alderney, where he spends half his working life.

The channel continued to explore significant health issues, including through the **Trusadh** strand: 10 years after its introduction, the impact of the smoking ban on public life in Scotland was considered. Obesity in Scotland was also covered – now a major health issue with 65% of the population overweight or obese, and 74% of the population in the Western Isles affected. **Biadh gu Beatha** demonstrated the effect changing diet can have on health.

The **Trusadh** factual strand was also the vehicle for covering a broad and rich range of important subjects both at the heart of the Gaelic community and with national resonance: the community newspaper, Am Pàipear, and its 40 years in print was marked, as was the history of peat-cutting, along with whistling. The strand also looked at community ventures such as that behind the proposed community purchase of an abandoned cold war radar base an **An Àird**, while **Croitearan Leòdhais** was a special two-parter focusing on the work in the agricultural cooperative, Lewis Crofters. **Carraighean Cuimhne** looked at the different kinds of memorial stones across the West Highlands and islands,



charraighean chuimhne air feadh na Gàidhealtachd an lar agus na h-Eileanan – cuid a tha aithnichte agus feadhainn eile a tha an ìmpis a dh'ol à cuimhne. Ann am **Beairteas na Beairt**, thadhal teaghlach de luchd-ealain Ruiseanach air Eilean Leòdhais airson turas iongantach ealain a thòiseachadh, ag obair còmhla gus ìomhaighean-snaighte gluasadach sònraichte a chruthachadh, agus dh'iarr an ionad-ealain pìos ealain sònraichte a dhèanamh à seann bheairt Hattersley, agus sgeulachd a' Chlò Hearaich innse. Ann an **An Turas Chun Ear**, fhuair sinn sgeulachd dhàna mu thuras rothaireachd dhithis charaid ann an sgìre iomallach Tibet. Thug Trusadh cuideachd sùil air cuspairean co-cheangailte ris a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail, nam measg **Am Bonn Òir**, air a lìbhrigeadh le Carrie NicNèill agus **Seachdain a' Mhòid 2016** – sùil air cùlaibh ghnothaichean aig fear de phrìomh fhèisean cultarail na h-Alba. Thug an t-sreath sùil cuideachd air àiteachan ìomhaigheachd leithid An Aghaidh Mhòr, a-nis a' comharrachadh 50 bliadhna mar bhaile. Ann an **Cathair na Ceiltis** thug Trusadh sùil air Roinn Ceiltis Oilthigh Ghlaschu agus a' chiad Chathair aca.

A thuilleadh air Trusadh, thug prògraman aithriseach singilte, agus sreathan eile air slàinte, buaidh air an luchd-amhairc: dh'innis **Dith Anail (Matchlight)** mar a bha e a bhith beò leis an tinneas air nach eil leigheas, cystic fibrosis; ann an **Tearmann (Bees Nees Media)** choinnich sinn ri còig teaghlachan a tha a' frithealadh ospais chloinne na h-Alba, Taighean Rachel is Robin, a tha air an ruith le CHAS, Comann Ospais Chloinne na h-Alba – an aon charthannas a-mhàin san dùthaich a tha a' tabhann cùram faochaidh do phàistean, do chloinn is do dh'òigridh le tinneas giorrachadh-beatha. Ann am **Mnathan Glùine: Spàirn gu Slàint' (Eyeline Media)** thadhal sinn a-rithist air teaghlachan a th' ann an suidheachadh gu math doirbh agus na pàistean aca air a bhith a' strì ri iomadach duilgheadas slàinte.

Le **Scotstar: Teasairginn Èiginneach (Bees Nees Media)** fhuair an luchd-amhairc trì prògraman uair a thìde a' toirt dealbh inntinneach air an obair ion-mholta a tha Scotstar a' dèanamh. Is e sin sgioba de dhòtairean, bhanaltraman agus pharamaidigs a bhios rim faotainn 24 uair san là, 365 là sa bhliadhna gus dèanamh cinnteach gum bi daoine a tha a' fuireach air feadh Alba agus a tha air leth tinn, comasach air frithealadh sàr mhath fhaotainn a dh'aindeoin 's càite a bheil iad a' fuireach.

Bha slàinte bheathaichean ga dheasbad ann an **Vets: Gach Creutair Beò (Midas Media)** leis a' cheathramh sreath a' toirt an luchd-amhairc air turas air feadh Alba a' leantainn lighichean-sprèidh 's iad a' coimhead an dèidh beathaichean de gach seòrsa. Le **A' Ghàidhealtachd (Maramedia/BBC Gàidhlig)** fhuair sinn tionndadh Gàidhlig den sreath bho BhBC1 mu fhiadh-bheatha Gàidhealtachd na h-Alba.

Thug an t-seanail sùil cuideachd air na dùbhlain logastachd agus bun-structar air an adhbharachadh leis an tìde ann an **Gaisgich na Stoirme (Eyeline Media)**, far an do choinnich Donaidh MacAoidh riuthasan a bhiodh ag obair tro ghèiltean,

some well-known, others on the brink of being forgotten. A unique arts venture by a family of Russian artists in which an iconic Hattersley loom was made into a unique kinetic sculpture was covered in **Beairteas na Beairt**. In **An Turas Chun Ear**, two friends, Magnus Graham and David Martin cycled through remote and uncharted areas of Tibet. Trusadh also looked at Royal National Mod-related subjects, including **Am Bonn Òir**, presented by 2015 medallist, Carrie MacNeil, and **Seachdain a' Mhòid 2016** - a behind the scenes look at what makes one of Scotland's top cultural festivals happen. The strand also looked at such iconic locations as Aviemore as the new town turned 50, and in **Cathair na Ceiltis**, Trusadh considered Glasgow University's Celtic Studies department, including its first Chair of Celtic.

In addition to Trusadh, stand-alone documentaries and other series on health had significant audience impact: **Dith Anail (Matchlight)** told the story of what it is like to live with the incurable condition of cystic fibrosis; in the poignant and moving **Tearmann (Bees Nees Media)** we met five families who attend Scotland's children's hospices, Rachel and Robin Houses run by the Children's Hospice Association Scotland (CHAS) – Scotland's only charity providing respite and palliative care to babies, children and young people with life-shortening conditions. **Mnathan Glùine: Spàirn gu Slàint' (Eyeline Media)** revisited four of the families featured in previous series who have experienced challenging times as their babies battled serious health issues.

Scotstar: Teasairginn Èiginneach (Bees Nees Media) comprised three hour-long episodes with unprecedented access to the ground-breaking Specialist Transport and Retrieval Team, known as ScotSTAR, telling the story of the unique team of doctors, nurses and paramedics on call 24 hours a day, 365 days a year to ensure Scotland's most critically ill patients have access to life saving care no matter where they are.

Animal health continued to be covered in **Vets: Gach Creutair Beò (Midas Media)** which returned with a fourth series, taking viewers on a journey across Scotland following a number of working vets tending to a wide range of animals. **A' Ghàidhealtachd (Maramedia/BBC Gàidhlig)** was a Gaelic version of the BBC1 Landmark series about the wildlife of the Scottish Highlands.



As well as access-driven health content, the channel covered the logistical and infrastructural challenges caused by the weather in **Gaisgich na Stoirme (Eyeline Media)**. In this series Donnie Mackay met 'Storm Heroes' and

stoirmean sneachd agus tuiltean. Ann an **Puirt-Adhair/ (Midas Media)** fhuair luchd-amhairc sùil air cùlaibh ghnothaichean bho shealladh an luchd-obrach agus an luchd-siubhail.

Bha beairteas de phrògraman na seanail a' toirt sùil air beatha làitheil ann an coimhearsnachdan eileanach. Lean **Ò Mo Dhùthaich (Corcadal Productions)** cuid de na daoine a tha a' fuireach agus ag obair anns na h-eileanan Uibhisteach. Thill **An Lot (MacTV)** airson an dàrna sreath, agus gu Dòmhnall MacSuain (Sweeny), croitear à Nis air Eilean Leòdhais agus e a' feuchainn ri bith-beò làn thide a dhèanamh bho chroitearachd. Fhuair sinn sgeulachd taigh-staile ùr Na Hearadh - a thug seachd bliadhna sa phlanadh agus dà bhliadhna ga thogail – san t-sreath de thrì prògraman, **Druthag na Hearadh (Moja)**. Thug an sreath sia-pàrteach **Taigheadas Dùthchail (MacTV)**, sùil air leasachadh taigheadas dùthchail ann an Alba. Ann an **Dualchas a' Chaisteil (MacTV)** lean sinn turas Caisteal Leòdhais a bha uair na thogalach uasal Bhictòrianach ach a thuit às a chèile, agus e a-nis ag atharrachadh gu togalach spaideil dualchasach ùr-ghnàthach, agus ionad aoigheachd sònraichte. B' e cunntas beairteach air eachdraidh shòisealta Steòrnabhaigh sna deicheadan an dèidh an dàrna cogaidh a bha ann an **Bha Mi Latha Samhraidh (Corran Media)**. Ann an **Cearcall (BBC Gàidhlig)**

witnessed the actions taken during gales, snow storms and flooding. In **Puirt-Adhair (Midas Media)** viewers were given behind the scenes views of the Highlands and Islands airports from the perspective of the airport employees and travellers.

Rich programming covering day to day life in island communities was included in a variety of forms on the channel. The real life drama of island living was showcased in a seven-part observational documentary series, **Ò Mo Dhùthaich (Corcadal Productions)**, which followed the stories of some of the people who live and work on the islands of Uist. Series two of **An Lot (MacTV)** returned to crofter, Donald MacSween (Sweeny) from Ness on the island of Lewis as he continued to try to turn his passion for crofting into a full-time occupation. The birth of a new distillery on the island of Harris - seven years in the planning and two years of construction – was covered in the three-parter, **Druthag na Hearadh (Moja)**. The dramatic development of rural housing in Scotland was covered in **Taigheadas Dùthchail (MacTV)**, a six-part series. **Dualchas a' Chaisteil (MacTV)** was a fascinating account of the transformation of the Victorian Lews Castle from semi-ruin to state-of-the-art heritage and hospitality centre. **Bha Mi Latha Samhraidh (Corran Media)** was a beautifully rich account of the social history of Stornoway in the decades following the





35



37



38




36



39



40



thug an neach-aithris Dòmhnall Moireasdan sùil air ais air an t-sreath chùisean làithreach a chòrd ri mòran nuair a chaidh a chraoladh an toiseach sna 70an agus sna 80an.

Thug an neach-ealain Ìleach Fraoch Nic an Deòir dhà de na rudan as fheàrr leatha – daoine agus ealain – còmhla ann an sreath ùr **Dealbhan Fraoich (Caledonia TV)** agus i a' siubhal timcheall Alba a' tarraing dhealbhan de Ghàidheil àbhaisteach le sgeulachdan an-àbhaistich. Chunnaic sinn Heather cuideachd ann am **Bailtean Fraoich (Caledonia TV)**, sreath a thug suil air coimhearsnachdan cladaich cho brèagha agus cho iomalaich 's a tha ann an Alba.

Fhuair sinn sgeulachd nam bothan agus òl mhì-laghail air taobh siar Eilean Leòdhais san dàrna leth den 20th linn ann an **Chì mi anns a' Bhothan Thu (Corcadal Productions)**.

Thug an t-seanail cuspairean cudromach eachdraidheil gu ruige luchd-amhairc. Ann an **Ceann an Rìgh (Caledonia TV)** lean sinn am prìomh eòlaiche air ath-chruthachadh aodainn à cnàmhan claiginn ann am Breatainn, agus i a' cleachdadh an teicneòlais as adhartach airson samhla de cheann Raibeart Brus a dhèanamh. Fhuair sinn sealladh tiamhaidh ann an **Trusadh (MacTV)** nuair a chaidh Comunn Eachdraidh Nis gu làraich blàir a' chiad chogaidh sa Bheilg agus san Fhraing.

Dh'innis **Bruadar a' Bhàis (Sorbier Productions)** sgeulachd Ùisdean Mhicleòid a chaidh a chrochadh airson muirt ann an 1831, an aona uair a-riamh fo lagh na h-Alba a chaidh gabhail ris an dàrna shealladh mar fhianais sa chùirt.

Chaidh taghadh cùramach a dhèanamh air prògraman air an ceannachd gus cur ri clàr na seanail. Ann an **Ar a-mach na Càisge**, sreath de cheithir prògraman a choisinn duaisean agus a chaidh an riochdachadh bho thùs le TG4, fhuair sinn dealbh orrasan a thug Ar-a-mach na Càisge gu bith ann an 1916 agus a thug atharrachadh ann an eachdraidh nuadh na h-Èireann. Chaidh cinn-bliadhna an comharrachadh ann an **Chernobyl agus Fukushima: Na Leasan (Caledonia TV)** a thug sùil air na leasan a chaidh an ionnsachadh air feadh na Roinn Eòrpa sna 30 bliadhna bho spreadh reactar niùclasach ann an Chernobyl agus mar a chuidich iad coimhearsnachdan ann an Iapan an dèidh leaghadh earrann de chridhe reactar niùclasach Fukushima. Ann an sreath de phrògraman aithriseach shingilte, fhuair sinn raon inntinnich de chuspairean eadar-nàiseanta. Ann am **Dealbh sna Speuran (MacTV)** fhuair sinn sgeulachd neo-aithnichte New York, sgeulachd mu aon de na h-ìomhaighean a b' ainmeile san fhicheadamh linn – Lunch atop a Skyscraper – dealbh a chaidh a thogail air an seasgad 's a naodhamh làr dhen togalach Rockefeller anns an fhoghar, 1932. Ann an **Là mu Dheireadh Lincoln (MacTV)** chaidh sùil a thoirt air na h-uairean a thide mu dheireadh ann am beatha a' Chinn-suidhe air an là do-sheachanta ud sa Ghiblean 1865. Ann an **Juan Carlos – Rìgh na Spàinne (MacTV)**, fhuair luchd-amhairc sgeulachd beatha Juan Carlos tro thasglann

second world war. **Cearcall (BBC Gàidhlig)** saw presenter Donald Morrison revisit the archive of the popular current affairs series, which was originally transmitted in the 70s and 80s.

Islay-born artist Heather Dewar, combined two of her passions – people and art – in a new series called **Dealbhan Fraoich (Caledonia TV)**, where she travelled around Scotland drawing the portraits of ordinary Gaels with extraordinary life stories. Heather also featured in **Bailtean Fraoich (Caledonia TV)**, a series showcasing some of Scotland's most picturesque and remote coastal communities.

Chì mi anns a' Bhothan Thu (Corcadal Productions) covered the story of the illegal drinking dens on the “dry” west side of the Isle of Lewis during the latter half of the 20th century.

The channel covered important historical subjects, e.g. in **Ceann an Rìgh (Caledonia TV)** the UK's leading expert in craniofacial reconstruction used cutting edge technology to create the first reconstruction of the face of Robert the Bruce. A particularly poignant episode of **Trusadh (MacTV)** covered the visit of the Ness Historical Society to the World War One WW1 battlefields in Belgium and France.

Bruadar a' Bhàis (Sorbier Productions) told the story of Hugh Macleod, hanged for murder in 1831, and the only defendant in Scots legal history whose trial had admitted the evidence of second sight.

Carefully selected acquisitions further augmented the schedule. **Ar a-mach na Càisge** was an award-winning series of four programmes originally produced for TG4, which offered a poignant portrayal of the personalities that brought about the 1916 Easter Rising, changing the course of modern Irish history. More recent anniversaries were marked in **Chernobyl agus Fukushima: Na Leasan (Caledonia TV)** which looked to the lessons learned across Europe during the 30 years since the nuclear reactor exploded in Chernobyl and how they have aided communities in Japan following the melt-down at the Fukushima reactor. A series of single acquired documentaries also provided an interesting range of international subjects such as **Dealbh sna Speuran (MacTV)** - the untold story of one of the most iconic images of the 20th century - Lunch atop a Skyscraper - taken on the 69th floor of the Rockefeller Building in the autumn of 1932. **Là mu Dheireadh Lincoln (MacTV)** traced the president's final hours on that fateful day in April 1865 through national treasures from the vaults of the Smithsonian and Ford's Theatre. **Juan Carlos – Rìgh na Spàinne (MacTV)**, followed Juan Carlos's life through archive footage and exclusive interviews with the king himself giving his opinion and thoughts on the way his historic reign played out. **Eva**

agus tro agallamhan leis an rìgh fhèin, le a bheachd air ciamar a chaidh an rìoghachadh eachdraidheil aige. Thug **Eva Braun – Bean Hitler (MacTV)** dealbh mionaideach air an tè ainmeil seo agus a dàimh le Hitler. Nochd sgiobaidhean-slaodaidh Nirribheach air **Rathad Na Deighe (MacTV)** 's iad a' teasairginn trucaichean a chaidh an glacadh ann an geamhraidhean garbh Nirribheach.




Thàinig Ùisdean MacLeòid agus Ruairidh Rothach còmhla ann an **Seòid a' Chidsin (Moja)**, airson sreath ùr far an robh iad airson misneachd a thoirt do chòcairean-dachaigh eile thall 's a bhos. Thill **DIY le Donnie (BBC Gàidhlig)**, leis an neach-lìbhrigidh air a bheil meas aig mòran, Donaidh 'Dotaman' MacLeòid. Chunnaic sinn cuideachd sreath ùr de **Farpaisean Chon-Chaorach (MNetv)**. Bha sinn **Air an Rathad (Eyeline Media)** airson an naoidheamh sreath, a' taisbeanadh cuid de na carbaidean as spròtaich agus as daoire air a' mhargaidh. San tritheamh sreath de **Fuine (Caledonia TV)** chunnaic sinn còcairean taighe a' co-roinn reasabaidhean bho dhinnear airson cinn-bliadhna a chomharrachadh gu greimeannan blasta a tha sgoinneil nuair a th' agad ri bhith a' siubhal.

Ann an **Leugh Mi (BBC Gàidhlig)** le Anna NicLeòid, chunnaic sinn aoighean a' co-roinn cuid de na leabhraichean a b' fheàrr leotha agus ag innse mun beatha. Bha Cathy NicDhòmhnaill an tòir air na h-àitichean, an dualchas agus an eachdraidh

Braun – Bean Hitler (MacTV) was an intimate portrait of the woman with whom Hitler famously had a relationship. **Rathad Na Deighe (MacTV)** featured the Norwegian towing teams which rescue the many trucks caught out in the harsh Norwegian winters.

Seòid a' Chidsin (Moja), saw keen cooks Uisdean MacLeod and Roddy Munro join forces in a fresh new cooking series determined to enthuse amateur cooks everywhere. **DIY le Donnie (BBC Gàidhlig)**, with popular Gaelic personality Donnie 'Dotaman' MacLeod returned. The sheepdog trials, **Farpaisean Chon-Chaorach (MNetv)** returned with a new series. **Air an Rathad (Eyeline Media)** returned for its ninth series, showcasing some of the most exciting, and expensive cars on the market. A third series of **Fuine (Caledonia TV)** returned to the channel, with home cooks sharing recipes from anniversary cooking to food on the go.

Leugh Mi (BBC Gàidhlig), with Anna MacLeod, saw guests sharing some of their favourite books and talking about their own lives. In **Sàr-sgeòil: Outlander (Caledonia TV)** Cathy MacDonald explored the locations, folklore and history that



a thug air Diana Gabaldon leabhraichean *Outlander* a sgrìobhadh ann an **Sàr-sgeòil: Outlander** (*Caledonia TV*).

DRÀMA

Chaidh ro-shealladh a dhèanamh air trì prògraman bhon treas sreath de **Bannan** (*Young Films*) aig Fèis Film Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann. Lean sinn muinntir Chamus a-rithist nuair a chaidh an t-sreath ùr de chòig prògraman a chraoladh air an t-seanail san Fhoghar 2016. Chaidh a' chiad dà sreath den dràma Gaeilge dorcha **Corp agus Anam** (*Magamedia*) a-mach air an t-seanail agus chuir seo ris an ath chraoladh den dràma a chòrd ri mòran, **Gruth is Uachdar** (*BBC Gàidhlig*).

An lùib obair leasachaidh dràma eile bha **Briseadh na Cloiche** (*Ceòl is Craic Productions*), clàradh riochdachadh tèatar stèidhichte air tionndadh de sgeulachd ghoirid Iain Mhoirich, *Briseadh na Cloiche*. Thèid seo a shealltainn air an t-seanail ann an 2017 nuair a bhios an sgeulachd ghoirid deiseil ga shealltainn sna tèataran.

Bha leasachadh sgilean ann an dràma, tro sgrìobhadh, stiùireadh agus cleachdadh ceòl thùsail mar phrìomh adhbhar sa cho-dhùnadh a' chiad dràma chloinne bhon Aonadh

inspired Diana Gabaldon's *Outlander*.

DRAMA

Three episodes of the third series of **Bannan** (*Young Films*) were premiered at the Edinburgh International Film Festival, with Autumn 2016 seeing the channel broadcast the new series of five episodes following life in the fictional island community of Camus. Other drama shown on the channel included the first two series of the gritty Irish language drama **Corp agus Anam** (*Magamedia*), augmenting a repeat of the always popular **Gruth is Uachdar** (*BBC Gàidhlig*).

Other drama development work included **Briseadh na Cloiche** (*Ceòl is Craic Productions*), the recording of a theatre production based on an adaptation of John Murray's short story *Briseadh na Cloiche* which will be shown on the channel in 2017 after the end of the short film's theatric window.

Development of skills in drama, through writing, directing and the use of original music were key to the decision to commission BBC ALBA's first European Broadcasting Union



Craolaidh Eòrpach (EBU) a choimiseanadh. B' iad The Woven Thread a shoirbhich leis a' choimeasan agus riochdaich iad **Na Saboteurs**, a chaidh a chraoladh san Dùbhlachd 2016, le Catriona Lexy Chaimbeul a' sgrìobhadh agus a' stiùireadh airson a' chiad uair.

Lean leasachadh dràma le co-obrachadh le **Tèatar Nàiseanta na h-Alba**, a riochdaich dealbh-chluich ùr Gàidhlig air àrd-ùrlar le maoinachadh bho Bhòrd na Gàidhlig. A' leantainn pròiseas taghaidh, chaidh an sgrìobt **An Tango Mu Dheireadh ann am Partaig** sgrìobhte le Alison Lang, a choimiseanadh. Mar phàirt de 'A Play a Pie and a Pint', bha an t-Òran Mòr ann an Glaschu loma-làn le luchd-amhairc a bha air an dòigh glan.

(EBU) children's drama. The 2016 commission was won by The Woven Thread, who produced **Na Saboteurs**, which was broadcast in December 2016, and featured first time television writer/director, Catriona Lexy Campbell.

Drama development also continued in the form of a collaboration with the **National Theatre for Scotland**, who produced a new Gaelic stage play with funding from Bòrd na Gàidhlig. Following a selection process the script for **An Tango Mu Dheireadh ann am Partaig** written by Alison Lang, was commissioned and enjoyed a week long run to capacity audiences at Òran Mòr in Glasgow as part of A Play a Pie and a Pint.

CEÒL, TACHARTASAN AGUS NA H-EALAIN

Tha ceòl aig cridhe clàr BBC ALBA. Am measg na chòrd ri luchd-amhairc bha prògram uair a thìde **Ceòl Ulaidh (Bees Nees Media/Barking Films)**, far an d' fhuairas ceòl Ulaidh-Albais sònraichte air a lìbhrigeadh le Ellen Dhòmhnaillach agus air a chlàradh aig Caisteal Lurgan, Èireann a Tuath. Ann am **Fèis Chiùil Thiriodh (Bees Nees Media)** thug Sarah Cruickshank agus Vicky Kilgour thugainn na bha a' dol aig na fèisean agus chuala sinn bho am measg eile Sharon Shannon, Skerryvore agus na Red Hot Chilli Pipers. Le Fiona NicChoinnich agus Niall Iain Dòmhnallach os cionn ghnòthaichean, fhuair sinn ceòl bho leithid Madness agus The Darkness ann am **Belladrum: Cridhe Tartan (Bees Nees Media)**. Tro Celtic Connections 2016, thug **Seirm (Bees Nees Media)**, riochdaichte airson BBC ALBA agus TG4, thugainn co-obrachadh ciùil air leth le ceòl traidiseanta, ceòl cruinne agus ceòl folk bhon **Hillhead Bookclub**. Am measg na chunnacas air BBC ALBA bha Kris Kristofferson, sàr-sheinneadairean Gàidhlig Magaidh NicAonghais agus Kathleen NicAonghais, The Wainwright Sisters, Lúnasa agus Roddy Hart and the Lonesome Fire.

MUSIC, EVENTS AND ARTS





Music is always at the heart of BBC ALBA's schedule. The year's many highlights included an hour long special, **Ceòl Ulaidh (Bees Nees Media/Barking Films)**, featuring a selection of superb Ulster-Scots music presented by Ellen MacDonald and recorded at Lurgan Castle, Northern Ireland. **Fèis Chiùil Thiriodh (Bees Nees Media)** provided festival coverage presented by Sarah Cruickshank and Vicky Kilgour, which included Sharon Shannon, Skerryvore and the Red Hot Chilli Pipers amongst other acts. **Belladrum: Cridhe Tartan (Bees Nees Media)** hosted by Fiona Mackenzie and Niall Iain MacDonald showcased headline acts such as Madness and The Darkness. Unique musical collaborations from some of the best of traditional, world and folk music artists appeared in the **Hillhead Bookclub** during Celtic Connections 2016 as another series of **Seirm (Bees Nees Media)** was produced for BBC ALBA and TG4. Country music star Kris Kristofferson, acclaimed Gaelic singers Maggie MacInnes and Kathleen MacInnes, The Wainwright Sisters, Lúnasa and Roddy Hart and the Lonesome Fire were among those recorded for BBC ALBA.


Thill **Port (Bees Nees Media)**, riochdachadh co-mhaoinichte le TG4, chun t-seanail le sreath ùr, le com-pàirtichean ciùil sònraichte, le Julie Fowlis agus Muireann NicAmhlaoibh, leis a' chiad phrògram sònraichte a' tighinn à Arcaibh. Ann an **Slàinte Mhath! (Bees Nees Media)** chunnacas Angela NicEachainn a' lìbhrigeadh prògram a thug thugainn na ceanglaichean eadar òrain Ghàidhlig agus deoch làidir. Tha gach cuid **Seirm** agus **Port** nan samhlaidhean de phrògramadh co-mhaoinichte agus a' sealltainn an luach a bharrachd a bheir na pròiseactan co-obrachaidh seo chun t-seanail.

Port (Bees Nees Media), a co-funded production with TG4, returned to the channel with a new series, continuing its stunning musical collaborations led by Julie Fowlis and Muireann NicAmhlaoibh with a special first episode from Orkney. **Slàinte Mhath! (Bees Nees Media)** saw Angela MacEachan present a show illustrating the links between Gaelic song and alcohol. Both **Seirm** and **Port** are co-funded programming and demonstrate clearly the added value such carefully selected collaborations can add to the channel.

Am measg amannan sònraichte eile bha **Niteworks: Obair Oidhche (Bees Nees Media)**, consart taisbeanadh a' chòmhlaing thàlantaich, Niteworks, aig Oilthigh Ghlaschu, le ceòl bho na còmhlaing taic Elephant Sessions agus INYAL. B' e consart sònraichte a bh' ann an **Ceòl Eithne Ní Uallacháin (Stirling Productions/Bees Nees Media)** a thug thugainn dileab

Other special moments included **Niteworks: Obair Oidhche (Bees Nees Media)**, the vibrant showcase concert for the hugely talented band, Niteworks, at Glasgow University with the innovative accompanying acts Elephant Sessions and INYAL. **Ceòl Eithne Ní Uallacháin (Stirling Productions/Bees Nees Media)** was a special concert featuring the





ciùil seinneadair Èirinneach air a bheil cuimhne bhlàth, Eithne Ní Uallacháin. Chaidh seo a chraoladh cuide ri sgeulachd mu beatha a chaidh a ghiorrachadh ro thràth, ann an **Eithne – Eadar Dà Shaoghal** (Stirling Productions/Bees Nees Media).

musical legacy of one of Ireland's most fondly remembered singers, Eithne Ní Uallacháin. This was broadcast along with the full story of the Irish singer's tragically shortened life, **Eithne – Eadar Dà Shaoghal** (Stirling Productions/Bees Nees Media).

Thàinig craoladh beò à Steòrnabhagh ann am prògraman **Mòd Nàiseanta Rìoghail 2016** (BBC Gàidhlig) le na co-fharpaisean còisir air an Dihaoine air an craoladh beò airson a' chiad uair, a thuilleadh air na prìomh cho-fharpaisean inbheach, Am Bonn Òr agus am Bonn Òr Traidiseanta. Ann an **Tatù Rìoghail Dhùn Èideann 2016** (BBC Gàidhlig), thug Bill Innes thugainn còrr is 1200 neach-ciùil, le sealladh de Chaisteal Dhùn Èideann air an cùlaibh.

The **Mòd Nàiseanta Rìoghail 2016** (BBC Gàidhlig) from Stornoway saw live coverage of Friday's choral competitions for the first time, adding to that of the premier adult competitions of both the Gold Medal and the Traditional Gold Medal. **Tatù Rìoghail Dhùn Èideann 2016** (BBC Gàidhlig), introduced by Bill Innes, saw over 1200 musicians perform against the backdrop of Edinburgh Castle.

Chaidh tàlant sònraichte nan còisirean Gàidhlig a thaisbeanadh ann an **Còisir Shoisgeulach** (Demus Productions). Bha Màiri Anna NicUalraig a' cruthachadh agus a' stiùireadh a' chiad chòisir shoisgeulach Ghàidhlig agus fhuair sinn a-mach an robh Màiri Anna agus a' bhuidheann aice comasach còmhlan soisgeulach Ghàidhlig ùr a chruthachadh.

The extraordinary calibre of Gaelic choirs was the basis of **Còisir Shoisgeulach** (Demus Productions), which saw conductor Mary Ann Kennedy test whether the ultimate Gaelic Gospel Choir could find a place on the gospel stage.

Tha **Na Trads MG ALBA** (Bees Nees Media) a' leantainn na thachartas ciùil shàr-inbhe, am-bliadhna a' taisbeanadh the Scott Wood Band, Wilma NicUalraig, Mohsen Amini agus Dallahan.

Na Trads MG ALBA (Bees Nees Media) continues to be a world-class live musical event, this year showcasing the Scott Wood Band, Wilma Kennedy, Mohsen Amini and Dallahan.



Thug Cathy NicDhòmhnaill agus Tony Kearney thugainn prògram air leth gus fàilte a chur air 2017 - **Cèilidh na Bliadhn' Ùire** (*Bees Nees Media*) bho Chaisteal Shruighlea.

Tha tuath-cheòl fhathast na mhìr chudromach de na tha BBC ALBA a' toirt gu luchd-amhairc ciùil agus thill **Opry an Iúir** (*Big Mountain Productions/Bees Nees Media*) airson a' cheathramh sreath.

COMADAIDH

Fhuair Torcuil MacLaomainn a mhiann beatha nuair a fhuair e prògram còmhraidh dha fhèin air BBC ALBA! Le prògraman na Nollaig agus na Bliadhna Ùire, thug **Taigh Thorcuill** (*The Woven Thread*) buaidh mhòr air an luchd-amhairc!

SPÒRS

Lean seusan ball-coise agus rugbaidh le prògraman cunbhalach den **Chupa Dùbhlann**, geamaichean bhon **Premiership** agus bhon **Championship** a thuilleadh air **Rugbaidh Pro 12** (*mneTV air fad*). Fhuair luchd-amhairc ball coise fo aois 21, a thuilleadh air **Ball-coise nam Ban** le geama ro-fharpaiseach UEFA eadar Innis Tìle agus Alba agus geama

Cèilidh na Bliadhn' Ùire (*Bees Nees Media*) was a hugely successful programme, this year presented by Cathy Macdonald and Tony Kearney from Stirling Castle.

Country music continued to be an important element of the channel's music offering with **Opry an Iúir** (*Big Mountain Productions/Bees Nees Media*) returning for a fourth series.

COMEDY

In comedy, Gaelic super-learner Torcuil MacLaomainn achieved the dream of his own BBC ALBA chat show, which were broadcast as **Taigh Thorcuill** (*The Woven Thread*) Christmas and Hogmanay Specials, with significant audience impact.

SPORT

The football and rugby seasons continued with regular coverage of **The Challenge Cup**, **Premiership** and **Championship** games as well as **Pro 12 rugby** (all *mneTV*). Under-21 football was featured as well as the **Women's football** UEFA qualifier between Iceland and Scotland and the UEFA Women's Championship league game between

lìog UEFA nam Ban eadar Hibs agus Bayern Munich. Chaidh cuairt deireannach Cupa Albannach nam Ban a chraoladh, agus airson a' chiad uair chaidh an geama ro-fharpaiseach eadar Alba agus an Spàinn ann an **Rugbaidh nam Ban** a chraoladh beò.

A' leantainn soirbheas cròladh nam fear, bha BBC ALBA a' craoladh beò bho Chròladh Masters nam Ban ann am Peairt.

Lean prògraman camanachd le cuairtean deireannach Cupa MhicTàmhaig agus Cupa Co-Chomuinn Cheilteach agus geamannan bhon Chupa Camanachd agus Cupa Marine Harvest. (*mneTV*).

Hibernian and Bayern Munich. The Women's Scottish Cup final was screened, and in another first for the channel, the **Women's Rugby** World Cup qualifier game between Scotland and Spain was shown live.

Following the success of the men's curling BBC ALBA broadcast live coverage of the Perth Women's Masters Curling.

Shinty coverage continued in the shape of The MacTavish and the Celtic Society Cup Finals, and action from the Marine Harvest and Camanachd Cup rounds (*mneTV*).

NAIDHEACHDAN AGUS CÙISEAN LAITHEIL

Fhuair luchd-amhairc BBC ALBA prògraman a bharrachd bho thaghaidhean Holyrood agus bho reifreann mu bhallrachd an Aonaidh Eòrpaich ann an 2016. Thug **An Taghadh (BBC Gàidhlig)**, prògram ùr 15-mionaid air oidhche na Sàbaid seachad na naidheachdan bho thoraidhean taghadh Holyrood agus thug am prògram sùil air cuspairean a' buntainn ri roinnean phàrlamaid agus coimhearsnachdan na Gàidhealtachd, leithid Gàidhlig, cùram slàinte, foghlam agus còmh-dhail. Fhuair aisean sgrùdadh agus aithris beò air toraidhean an taghaidh Albannaich air ALBA air an oidhche an dèidh an taghaidh.

Thug prògram sònraichte de **Eòrpa (BBC Gàidhlig)** thugainn na thachair bho reifreann mu bhallrachd an Aonaidh Eòrpaich, a thuilleadh air prògram sònraichte eile a' coimhead ri cur an gnìomh artaigil 50 as t-Earrach 2017. Thug sreath ùr Eòrpa na sgeulachdan as cudromaiche bho air feadh na Roinn Eòrpa gu luchd-amhairc, le aithrisean air fògarraich, anailis an dèidh an bhòt an dèidh Brexit agus prògram sònraichte bho Amatrice san Eadailt, teis-meadhan a' chrith-thalmhainn a rinn mòr-sgrìos san Lùnastal 2016.

Fhuair aisean na prìomh sgeulachdan poilitigeach de 2016 agus 2017 bho sgioba **An Là (BBC Gàidhlig)**, a thuilleadh air na prìomh sgeulachdan leithid an crann-ola Transocean Winner a chaidh air na creagan, Coimisean na Croitearachd, buidhnean iomairt na h-Alba a bharrachd air sgeulachdan mòra eadar-nàiseanta leithid taghadh nan Stàitean Aonaichte.

Tha sgioba nan naidheachdan air ro-innleachd nam meadhanan didseatach aca a leasachadh, a' gabhail a-steach barrachd cleachdadh de fònaichean-làimhe airson clàradh agus a bhith a' co-roinn naidheachdan air na meadhanan sòisealta.


NEWS AND CURRENT AFFAIRS

The Holyrood elections and the EU membership referendum in 2016 enjoyed extended coverage on BBC ALBA. A new 15-minute Sunday evening programme, **An Taghadh (BBC Gàidhlig)**, following the main Holyrood election news and explored themes pertinent to Highland constituencies and communities such as the Gaelic language, health care, education and transportation. Analysis and comment on the Scottish election results were broadcast live on BBC ALBA on the evening following the election.

A special edition of **Eòrpa (BBC Gàidhlig)** covered the European membership referendum as well as a further special edition analysing the triggering of Article 50 in Spring 2017. Eòrpa's new series brought viewers the most important stories from around Europe, with reports on refugees, post-Brexit vote analysis and a special programme from Amatrice, in Italy, epicentre of the earthquake which brought widespread devastation in August 2016.

The major political stories of 2016 and 2017 were covered extensively by the **An Là (BBC Gàidhlig)** team, along with other major stories such as the grounded oilrig, Transocean Winner, the Crofting Commission, Scotland's enterprise agencies as well as big international stories such as the US elections.

The news team have developed their digital media strategy including greater use of smart-phones for filming and sharing news on social media.



CLANN/DAOINE ÒGA

B' e sreath ùr de phrògraman ionnsachaidh a bh' ann an **Sealgairean Spòrsail** (*BBC Gàidhlig*) a thug sealladh spòrsail agus diofraichte air amannan ann an eachdraidh, leithid na Lochlannaich, Siona sna seann làithean agus na h-Èipheitich.

An dèidh còrr is 20 bliadhna, thàinig sreath ùr de **Alvinnn agus na Chipmunks** (*Bagdasarian Productions*) gu BBC ALBA, air a thoirt gu ar luchd-amhairc òg le tionndadh ùr CGI le beò-dhealbhadh ùr-ghnàthach agus òran thùsail, air a sheinn leis na chipmunks ainmeil, anns gach prògram!

Thòisich dà phreseantair ùr, Kim Carney agus Mark Mac a' Ghobhainn, ann an sgioba **Dè a-nis?** (*BBC Gàidhlig*) agus ann an **Rannan Rapach** (*Magic Light Pictures*), chunnaic sinn tionndadh ùr air bàrdachd ainmeil Roald Dahl air an cur gu àlainn gu Gàidhlig le *Obh! Obh! Productions*.

Thàinig **Donnie Murdo** (*Fremantle/BBC*) ann an riochd na 21mh linn air ais gu BBC ALBA. Thug Solus Productions tionndadh èibhinn Ghàidhlig air caractar air nach eil là a' laighe!

CHILDREN/YOUNG PEOPLE

Sealgairean Spòrsail (*BBC Gàidhlig*) was a new series of learning programmes, which offered a fun and quirky introduction to various periods in history such as the Vikings, Ancient China and the Egyptians

A new series of the classic **Alvinnn agus na Chipmunks** (*Bagdasarian Productions*) returned to BBC ALBA after a screen break of more than 20 years with a new adaptation of an old favourite presented in CGI, with ground-breaking animation and an original song, sung by the world-famous chipmunks in each episode.

New presenters Kim Carney and Mark Smith joined the **Dè a-nis?** (*BBC Gàidhlig*) team, and **Rannan Rapach** (*Magic Light Pictures*), saw a new spin on the classic series of poems by Roald Dahl – with the wolf telling the stories and beautifully realised in Gaelic by *Obh! Obh! Productions*.

Donnie Murdo (*Fremantle/BBC*) in 21st century guise also made a welcome return to BBC ALBA with a witty Gaelic spin on a classic character provided by *Solus Productions*.


93% OF
GAELIC LEARNERS WATCH BBC
ALBA AND VALUE ITS CONTENT



73



74



75



77



76



78



79



48

MEUDACHADH DE 25% ANN AN INNTRIGEAN FILMG

67% INCREASE IN FILMG ONLINE ENGAGEMENT



FILMG

50



FilmG Alba



@FilmGAlba



@FilmGAlba



filmg

LÈIRMHEAS AIR LEASACHADH



DEVELOPMENT REVIEW

Tha an dreuchd chudromach a tha aig MG ALBA, an dà chuid a thaobh cùisean coimeirsealta agus cùisean ro-innleachdail a thaobh àrainn craolaidh na h-Alba a' leantainn. Chaidh grunnan chùmhnanntan phasgain airson nan ceithir bliadhna aontachadh aig deireadh na bliadhna ionmhais, a bhios na bhun-stèidh airson susbaint na seanail. A thuilleadh air a sin, chaidh aonta riochdachaidh spòrs trì-bliadhna ullachadh.

Ann an 2016-17 bha na cùmhnanntan riochdachaidh pasgain trì-bliadhna a' tighinn gu crìoch. Tha iad seo air bun-stèidh sheasmhach airson fàs a thoirt do na companaidhean a bha an sàs annta, gu h-àraidh co-cheangailte ri co-riochdachadh agus co-mhaoineachadh, a tha air buannachd a chuir ris an t-seanail gu dìreach gu luach £950k thar nan trì bliadhna ionmhais ann am prògraman leithid **Seirm**, **Port**, **Eithne**, **Hamish** agus **Benny** (a bhios air a chraoladh ann an 2017). A thuilleadh air a bhith gu maith na seanail, tha na pasgain air a bhith air an cleachdadh gu soirbheachail gus misneachadh a thoirt do na companaidhean custamairean ùra a lorg agus co-bhanntachdan riochdachaidh ùra, agus gu math tric eadar-nàiseanta, a stèidheachadh. Fhad 's a bha toraidhean nan dàimhean seo follaiseach ann an 2016-2017 a thaobh a' ghnè ciùil, tha sinn làn dùil seo a leudachadh a-mach chun ghnè aithriseach sna bliadhnaichean ri teachd. A thuilleadh air sin, reic grunnan sholaraichean tionndaidhean eadar-nàiseanta gu soirbheachail de phrògramadh a chaidh a dhèanamh o thùs ann an Gàidhlig, air a choimiseanadh gu dìreach no tro na cùmhnanntan pasgain. Mar eisimpleir, chaidh an tionndadh Spàinneach de **Am Balach MacCuidhein (Solus Productions)** a thaisbeanadh aig Fèis Film Fasain Madrid mar **McQueen de Escocia**. Tha MG ALBA a' leantainn le bhith a' còmhraidh ri luchd-sgaoilidh eadar-nàiseanta gun dàil an dèidh coimiseanaidh gus tionndaidhean eadar-nàiseanta a dhèanamh comasach.

Tha eadar-nàiseanachadh air brosnachadh a bharrachd fhaighinn tro bhith a' leantainn le coimiseanadh ro-loidhneach airson companaidhean aig a bheil ùidh ann a bhith a' cur a-steach coimiseanan Eòrpa Chruthachail. Tha seo air a bhith feumail mar inneal ann a bhith a' brosnachadh atharrachadh cultar taobh a-staigh na roinne; tha an sgeama fhèin fhathast uabhasach dùbhlanaich a thaobh ìre soirbheis, agus tha aon riochdaire air co-dhùnadh gum b' urrainn dhaibh a dhol an sàs ann an co-riochdachaidhean eadar-nàiseanta gu h-èifeachdach taobh a-muigh na sgeama.

Chaidh àiteachan air sgeama co-bhanntachd eadar-nàiseanachaidh le Sgrìon Èireann a Tuath agus Maoin Craolaidh na Gaeilge a thairgse do dà chompanaidh. A thuilleadh air eòlas coimeirsealta eadar-nàiseanta agus cothrom na lìonraidhean aca a leasachadh tro làthaireachd aig MIPCOM agus MIPTV, stèidhich na riochdairean a chaidh an taghadh ceanglaichean dlùth, èifeachdach le riochdairean Gaeilge agus Beurla le riochdairean Èireann a Tuath. Thuirt aon riochdaire a ghabh pàirt: *"Bha mi an làthair aig MIPCOM airson a' chiad uair san Dàmhair 2016. B' e cothrom sònraichte a bh' ann a dhol ann le muinntir NI Screen agus cothrom a bhith a-staigh air na h-òraidichean, bho luchd-*

MG ALBA's important commercial and strategic role in relation to the Scottish broadcasting ecology continues. Several major volume production contracts for the next four years were agreed at the end of the financial year, which will form the foundation for channel content. In addition, a three-year sports production agreement was put in place.

2016-2017 saw the three-year volume production contracts that had been in place approaching their end. These have provided a stable basis for growth for the participating companies, particularly in relation to co-production and co-funding, which has directly benefitted the channel to the value of £950k over the three financial years in programmes such as **Seirm**, **Port**, **Eithne**, **Hamish** and **Benny** (to be screened in 2017). In addition to the direct benefit to the channel, the volume deals have been successfully used as a lever for encouraging companies to find new customers, and create new, often international, production partnerships. While the benefits of these relationships were notable in 2016-2017 in relation to the music genre, we fully expect this to further extend to the factual genre in future years. Further, several suppliers successfully sold international versions of Gaelic originated programming, commissioned directly or through the volume deal contracts. For example, the Spanish version of **Am Balach MacCuidhein (Solus Productions)** was showcased at the Madrid Fashion Film Festival as **McQueen de Escocia**. MG ALBA continues to directly contact international distributors immediately post-commissioning to facilitate such international versions.

Internationalisation has also been further encouraged through the continued use of 'pre-alignment commissioning' for companies interested in submitting Creative Europe commissions. This has been useful as an instrument to encourage culture change within the sector; the scheme itself however remains very challenging in terms of success rate, and one producer has concluded that they can more effectively pursue international co-productions outwith the scheme.

Two companies were offered places on an internationalisation partnership scheme with Northern Ireland Screen and the Irish Language Broadcast Fund. The selected producers not only gained significant international commercial experience and extended their network of contacts through attendance at MIPCOM and MIPTV, they also established close, effective links with Northern Ireland producers, both Gaelic and English language. One participating producer said: *"I attended MIPCOM for the first time in Oct 2016. It was a great experience to go with the NI Screen delegation and have access to their excellent programme of speakers, from distributors to*

sgaoilidh gu eòlaichean fòrmatan tbh. Bha co-obrachadh MG ALBA-NI Screen na chothrom air leth gus fiosrachadh a cho-roinn agus ceanglaichean phroifeasanta a leasachadh le riochdairean agus maoineadairean Èirinneach. Tha MIPCOM fhèin na thachartas a tha a' dol aig astar agus bha e feumail a bhith còmhla ri daoine a bha air a bhith an làthair cheana agus a bha air chomas siubhal tron ionad fhèin agus na bha a' tachairt de thachartasan agus de choinneamhan. San aithghearrachd, b' e cothrom air leth a bh' ann an MIPCOM airson MacTV, companaidh Albannach, lìonraidhean a thogail ann an àrainneachd eadar-nàiseanta agus coinneachadh ri prìomh dhaoine leis a bheil sinn a' leasachadh cothroman co-riochdachaidh a' dol air adhart." Fhuair an co-bhanntachd seo taic dhìreach bho Leasachadh Alba Eadar-nàiseanta (SDI), agus 's e co-obrachadh luachmhor a th' ann a bhios sinn ag amas a chumail suas.

Tha Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (HIE) agus Alba Chruthachail cuideachd nan com-pàirtichean dlùth, mar a chaidh a thaisbeanadh le bhith a' cur seilbh anns a' phileat beò-dhealbh airson **Na Tàfils**, smuain beò-dhealbh riochdaichte le **King Rollo Films**, far an robh an dà bhuidhinn nan com-pàirtichean agus **Hamish (Bees Nees Media)** ann an co-bhann le **Pure Magic Films** far an robh Alba Chruthachail na chom-pàirtiche.

Chaidh cuideam a chuir air luach eaconamach seilbh MG ALBA san roinn chruthachail le measadh buaidh eaconamach Olsberg SPI ann an 2016, a thuit gu robh obair MG ALBA a' cruthachadh, sna h-Eileanan Siar agus san Eilean Sgitheanach a-mhàin, 114 obraichean làn thide, gu dìreach no gu neo-dhìreach "obair... co-ionnan ri dìreach fo 11,000 sa Chrìos-Meadhanach".

TRÈANADH

Chaidh trèanadh ann an sgilean cànan a thairgse ann an diofar dhòighean gu solaraichean, le trì buidhnean (**BBC Gàidhlig**, **Solus Productions** agus **Caledonia TV**) a' gabhail pàirt ann an cùrsa Chomhairle nan Leabhraichean air a lìbhrigeadh le Ruairidh MacIlleathain. Chuir companaidhean eile air chois trèanadh ann an sgilean cànan air an ceann fhèin, leithid **macTV** tro Cholaiste a' Chaisteil UHI.

Lean taic trèanadh airson prìomhachasan riochdachaidh leithid fèin-chlàradh, deasachadh, riochdachadh agus preasantadh.

Thug MG ALBA sponsair do aona neach le comas-labhairt Gàidhlig air sgeama Preantasachd a' BhBC. Bha seo na cheum luachmhor, a' toirt cothrom do neach soirbheachail chan e a-mhàin dorsan fhosgladh air diofar phàirtean den BhBC ach ri linn modal-obrach air leth a th' aig BBC ALBA, cothrom eòlas fhaighinn air companaidhean riochdachaidh neo-eisimeileach cuideachd.

TV format experts. The MG ALBA-NI Screen tie-in was a valuable opportunity to exchange experiences and develop professional links with Irish producers and funders. MIPCOM itself is such a fast-paced event that it was beneficial to be with people who'd attended before and could help navigate the vast venue and whirlwind of events and meetings. In short, going to MIPCOM was a fantastic chance for MacTV, a Scottish company, to network on an international playing field and meet key people with whom we are developing co-production opportunities going forward." This partnership was directly supported by Scottish Development International, and is a highly valuable collaboration which we will seek to continue.

Highlands and Islands Enterprise and Creative Scotland are close partners too, as most recently manifested in the investment in the animation trailer pilot for **Na Tàfils**, a bilingual animation concept being produced by **King Rollo Films**, where both were partners, and **Hamish (Bees Nees Media)** in association with **Pure Magic Films** where Creative Scotland was a partner.

The economic value of MG ALBA's investments in the creative sector were underlined by an economic impact assessment by Olsberg SPI in 2016, which found that in the Western Isles and Skye alone, MG ALBA's activities created 114 FTEs directly or indirectly "activity... equivalent to just under 11,000 in the Central Belt".

TRAINING

Gaelic language training was offered in several forms to suppliers, with three (**BBC Gàidhlig**, **Solus Productions** and **Caledonia TV**) participating in a Gaelic Books Council course delivered by Ruairidh MacIlleathain. Other companies organised their own Gaelic language training, such as **macTV** through UHI Lews Castle College.

The production priorities of self-shooting, editing, production and presenting continued to receive training support.

MG ALBA sponsored one Gaelic-speaking candidate on the BBC Scotland Apprentice scheme. This was a very valuable intervention, giving the successful candidate not only the benefit of an introduction to the various parts of the BBC, but also, because of the unique nature of the BBC ALBA production model, the opportunity to experience independent production companies too.

FILMG

Bha FilmG air leth soirbheachail, le meudachadh de 25% ann an inntreigean gu mòr air an stiùireadh mar thoradh air ùidh sa ghnè spòrs a chaidh a thoirt a-steach o chionn ghoirid. Tha an àireamh de chlann a tha a' cruthachadh nam filmichean aca fhèin, às aonais taic, a' cheart cho misneachail, agus a' sìor mheudachadh. Tha staitistigs FilmG air na meadhanan sòisealta a' cumail orra a' meudachadh, leis an àireamh de luchd-tadhail air an làrach-lìn aig an ìre as àirde sna seachdainean ro na duaisean, agus air oidhche nan duaisean fhèin bha #FilmG a' treandadh airson a' chiad uair. Ràinig a' bhòtadh airson Duais nan Daoine aig FilmG an ìre as àirde a-riamh le àrdachadh de 67% bhon-uiridh. Bha tachartas dhuaisean FilmG air leth soirbheachail. Chaidh a shruthadh beò, agus an craic a bha a' dol air cùl chùisean mar phàirt dheth.

STUTHAN FÈIN CHRUTHAICHTE (UGC)

B' e aon de na h-iomairtean ris an do rinn am buidheann dealas mar phàirt de Lèirsinn 2021 a bhith a' daingneachadh agus a' cur taic ri ginealach de dhaoine òga a bhith a' cleachdadh Gàidhlig nuair a bhios iad an sàs sna meadhanan sòisealta agus didseatach, a' gabhail a-steach ugc. Tha FilmG na phrìomh inneal ann a bhith a' misneachadh leithid de chom-pàirteachas. A thuilleadh air FilmG, tha MG ALBA soilleir gu bheil feum ann meudachadh a dhèanamh air na tha de stuth bhon choimhearsnachd air a chur air-loidhne. Le taic bhon Chomunn Ghàidhealach, chaidh #vlogamhòid a chuir air bhog – co-fharpais Gàidhlig vlog dhaibhsan a bha a' gabhail pàirt no a bha nan luchd-amhairc aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail. Bha foillseachadh na co-fharpais soirbheachail, a' toirt a-steach cha mhòr 40 inntreig bho chlann agus bho inbhich. Tha e san amharc am modal seo a leudachadh gu mòdan ionadail agus tachartasan co-fharpaiseach eile tro chom-pàirteachas, leithid co-fharpaisean deasbaid agus cuideachd, far a bheil e iomchaidh, gum bi cruthachadh vlogan mar seo na phàirt den aonta sponsaireachd bho MG ALBA aig tachartasan chom-pàirteachail.

NA MEADHANAN SÒISEALTA

Tha na h-amasan ro-innleachdail a thaobh nam meadhanan sòisealta aig BBC ALBA agus MG ALBA fhathast mar a leanas:

- margaidheachd na seanail agus susbaint, tro cho-obrachadh le riochdairean shusbaint agus le BBC Scotland
- a bhith a' dol ann an còmhraidhean gu dìreach le coimhearsnachd fharsaing de luchd-cleachdaidh nam meadhanan Gàidhlig
- a bhith a' togail inbhe agus cleachdadh na Gàidhlig air na meadhanan sòisealta

FILMG

FilmG was hugely successful, with a 25% increase in entries, primarily driven by much interest in the newly introduced sports commentary category. Equally encouragingly, the number of children making their own films, without support, continues to increase steadily. FilmG's social media statistics continue to grow, with website visitors at their highest ever in the weeks running up to the awards, and on the night of the awards #FilmG trended for the first time. The voting for the FilmG People's Choice award was the highest ever, with a 67% increase on the previous year. The very successful FilmG awards ceremony was live streamed, with back stage chat being streamed as part of the digital offering.

USER GENERATED CONTENT (UGC)

One of the initiatives to which the organisation committed as part of its Lèirsinn 2021 was to catalyse and support a generation of young people to use Gaelic in social and digital media interactions, including user generated content (ugc). FilmG is clearly a key tool to encourage such participation. In addition to FilmG, MG ALBA is clear about the need to increase the volume of grassroots material being posted online. With the support of An Comunn Gàidhealach, a Gaelic vlog competition for Royal National Mod participants (or spectators) - #vlogamhòid - was successfully launched, generating almost 40 entries from children and adults. It is intended to extend this model to local Mods and other competitive events through partnership, such as debating competitions and also, where appropriate, to make MG ALBA sponsorship of participative events conditional on the creation of such vlogs by beneficiaries.

SOCIAL MEDIA

The objectives of the social media strategy of both BBC ALBA and MG ALBA remain threefold:

- channel and content promotion, in collaboration with content producers and BBC Scotland
- direct engagement with a broad community of Gaelic media users
- to raise the profile of the Gaelic language on social media.

Tha ar n-iomairt le na meadhanan sòisealta air fàs seasmhach fhaicinn, le 3,992 neach a' leantainn @bbcalba air Twitter, meudachadh de 60%, agus tha seo a' leantainn ann a bhith a' cur ri @gaelicmedia Twitter MG ALBA, aig a bheil 4,091 luchd-leantainn.

Tha tachartasan beò a' cur ri gnothaichean air na meadhanan sòisealta agus tha fiosan mu phrògraman spòrs agus comadaidh cuideachd a' dèanamh math. Rinn an comadaidh **Taigh Thorcuill** (*The Woven Thread*) gu h-àraidh math air Facebook, le aon fios bho phrògram na Nollaig a' ruighinn còrr is 6,000 neach. Cuideachd, thug còrr is 16,000 neach sùil air bhidiothan bhon phrògram dhibhearsain **Seòid a' Chidsin/The Kitchen Coves** (*Moja TV*). Air Twitter, bha *tweets* mu chraolaidhean spòrs beò a' faighinn nan àireamhan a b' àrda, le post mun iar chuairt dheireannach de Chupa Dùbhlain na h-Alba a' ruighinn 18,400 neach agus fear eile mu gheama ann an Lìog na h-Alba a' ruighinn còrr is 16,700 neach.

Bha Duaisean na Trads MG ALBA a-rithist na phrògram beò a bha soirbheachail airson meadhanan sòisealta BBC ALBA, le *tweets* @bbcalba a' ruighinn 48,000 neach agus #NaTrads a' treandadh air Twitter tron tachartas gu lèir, a' gabhail a-steach a' chiad leth de na duaisean nach deach an craoladh. Fhuair bhidiothan agus deilbh air Facebook gu còrr is 49,000, leis an dà phost as motha a' ruighinn 10,000 agus 12,000, feadhainn den seo a' ruighinn barrachd an là an dèidh nan duaisean, a' cur gu mòr ri beatha an tachartais dhaibhsan a bha an làthair agus dhaibhsan a bha a' coimhead beò.

Bha Cèilidh na Bliadhna Ùire air BBC ALBA soirbheachail, a' ruighinn còrr is 17,000 neach air Twitter, agus thug 7,700 sùil air fear de na prìomh chòmhlaing air bhidio air Facebook. Bha còrr air 100,000 an sàs air Twitter air feadh an dà là, meudachadh de 74% air an-uiridh le 223 *retweets* agus 513 *likes* airson fiosan @bbcalba le daoine bho cho fada air falbh ri New York, Chicago, New Hampshire, Slobhenia agus Fionnlainn.

Tha làrach-lìn mgalba.com a' leantainn ri bhith a' meudachadh a ruigse. Sa Mhàrt 2017 fhuair e an àireamh as airde de luchd-tadhail agus an ìre a b' airde de dhuilleagan gan coimhead gach là gu cuibheasach. Chuir gnothaichean corporra ris an àrdachadh seo, leithid an dara bliadhna den sponsaireadh air Preantasachd Gàidhlig a' BhBC, a' fosgladh cuairt coimiseanaidh spòrs BBC ALBA agus a' foillseachadh cùmhnanntan riochdachaidh ceithir bliadhna BBC ALBA.

SGRÌOBHADH

Am-bliadhna, chunnacas an tuilleadh co-obrachadh le com-pàirtichean leithid Emergents agus am BBC Writersroom. Chaidh suirbhidh farsaing air-loidhne a ghabhail os làimh ann an com-pàirteachas le Emergents gus feumalachdan sgrìobhadairean Gàidhlig le ùidh ann an sgrìobhadh airson telebhisein a stèidheachadh. Mar thoradh air seo, tha obair a' dol air adhart gus plana leasachadh sgrìobhaidh fhad-ùine a dhealbh, a-rithist ann an com-pàirteachas le Emergents

Social media engagement continues to see steady progress, with 3,992 people following @bbcalba on Twitter, an increase of 60%, and it continues to complement MG ALBA's @gaelicmedia Twitter account, which has 4,091 followers.

Live events drive the highest engagement rates overall and posts about sport and comedy programmes also perform well. The comedy **Taigh Thorcuill** (*The Woven Thread*) performed particularly well on Facebook, with one post from the Christmas episode reaching over 6,000 people and similarly, videos from the entertainment show **Seòid a' Chidsin** (*Moja TV*) reached over 16,000. On Twitter, stand-alone tweets about live sport broadcasts achieved the highest impressions, with a post about the Scottish Challenge Cup semi-final receiving 18,400 impressions and another regarding a Scottish Championship game achieving 16,700 impressions.

The MG ALBA Trad Music Awards was once again a successful live programme for BBC ALBA social media, with @bbcalba tweets receiving 48,000 impressions and #NaTrads trending on Twitter during the entire event including the non-broadcast first half of the awards. Videos and pictures posted on Facebook reached over 49,000, with the top two posts reaching 10,000 and 12,000, some of these reaching more on the day following the awards, significantly extending engagement with the event for those who were there in person and those who watched live.

BBC ALBA's Hogmanay Cèilidh generated over 17,000 impressions on Twitter, and a Facebook video from one of the main acts reached over 7,700. Tweets over the two days attracted over 100,000 impressions, a 74% increase on the previous year with 223 retweets and 513 likes for @bbcalba posts and engagement coming from as far afield as New York, Chicago, New Hampshire, Slovenia and Finland.

The mgalba.com website continues to increase its reach, with its highest ever number of visitors and its highest average daily pages viewed in March 2017. This was driven by corporate activity, such as the second year of sponsoring the BBC Gaelic Apprenticeship, opening the BBC ALBA Sport Commissioning Round and publicising the four year BBC ALBA production contracts.

WRITING

The year saw increased collaboration with partners such as Emergents and the BBC Writersroom. An extensive online survey was undertaken in partnership with Emergents to establish the development needs of Gaelic writers with an interest in writing for television. On the basis of this, work is on-going to articulate a long-term writing development plan, again in partnership with Emergents and in collaboration with the BBC Writersroom, in order to develop a cohort of

agus BBC Writersroom, gus buidheann de sgrìobhadairean Gàidhlig airson telebhisein a leasachadh. 'S iad na prìomh raointean-obrach a bhith ag obair le sgrìobhadairean a tha mu thràth eòlach air tèatar, a thuilleadh air comadaidh agus eòlas ann a bhith a' leasachadh dràma. Rinn co-obrachadh le BBC Writersroom Alba e comasach sia sgrìobhadairean Gàidhlig a bhith an làthair an uair a chuireadh Writersroom Scotland air chois; agus àite air 'Introduction to Continuing Drama Scheme' ann an Lunnainn airson sgrìobhadair Bannan, Chrisella Ross. B' i Mairead Hamilton, an stiùiriche foghlainneach air Bannan, a ghlèidh àite sgoilearachd air Cùrsa Masters ann an Sgrìobhadh Ficsean Telebhisein aig Oilthigh Chailleannach Ghlaschu, sponsairichte le MG ALBA. Tha an sponsaireachd seo na phrìomh eileamaid de ar ro-innleachd leasachadh sgrìobhaidh. Chaidh Dràma Chloinne an EBU aithneachadh mar phrìomh inneal airson leasachadh sgrìobhadh agus leanaidh seo ann a bhith a' toirt cothrom do sgrìobhadairean an ciad creideas telebhisein fhaighinn.

Bha bùth-obrach sgrìobhaidh airson daoine òga san Eilean Sgitheanach a chur fòcas air **Bannan** soirbheachail ann a bhith a' tàladh 20 neach òg bho air feadh Alba, le sgrìobhadairean, actaran agus luchd-riochdachaidh an làthair.

Gaelic writers for television. Key priority areas are working with writers already familiar with theatre, in addition to comedy and developing drama. Collaboration with the BBC Writersroom Scotland secured invitations for attendance of six Gaelic writers at the launch of Writersroom Scotland; and a place on the 'Introduction to Continuing Drama Scheme' in London for Bannan writer, Chrisella Ross. Mairead Hamilton, trainee director on Bannan, was the recipient of the scholarship place on the MG ALBA sponsored MA TV Fiction Masters at Glasgow Caledonia University. The MA TV Fiction sponsorship is a key element of our writing development strategy. The EBU Children's Drama has also been identified as a key vehicle for writing development, which will continue to provide writers with the possibility of their first television credit.

A young people's writing workshop on the Isle of Skye focusing on **Bannan** attracted over 20 young people from across Scotland, with writers, cast and production in attendance.

DOL AN SÀS LEIS A' CHOIMHEARSNACHD AGUS LUCHD-UIDH

Tha MG ALBA mothachail gu bheil pàirt chudromach aca ann a bhith a' cur taic ri coimhearsnachdan air feadh Alba agus tha sinn toilichte gum b' urrainn dhuinn ar sgilean agus ar n-eòlas a chur an sàs gus taic a chur ri The Leanne Fund le bhith a' riochdachadh nam filmichean goirid seo gus aithne mu Cystic Fibrosis a thogail. Thathar an dòchas gun cuidich na filmichean 's iad a' leudachadh bhon Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan gu Roinn nam Monadh Liath. Tha e air a bhith comasach do MG ALBA cuideachd taic a chur ri carthannais agus buidhnean coimhearsnachd eile tron bhliadhna, nam measg Ospais agus Dachaidh-cùraim Bhethesda, Advocacy nan Eilean agus cuid de bhuidhnean eaglais agus bhuidhnean coimhearsnachd beaga eile le bhith a' toirt taic le sgilean teicneòlais agus uidheamachd.

Thug MG ALBA taic maoineachadh coimhearsnachd chun phròiseact sgoile ùr-ghnàthach, E-Sgoil – an sgoil Ghàidhlig air-loidhne a tha ga dhèanamh comasach do thidsearan leasan agus goireasan a cho-roinn air-loidhne. B' e am prìomh adhbhar E-sgoil a stèidheachadh fuasglaidhean fhaighinn air na dùbhlain sònraichte a bhios mu choinneamh ùghdarrasan ionadail sna h-Eileanan agus tha iad ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig gach sgoilear air a' churraicealam siàn le bhith a' tairgse ceangal eadar àrd-sgoiltean tro na h-Eileanan Siar agus nas fharsaing na sin.

COMMUNITY AND STAKEHOLDER ENGAGEMENT

MG ALBA is mindful that we have an important role to play in supporting communities around Scotland and we are delighted that this year we were able to make available our skills and expertise to produce a series of short films to support Highlands and Islands charity, The Leanne Fund, to help raise awareness of Cystic Fibrosis. It is hoped that the films will be of great benefit to them as they expand their delivery of life changing support to include families affected by Cystic Fibrosis across the Grampian region from their base in the Western Isles. MG ALBA has also been able to assist other charities and community groups this year, including the Bethesda Hospice and Nursing Home, Western Isles Advocacy as well as some smaller church and community organisations, through the provision of technical expertise and equipment.

MG ALBA also provided community funding support to the innovative E-Sgoil project, the Gaelic virtual school which enables teachers to share lessons and materials online. E-Sgoil was created primarily to address the unique challenges faced by local authorities in the islands and aims to ensure that all pupils have equal access to the full curriculum by providing connectivity between secondary schools throughout the Western Isles and beyond.

A' CUR TAIC RI COIMHEARSNACHDAN AIR FEADH ALBA



Bha 2016-17 trang le conaltradh - gu dìreach leis a' BhBC, le luchd-ùidh bhon taobh a-muigh agus le coimhearsnachd luchd-amhairc BBC ALBA – le MG ALBA a' dèanamh argamaid airson an tuilleadh sheilbh bhon BhBC airson BBC ALBA mar phàirt de Chairt Rìoghail ùr a' BhBC. A thuilleadh air gluasadan agus taic thar-phàrtaidh gach cuid ann am pàrlamaidean na RA agus Holyrood, chunnaic an iomairt seo freagairtean foirmeil ri co-chomhairlean, agus chaidh cuid eile a bhrosnachadh gus freagairt a thoirt a thaobh a bhith a' toirt taic don t-strì a bhith a' meudachadh seilbh a' BhBC.

LEARNGAELIC

Chunnaic 2016-17 fàs seasmhach ann an cleachdadh na làraich, leis an fhaclair a' tàladh an àireamh a b' àirde de thadhalan.

Chaidh rannsachadh farsaing – dh'fhaodar sgrùdadh buaidh cànanach a ràdh ris – a dhèanamh le Meriel Young Consultancy air buaidh nam meadhanan Gàidhlig air ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig. Chaidh an rannsachadh a dhèanamh ann an com-pàirteachas le Bòrd na Gàidhlig, agus thèid na toraidhean a chleachdadh ann a bhith a' leasachadh stuthan agus susbaint ionnsachadh cànan MG ALBA. Ghabh an rannsachadh a-steach 1,100 suirbhidhean air-loidhne agus còig buidhnean fòcais. Am measg nan toraidhean chaidh faighinn a-mach gu robh 93% de luchd-ionnsachaidh Gàidhlig a' coimhead BBC ALBA agus a' cur luach ann an susbaint na seanail; a thaobh fileantaich, bha 95% dhiubh sin a' coimhead na seanail, le 79% ag ràdh gu bheil na meadhanan Gàidhlig a' meudachadh an cleachdadh den Ghàidhlig. Dhaibhsan le ùidh ann an Gàidhlig ach nach eil fhathast ga h-ionnsachadh, thuirt 45.5% gu robh an cuid ùidh air a bhrosnachadh le bhith a' coimhead BBC ALBA.


the BBC, with external stakeholders, and with BBC ALBA's community of viewers, as the organisation made the case for increased BBC investment in BBC ALBA as part of the BBC's Royal Charter renewal. In addition to motions and cross-party support in both the UK and Holyrood parliaments, this activity included formal responses to consultations, and to encouraging others to respond supporting the case for increased BBC investment.

LEARNGAELIC


2016-17 saw a continued steady growth in the usage of the site, with the Dictionary continuing to attract most visits.

Extensive research - effectively a linguistic impact assessment - was conducted by Meriel Young Consultancy into the impact of Gaelic media on Gaelic learning and usage. This was undertaken in partnership with Bòrd na Gàidhlig, and its findings will inform MG ALBA's approach on learning and learning content. The research included over 1,100 online surveys and five focus groups. Among its findings the research found that 93% of Gaelic learners surveyed watch BBC ALBA and value its content; of fluent speakers, 95% of those surveyed watch the channel, with 79% stating that Gaelic media increases their use of Gaelic. Of those with an interest in Gaelic but not yet learning it, 45.5% said that their interest had been motivated by watching BBC ALBA.









AITHRIS RIAGHLAIDH



GOVERNANCE STATEMENT

Chaidh MG ALBA a stèidheachadh (fon ainm Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig) fo ullachadh Achd Conaltraidh 2003, Earrannan 208-210, gus dèanamh cinnteach gum bi raon farsaing agus measgaichte de dheagh phrògraman Gàidhlig air an lìbhrigeadh tro chraoladh no eile gu sluagh na h-Alba.

Tha ùghdarras air a thoirt do MG ALBA airson prògraman a dhèanamh agus ceadan craolaidh a chumail a bharrachd air an fheadhainn shònraichte air an liostadh ann an Earrann 208 (4B) de Achd Chonaltraidh 2003. Tha MG ALBA air cumhachdan agus dleasan maoineachaidh a ghabhail a thaobh maoineachadh phrògraman Gàidhlig, trèanadh, rannsachadh agus obair co-cheangailte fo Earrannan 183 agus 184 de Achd Craolaidh 1990, Earrannan 32 agus 95 de Achd Craolaidh 1996 agus Pàipearan-taic co-cheangailte riutha.

Tha e cudromach do MG ALBA gu bheil ìrean àrda de riaghladh corporra agus dòighean-giùlain beusail aig a' bhuidhinn. Cho fad 's a tha e freagarrach do shuidheachadh MG ALBA, tha am Bòrd ag amas air a bhith a rèir nan ullachaidhean iomchaidh de Chòda Riaghlaidh Chorporra na RA a bhios air fhoillseachadh bho àm gu àm leis a' Chomhairle Aithris Ionmhasail.

Tha an t-uallach iomlan air a' Bhòrd airson dèanamh cinnteach gun cùm MG ALBA suas siostam in-smachd a bhios a' lùghdachadh chunnartan agus a' dìon so-mhaoin agus ùidhean MG ALBA, agus a bheir don Bhòrd barantas reusanta gum faod earbsa a bhith aca san fhiosrachadh ionmhais a thèid a chleachdadh a-staigh agus fhoillseachadh a-muigh.

Ged nach urrainn do shiostam in-smachd sam bith làn bharantas a thoirt an aghaidh mì-aithris, call no mì-riaghladh a thaobh so-mhaoin MG ALBA, tha na siostaman a tha an sàs dealbhte airson comharrachadh do na buill cùisean air am feumar sùil a thoirt ann an deagh àm gus an tèid beachdachadh orra agus dèiligeadh riutha gu h-iomchaidh.

Tha buill a' Bhùird gan cur an dreuchd agus air am measadh a rèir moladh Ofcom agus le aonta Ministearan Riaghaltas na h-Alba. Tha seo a' ciallachadh gu bheil iomadachd a' Bhùird na ghnòthach airson Ofcom agus ann an 2016-17 bha riochdachadh bhoireannach air a' Bhòrd aig 43.9% agus riochdachadh fhìreannach aig 56.1%. Tha suas ri 12 ball air a' Bhòrd, a' gabhail a-steach an Cathraiche. Bidh gach ball san dreuchd airson suas ri ceithir bliadhna. Feumaidh buill ainmichte le Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (HIE), am BBC agus Bòrd na Gàidhlig a bhith am measg nam ball. Feumaidh Ofcom dèanamh cinnteach, cho fad 's as urrainn dhaibh, gu bheil ùidhean a' ghnìomhachais riochdachaidh neo-eisimeilich air an riochdachadh mar bu chòir air a' Bhòrd.

Tha am Bòrd air dà chomataidh a stèidheachadh gus taic a thoirt dhaibh ann a bhith a' lìbhrigeadh a chuid dhleasan. Tha Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhadh a' comhairleachadh a' Bhùird a thaobh a bhith a' làimhseachadh chunnartan

MG ALBA was established (as Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig or Gaelic Media Service) under the provisions of the Communications Act 2003, Sections 208-210, to ensure that a wide and diverse range of high-quality programmes in Gaelic is broadcast or otherwise transmitted so as to be available to persons in Scotland.

MG ALBA is empowered to make programmes and can hold broadcast licences other than those specifically listed in Section 208 (4B) of the Communications Act 2003. It has subsumed funding powers and responsibilities in relation to financing of Gaelic programmes, training, research and related activities under Sections 183 and 184 of the Broadcasting Act 1990, Sections 32 and 95 of the Broadcasting Act 1996 and related Schedules.

MG ALBA is committed to high standards of corporate governance and ethical behaviour. As far as is appropriate to the circumstances of MG ALBA, the Board seeks to comply with relevant provisions of the UK Corporate Governance Code issued from time to time by the Financial Reporting Council.

The Board has overall responsibility for ensuring that MG ALBA maintains a system of internal controls that minimise risk, safeguard MG ALBA's assets and interests, and provides the Board with reasonable assurance of the reliability of the financial information used internally and for external publication.

Although no system of internal controls can provide absolute assurance against material misstatement, loss or mismanagement of MG ALBA's assets, the systems in place are designed to identify matters to the Members that require attention on a timely basis so that they may be considered and dealt with appropriately.

The composition and appraisal of the Board is determined by Ofcom with the approval of the Scottish Government Ministers. This means that the diversity of the Board is a matter for Ofcom and in 2016-17 comprised 43.9% female and 56.1% male representation. The Board is comprised of up to 12 members including the Chairperson. Each Board member serves for a period of up to 4 years. The Board must include Members nominated by Highlands and Islands Enterprise, the BBC and Bòrd na Gàidhlig. Ofcom must also secure, so far as is practicable, that the Board's membership is such that the interests of the independent production sector are adequately represented.

The Board has established two committees to assist in the discharge of its functions. The Audit & Assurance Committee advises the Board on MG ALBA's risk management and internal control. It also covers staff remuneration issues. The

agus siostaman in-smachd. Tha e cuideachd a' coimhead ri cùisean pàighidh an luchd-obrach. Tha a' Chomataidh a' comhairleachadh a' Bhùird air sgrùdadh bhon taobh a-muigh agus air toraidhean sgrùdaidhean in-thaigh, a bhios a' cur fòcas gach bliadhna air cuspairean fa leth den ghnìomhachas. Tha Comataidh Inbhean a' comhairleachadh a' Bhùird mu na prògraman a tha air an craoladh le BBC ALBA, agus mu thrèanadh agus rannsachadh. Bho àm gu àm bidh am Bòrd agus na comataidhean a' sgrùdadh agus ag ùrachadh phoileasaidhean agus phàipearan corporra, a tha rim faighinn aig www.mgalba.com.

Tron bhliadhna, choinnich a' Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh còig tursan, le Daibhidh Brew sa chathair. Rinn a' Chomataidh sgrùdadh air frèama-obrach manaidseadh chunnartan na buidhne agus rinneadh sgrùdadh mionaideach air na cunnartan as motha tro gach raon den bhuidhinn. Thug a' Chomataidh sgrùdadh in-thaigh leis an robhar riarachaid gu crìoch a thaobh phoileasaidhean agus modhan-obrach riaghlachas na buidhne agus choimisean agus thug iad gu crìoch sgrùdadh in-thaigh air manaidseadh chosgaisean agus ghoireasan na buidhne a thug barantas susbainteach gu robh siostaman na buidhne air dèiligeadh riutha agus air an sgrùdadh gu h-èifeachdach.

Rinn a' Chomataidh sgrùdadh air, agus dh'aontaich iad ri, structar obrach às ùr agus ri cùisean pàighidh a rèir poileasaidh pàighidh Riaghaltas na h-Alba.

Tha am Bòrd a' toirt ùghdarras manaidseadh practaigeach an sgrùdadh bhon taobh a-muigh dhan Chomataidh Sgrùdaidh, aig a bheil uallach beachdachadh air a' phlana sgrùdaidh agus na toraidhean a thig às. Tha an cùmhnannt làithreach airson sgrùdadh bhon taobh a-muigh a-nis sa cheathramh bliadhna le leudachadh dà bhliadhna mar a tha ceadachaid ann an teirmean a' chùmhnannt. Nì a' Chomataidh moladh chun a' Bhùird nuair a bhios sin iomchaidh a thaobh cur an dreuchd no ath chur an dreuchd den luchd-sgrùdaidh. Feumaidh cur an dreuchd mar seo aonta bho Ofcom a rèir Achd Conaltraidh 2003.

Choinnich a' Chomataidh Inbhean ceithir tursan, le Jo NicDhòmhnaill sa chathair. Rinn a' Chomataidh lèirmheas air gnèithean phrògram BBC ALBA leithid spòrs, clann agus òigridh, dràma, comadaidh, prògraman aithriseach agus cuideachd rèidio. Dh'obraich a' Chomataidh cuideachd ann a bhith a' toirt gu buil an ro-innleachd agus amasan poileasaidh a chaidh fhoillseachadh san ro-innleachd còig bliadhna, Lèirsinn 2021. Bheachdaich a' Chomataidh air rannsachadh a chaidh a dhèanamh air buaidh BBC ALBA air coimhearsnachdan, ionnsachadh cànan agus gnòthaichean socio-eaconomach. Tron bhliadhna ghabh a' Chomataidh os làimh pròiseas cuairt coimeasanaidh ceithir bliadhna nam pasgan agus an coimiseanadh airson cùmhnannt spòrs trì bliadhna.

Tha am Bòrd a' cur an dreuchd an t-Àrd-Oifigear, le uallach dèanamh cinnteach gu bheil iomchaidheachd, riaghailteachd

Committee advises the Board both on external audit and on the findings of internal audits, which focus annually on individual areas of the business. The Standards Committee advises the Board on media content broadcast by BBC ALBA, training and research. The Board and its committees periodically review and revise policies and corporate documents, which are available at www.mgalba.com.

The Audit & Assurance Committee met on five occasions in the course of the year, under the chairmanship of David Brew. The Committee reviewed the organisation's risk management framework and undertook in-depth scrutiny of the most significant risks throughout all areas of the organisation. The Committee concluded a satisfactory internal audit of MG ALBA's corporate governance policies and procedures and commissioned and completed an internal audit of the organisation's cost and resource management which provided a substantial level of assurance that the organisation's controls are being processed and monitored effectively.

The Committee reviewed and agreed a revised staffing structure and remuneration in line with Scottish Government pay policy.

The Board delegates the practical management of the external audit to the Audit Committee, who are responsible for considering the audit plan and audit findings in depth. The current contract for external audit is now in its fourth year being extended by two years as permitted per the terms of the contract. The Audit Committee will, in due course, make a recommendation to the Board as regards the appointment or reappointment of auditors. Such appointments also require the consent of Ofcom in terms of the Communications Act 2003.

The Standards Committee met on four occasions, under the chairmanship of Jo MacDonald. It reviewed BBC ALBA programme genres including sport, children & youth, drama, comedy, documentary and also radio. The Committee also carried out the implementation of the strategy and policy goals of the 5 year plan as set out in Lèirsinn 2021. The Committee considered research carried out on the effect of BBC ALBA on communities, language learning and socio-economic issues. During the year the committee also oversaw the process of the 4-year volume deal commissioning round and the 3-year sports contract commissioning during the year.

The Board appoints the Chief Executive who is responsible for ensuring the propriety, regularity and value for money

agus luach-an-airgid air caiteachas MG ALBA. Tha an Cathraiche a' coinneachadh gu cunbhalach ris an Àrd-Oifigear a tha an sàs bho là gu là anns gach roinn de dh'obair MG ALBA. Gach trì mìosan, tha an Sgioba Àrd-stiùiridh – air a bheil an t-Àrd-Oifigear, Stiùiriche Ionmhais, Stiùiriche Obrachaidh agus Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd - a' coimhead gu mionaideach ri aithisgean ràitheil air gach roinn de dh'obair na buidhne. Thèid pasgain de dh'aithisgean ràitheil a chur air adhart gu coinneamhan Comataidh Inbhean agus Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh, agus às dèidh sin chun a' Bhùird. A thuilleadh air an sin, tha an Sgioba Àrd-stiùiridh a' coinneachadh co-dhiù gach mìos airson sùil a chumail air cur-an-gnìomh a' Phlana Gnìomhachais bhliadhnail, a bhios air aontachadh le Ofcom ro thoiseach na bliadhna, airson dèiligeadh ri gnòthaichean ionmhais agus gus coinneachadh ri cùisean gnòthachais eile agus cùisean luchd-obrach.

Bidh luchd-sgrùdaidh MG ALBA bhon taobh a-muigh a' toirt laigsean sam bith gu aire a' Bhùird rè an sgrùdaidh bhliadhnail. Bithear a' sgrùdadh nithean cudromach agus cunnartan sam bith a thèid a lorg agus thèid dèiligeadh riutha ann an dòigh iomchaidh. Cha deach laigsean cudromach sam bith a lorg ann an 2016-17.

Tha cinn-buidseit air an sgrùdadh gach mìos a rèir slatan-tomhais a' Phlana Gnìomhachais. Tha aithisgean agus cunntasan gan deasachadh airson luchd-stiùiridh na buidhne, airson a' Bhùird agus airson Ofcom.

Tha an Sgioba Àrd-stiùiridh cuideachd a' cumail Clàr Chunnartan, a tha air ùrachadh gach mìos agus a tha air a dheasbad gach ràith le Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh agus leis a' Bhòrd. Tha uallach air an Sgioba Àrd-stiùiridh a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil Plana Manaidseadh Àrainneachdail agus plana gnìomh co-cheangailte na buidhne air a chumail suas. Tha an Sgioba Àrd-stiùiridh gu cunbhalach a' faighinn aithisgean air cùisean HR agus Slàinte agus Sàbhailteachd. Bidh teisteanasan Slàinte agus Sàbhailteachd airson gach togalach aig MG ALBA air an ùrachadh gach bliadhna agus aithisg air a chur chun a' Bhùird.

of MG ALBA's expenditure. The Chairperson is in regular contact with the Chief Executive, who has day-to-day responsibility for all aspects of MG ALBA activities. Every three months the Senior Management Team - comprising the Chief Executive, Director of Finance, Director of Operations and Director of Strategy & Partnership - considers quarterly reports on all aspects of MG ALBA's activities in detail. Quarterly reporting packs are presented to the Standards Committee and to the Audit & Assurance Committee, and thereafter to the Board. In addition, the Senior Management Team meets at least monthly to oversee the implementation of the annual Operational Plan, approved by Ofcom before the start of the year, to deal with financial affairs and to address other business and staff matters.

MG ALBA's external auditors discuss with the Board any reportable weaknesses identified during their annual audit. Significant findings and risks are examined and are subject to appropriate action. No significant weaknesses were identified in 2016-17.

Budget heads are monitored monthly by reference to the parameters set out in the Operational Plan. Reports and accounts are prepared for management, for the Board and for Ofcom.

The Senior Management Team also maintains a Risk Register, which is updated monthly and discussed quarterly with the Audit & Assurance Committee and the Board. The Senior Management Team is responsible for ensuring compliance with the Environmental Management Plan and ongoing action plans. The Senior Management Team receives regular reports on HR and Health and Safety matters. Health and Safety certificates for all MG ALBA premises are renewed annually and a report sent to the Board.

ECONOMIC IMPACT IN HIGHLANDS AND

Aithrisean Ionmhasail airson na bliadhna gu 31 Màrt 2017

Tha uallach air Buill airson a bhith a' dèanamh cinnteach gu tèid an aithisg bhliadhnail agus na cunntasan an ullachadh. Tha Buill den bheachd gu bheil an aithisg bhliadhnail agus cunntasan, gu h-iomlan, fìor agus cothromach agus furasta an tuigsinn agus a' toirt fiosrachadh iomchaidh do luchd-ùidhe gus measadh a dhèanamh air suidheachadh ionmhais, dèanadas, modail obrachaidh agus ro-innleachd na buidhne.

Tha ro-innleachd obrachaidh na buidhne ag amas air toraidhean Lèirsinn 2021, sealladh còig bliadhna na buidhne, a lìbhrigeadh.

Tha àrdachadh san àireamh de nuadh agus bun phrògraman air BBC ALBA bho 1.8 uair a thìde gu 3 uair a thìde gach là na phrìomhachas gus seirbheis poblach craoladh Gàidhlig a thairgse don luchd-amhairc agus aig an aon àm a' lìbhrigeadh buannachdan cànan, cultarail, sòisealta agus eacanomaigeach. Tha am Bòrd daingean nan strì am BBC a bhrosnachadh gus gealladh a thoirt seachad 10 uairean a thìde de phrògraman gach seachdain a chur gu ruige BBC ALBA mar a tha iad a' dèanamh airson na seanail Chuimreach, S4C. Bhiodh seo na dhùblachadh air na tha am BBC a' cur ri prògraman agus bhiodh e a' meudachadh na thathas a' cur a-mach gach là de phrògraman ùra agus a bhith nas fhaig air an targaid de trì uairean a thìde gach là de phrògraman ùra.

Tha MG ALBA, agus BBC ALBA, an eisimeil maoineachadh poblach, air fhaighinn sa chiad dol a-mach bho Riaghaltas na h-Alba a thaobh MG ALBA agus cìs a' chead craolaidh a thaobh a' BhBC. Tha misneachd aig Buill gun lean agus gu meudaich an taic-airgid a tha a' tighinn bho Riaghaltas na h-Alba, gu ìre 's gum bi e comasach na raoin-ùghdarrais reachdail agus dleastanasan ionmhasail an coileanadh an uair a bhios iad rim pàigheadh.

An dèidh sgrùdaidhean cunbhalach agus sgrùdail a dhèanamh air na cunnartan a dh'fhaodadh a bhith aig a' bhuidhinn, agus gu h-àraidh air sgrùdadh a dhèanamh air cumhan MG ALBA a thaobh dealais ionmhasail fad-ùine an aghaidh sùileachaidhean a thaobh ionmhais, tha am Bòrd riaraichte gu bheil e na chompanaidh a tha ann an suidheachadh mairsinneach.

Financial statements for the year to 31 March 2017

The Members are responsible for ensuring the preparation of the annual report and accounts. The Members consider that the annual report and accounts, taken as a whole, are fair, balanced and understandable and provide the information necessary for stakeholders to assess the organisation's financial position, performance, business model and strategy.

The organisation's business strategy is aimed at delivering the outcomes envisaged in our vision for the coming 4 years, Lèirsinn 2021.

A key priority is to increase the amount of new and original content on BBC ALBA from 1.8 hours per day to 3 hours per day so as to offer a more comprehensive Gaelic public broadcasting service to audiences while at the same time delivering language, cultural, social and economic benefits. The Board is firm in its resolve to encourage the BBC to commit to making 10 hours per week of programming for BBC ALBA as they do for the Welsh language channel S4C. This would double the BBC programme contribution and increase the daily original output significantly closer to the targeted 3 hours of daily originations.

Both MG ALBA, and BBC ALBA, are dependent on public funding, drawn primarily from the Scottish Government in relation to MG ALBA and the Licence fee in relation to the BBC. Members have confidence that the Scottish Government will continue to fund MG ALBA at a sufficient level to enable the organisation to meet its statutory remit and its financial obligations as they fall due.

Having carried out regular and robust reviews of the risks facing the organisation, and in particular having reviewed the terms of MG ALBA's long term financial commitments in conjunction with funding expectations, the Board of MG ALBA is satisfied that the organisation remains a going concern.

ISLANDS OF 114 FULL-TIME JOBS

(OLSBERG SPI, 2016)



Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig ag obrachadh fon ainm MG ALBA

CUNNTASAN AIRSON NA BLIADHNA A DHÙIN 31 MÀRT 2017

Gaelic Media Service operating as MG ALBA

ACCOUNTS FOR THE YEAR ENDED 31 MARCH 2017

CLÀR-INNSE | CONTENTS

67

Aithris air dleastanasan a' bhùird
Statement of the board's responsibilities

69

Aithisg an neach-sgrùdaidh neo-eisimeilich
Independent auditor's report to the members

71

Aithris air teachd-a-steach iomlan
Statement of comprehensive income

72

Aithris air an t-suidheachadh ionmhasail
Statement of financial position

73

Aithris air atharrachaidhean ann an cothromas
Statement of changes in equity

74

Aithris air sruthan-airgid
Statement of cash flows

75

Notaichean ris na cunntasan
Notes to the accounts



Aithris air dleastanasan a' bhùird

Statement of the board's responsibilities

Tha uallach air a' Bhòrd an Aithisg Bhliadhnail agus na cunntasan ullachadh ann an co-rèir ris an lagh iomchaidh agus Inbhean Eadar-nàiseanta Aithris air Cunntasachd (IFRSan) a rèir mar a tha iad air an gabhail leis an Aonadh Eòrpach.

The Board is responsible for preparing the Annual Report and the accounts in accordance with applicable law and International Financial Reporting Standards (IFRSs) as adopted by the European Union.

Tha Achd Craolaidh 1990 (mar a chaidh atharrachadh le Achd Craolaidh 1996 agus Achd Conaltraidh 2003) a' cur riathanas air a' Bhòrd cunntasan airson gach bliadhna ionmhasail ullachadh a bheir sealladh fìor agus cothromach air cor gnothaichean na Seirbheise agus air toradh na Seirbheise airson an ama sin. Ann a bhith ag ullachadh nan cunntasan seo, tha Inbhean Cunntasachd Eadar-nàiseanta 1 a' cur uallach air a' Bhòrd a bhith:

The Broadcasting Act 1990 (as amended by the Broadcasting Act 1996 and the Communications Act 2003) requires the Board to prepare accounts for each financial year which give a true and fair view of the state of affairs of the Seirbheis and of the results of the Seirbheis for that period. In preparing these accounts, International Accounting Standard 1 requires the Board to:

- a' taghadh phoileasaidhean cunntasachd agus gan cur an gnìomh gu cunbhalach;
- a' taisbeanadh fiosrachadh, a' gabhail a-steach poileasaidhean cunntasachd, ann an dòigh a tha a' tabhann fiosrachadh iomchaidh, earbsach, coimeasach agus tuigseach;
- a' tabhann foillseachaidhean a bharrachd an uair nach eil gèilleadh ris na riathanasan sònraichte ann an IFRSan gu leòr airson buaidh gnìomhan sònraichte, tachartasan eile agus cùmhnanntan a thuigsinn air suidheachadh ionmhais agus coileanadh na buidhne; agus
- measadh a dhèanamh air comas na Seirbheise leantainn air adhart mar ghnòthach a tha a' leantainn oirre a' gnìomhachadh.
- properly select and apply accounting policies;
- present information, including accounting policies, in a manner that provides relevant, reliable, comparable and understandable information;
- provide additional disclosures when compliance with the specific requirements in IFRSs are insufficient to enable users to understand the impact of particular transactions, other events and conditions on the entity's financial position and performance; and
- make an assessment of the Seirbheis' ability to continue as a going concern.



Tha uallach air buill a' Bhùird clàraidhean cunntasachd ceart a chumail a dh'fhoillsicheas le ìre mhath de chinnt aig àm sam bith obair ionmhasail na Seirbheise, agus a dh'fhoillsicheas an ìre mhath mionaideach aig àm sam bith suidheachadh ionmhasail na Seirbheise agus a nì e comasach dhaibh dearbhadh gu bheil na cunntasan a' tighinn a rèir Achd Craolaidh 1990 (mar a chaidh atharrachadh). Tha uallach orra cuideachd so-mhaoin na Seirbheise a dhìon agus ceuman reusanta a ghabhail dha rèir airson foill agus neo-riaghailteachdan eile a bhacadh agus a lorg.

Tha uallach air a' Bhòrd airson deasachadh agus iomlanachd an fhiosrachaidh ionmhasail agus chorporra a tha air làrach-lìn na Seirbheise.

Mar as fhiù agus mar as fhiosrach le buill a' Bhùird:

- chan eil fiosrachadh sgrùdaidh buntainneach ann air nach eil luchd-sgrùdaidh na Seirbheise mothachail; agus
- tha buill a' Bhùird air gach ceum a bu chòir dhaibh a ghabhail gus eòlas a thoirt dhaibh fhèin air fiosrachadh sgrùdaidh buntainneach sam bith agus barantachadh gu bheil luchd-sgrùdaidh mothachail air an fhiosrachadh sin.

The members of the Board are responsible for keeping proper accounting records that are sufficient to show and explain the Seirbheis' transactions and disclose with reasonable accuracy at any time the financial position of the Seirbheis and enable them to ensure that the accounts comply with the Broadcasting Act 1990 (as amended). They are also responsible for safeguarding the assets of the Seirbheis and hence for taking reasonable steps for the prevention and detection of fraud and other irregularities.

The Board is responsible for the maintenance and integrity of the corporate and financial information included on the Seirbheis' website.

In so far as the members of the Board are aware:

- there is no relevant audit information of which the Seirbheis' auditors are unaware; and
- the members of the Board have taken all steps that they ought to have taken to make themselves aware of any relevant audit information and to establish that the auditor is aware of that information.



Aithisg an neach-sgrùdaidh neo-eisimeilich do bhuill

Independent auditor's report to the members

Rinn sinn sgrùdadh air na cunntasan aig Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2017, a tha a' gabhail a-steach Aithris air Teachd-a-steach Iomlan, Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail, Aithris air Atharrachaidhean ann an Cothromas, Aithris air Sruthan-airgid agus na notaichean co-cheangailte, 1 gu 20. Tha frèam-obrach nan aithisgean ionmhasail a chaidh a chur an gnìomh san ullachadh aca a' tighinn a rèir an lagha iomchaidh agus Inbhean Eadar-nàiseanta Aithris air Cunntasachd (IFRSan) mar a tha iad air an gabhail leis an Aonadh Eòrpach.

Thathar a' toirt na h-aithisge seo do Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig a-mhàin, mar bhuidheann, ann an co-rèir ri Achd Craolaidh 1990 (mar a chaidh atharrachadh le Achd Craolaidh 1996 agus Achd Conaltraidh 2003). Chaidh ar n-obair sgrùdaidh a dhèanamh air chor 's gum faodamaid aithris riutha na nithean sin a dh'fheumar aithris riutha ann an aithisg neach-sgrùdaidh agus gun adhbhar sam bith eile ach sin fhèin. Chun na h-ìre as motha ceadaichte a rèir an lagha, cha bhi sinn a' gabhail ri uallach, no ga ghabhail os làimh do dhuine sam bith seach buill Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig mar bhuidheann, airson ar n-obair sgrùdaidh, airson na h-aithisge seo, no airson ar beachdan.

DLEASTANASAN FA LETH A' BHÙIRD AGUS AN NEACH-SGRÙDAIDH

Mar a tha minichte am barrachd doimhneachd san Aithris air Dleastanasan a' Bhùird, tha uallach air a' Bhòrd airson ullachadh nan cunntasan agus a bhith riaraichte gu bheil iad a' toirt sealladh fìor agus cothromach. Is e ar dleastanasne sgrùdadh a dhèanamh agus beachd a chur an cèill mu na cunntasan ann an co-rèir ris an lagh iomchaidh agus Inbhean Sgrùdaidh Eadar-nàiseanta (RA agus Èirinn). Tha riatanas oirnn air sgàth nan inbhean sin a bhith cumail ris na h-Inbhean Beusail aig Bòrd nan Cleachdaidhean Sgrùdaidh airson Luchd-sgrùdaidh.

We have audited the financial statements of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig for the year ended 31 March 2017 which comprise the Statement of Comprehensive Income, the Statement of Financial Position, the Statement of Changes in Equity, the Statement of Cash Flows and the related notes 1 to 20. The financial reporting framework that has been applied in their preparation is applicable law and International Financial Reporting Standards (IFRSs) as adopted by the European Union.

This report is made solely to the members of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig, as a body, in accordance with the Broadcasting Act 1990 (as amended by the Broadcasting Act 1996 and the Communications Act 2003). Our audit work has been undertaken so that we might state to them those matters we are required to state to them in an auditor's report and for no other purpose. To the fullest extent permitted by law, we do not accept or assume responsibility to anyone other than the members of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig, as a body, for our audit work, for this report, or for the opinions we have formed.

RESPECTIVE RESPONSIBILITIES OF THE BOARD AND AUDITOR

As explained more fully in the Statement of the Board's Responsibilities, the Board is responsible for the preparation of the financial statements and for being satisfied that they give a true and fair view. Our responsibility is to audit and express an opinion on the financial statements in accordance with applicable law and International Standards on Auditing (UK and Ireland). Those standards require us to comply with the Auditing Practices Board's Ethical Standards for Auditors.



FARSAINGEACHD SGRÙDADH NAN CUNNTASAN

Ann an sgrùdadh, bithear a' faighinn dearbhadh air suimean agus foillseachaidhean sna cunntasan, na dh'fhòghnas airson barantas reusanta a thoirt gu bheil na cunntasan saor bho mhì-aithris chudromach, ge b' e tha sin air sgàth foille no mearachd. An lùib seo bithear a' measadh: a bheil na poileasaidhean cunntasachd freagarrach do shuidheachadh Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig agus an deach an cur an gnìomh gu cunbhalach agus am foillseachadh mar a dh'fheumar; reusantachd nan tuairmsean cunntasachd mòra a rinneadh leis a' Bhòrd; agus coltas nan aithrisean ionmhasail san fharsaingeachd. A thuilleadh air seo, bidh sinn a' leughadh an fhiosrachaidh ionmhasail agus neo-ionmhasail air fad san aithisg bhliadhnail gus mì-chòrdaidhean cudromach ris na cunntasan sgrùdaichte a chomharrachadh agus gus fiosrachadh a shònrachadh stèidhichte air, no mì-chòrdaichte ris, an fhiosrachadh a fhuaras leinne an uair a rinn sinn an sgrùdadh. Ma bheir sinn an aire do mhì-aithrisean no neo-riaghailteachdan cudromach, beachdaichidh sinn air a' bhuaidh a dh'fhaodadh iad toirt air an aithisg againn.

BEACHD AIR NA CUNNTASAN

Nar beachd-ne tha na cunntasan:

- a' toirt sealladh fìor agus cothromach air cor ghnòthaichean Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig mar aig 31 Màrt 2017, agus air a teachd-a-steach is caiteachas airson na bliadhna sin a dhùin;
- air a bhith air an ullachadh gu ceart a rèir IFRSan mar a tha iad air an gabhail leis an Aonadh Eòrpach; agus
- air a bhith air an ullachadh a rèir riathanasan Achd Craolaidh 1990 (mar a chaidh atharrachadh le Achd Craolaidh 1996 agus Achd Conaltraidh 2003).

JAMES BOYLE, CA (ÀRD NEACH-SGRÙDAIDH REACHDAIL)

airson agus às leth Deloitte LLP
Luchd-Sgrùdaidh Reachdail
Dùn Èideann, An Rìoghachd Aonaichte

16 ÒGMHIOS 2017

SCOPE OF THE AUDIT OF THE FINANCIAL STATEMENTS

An audit involves obtaining evidence about the amounts and disclosures in the financial statements sufficient to give reasonable assurance that the financial statements are free from material misstatement, whether caused by fraud or error. This includes an assessment of: whether the accounting policies are appropriate to the circumstances of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig and have been consistently applied and adequately disclosed; the reasonableness of significant accounting estimates made by the Board; and the overall presentation of the financial statements. In addition, we read all the financial and non-financial information in the annual report to identify material inconsistencies with the audited financial statements and to identify any information that is apparently materially incorrect based on, or materially inconsistent with, the knowledge acquired by us in the course of performing the audit. If we become aware of any apparent material misstatements or inconsistencies we consider the implications for our report.

OPINION ON FINANCIAL STATEMENTS

In our opinion the financial statements:

- give a true and fair view of the state of the affairs of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig as at 31 March 2017 and of its income and expenditure for the year then ended;
- have been properly prepared in accordance with IFRSs as adopted by the European Union; and
- have been prepared in accordance with the requirements of the Broadcasting Act 1990 (as amended by the Broadcasting Act 1996 and the Communications Act 2003).

JAMES BOYLE, CA (SENIOR STATUTORY AUDITOR)

for and on behalf of Deloitte LLP
Statutory Auditor
Edinburgh, United Kingdom

16 JUNE 2017



Aithris air teachd-a-steach iomlan airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2017

Statement of comprehensive income for the year ended 31 March 2017

Notaichean Notes		2017	2016	
		£	£	
TEACHD-A-STEACH		INCOME		
Bun-thabhartas Riaghaltas na h-Alba		12,800,000	12,800,000	Scottish Government Core Grant
Tabhartasan a bharrachd bho Riaghaltas na h-Alba		65,000	25,000	Scottish Government Additional Grants
Bun-thabhartas Riaghaltas na RA		-	1,000,000	UK Government Grant
Teachd a-steach eile bho Thabhartasan		64,000	20,000	Other Grant Income
Teachd-a-steach Stiùidio & Ghoireasan		151,287	151,010	Studios & Facilities Income
		13,080,287	13,996,010	
CAITEACHAS OBRACHAIDH		OPERATING EXPENDITURE		
Riochdachaidhean Telebhisein, Rèidio & Air-loidhne is Còraichean		11,259,495	11,726,138	Television, Radio & On-line Productions and Rights
Glusad ann an Riochdachaidhean rin Craoladh		(125,306)	57,295	Movement in Productions to be Transmitted
Cosgaisean Obrachaidh na Seanail		694,601	772,899	Channel Operating Costs
Cosgaisean Leasachaidh		29,105	38,580	Development Costs
Sanasachadh Seanail & Corporra		37,040	55,637	Channel & Corporate Promotion
Tabhartasan Trèanaidh a' Ghnìomhachais		278,098	309,967	Industry Training Grants
Conaltradh Luchd-ùidhe		65,076	81,253	Stakeholder Engagement
Ceangal Coimhearsnachd		9,973	5,100	Community Liaison
Cosgaisean Rannsachaidh Luchd-amhairc		98,246	102,861	Audience Research Costs
		12,346,328	13,149,730	
CÒRR IOMLAN		733,959	846,280	GROSS SURPLUS
Cosgaisean Rianachd		864,677	798,614	Administrative Expenses
(EASBHAI DH)/CÒRR OBRACHAIDH	4	(130,718)	47,666	OPERATING (DEFICIT)/SURPLUS
Cosgaisean ionmhais lom	5	1,238	598	Net finance costs
(EASBHAI DH)/CÒRR RO CHÌSEAN		(131,956)	47,068	(DEFICIT)/SURPLUS BEFORE TAXATION
CÌSEAN	6	282	485	TAXATION
(EASBHAI DH)/CÒRR AN DÈIDH CHÌSEAN		(132,238)	46,583	(DEFICIT)/SURPLUS AFTER TAXATION

Tha an teachd-a-steach agus an caiteachas air fad stèidhichte air obair a tha a' leantainn air adhart.

Chan eil teachd-a-steach/cosgais eile ann a thuilleadh air an fheadhainn a tha air an ainmeachadh a-cheana.

Tha na poileasaidhean cunntasachd agus na notaichean nam pàirt riatanach de na cunntasan seo.

All income and expenditure is derived from continuing operations.

There are no other items of comprehensive income/expense other than those included above.

The accounting policies and notes form an integral part of these accounts.



Aithris air an t-suidheachadh ionmhasail mar aig 31 Màrt 2017

Statement of financial position as at 31 March 2017

	Notaichean Notes	31.03.2017 £	31.03.2016 £	
SO-MHAOIN NEO-LÀITHREACH				NON-CURRENT ASSETS
Maoin neo-làimhseachail	9	19,470	-	Intangible assets
Seilbh, acainn agus uidheam	10	748,144	825,418	Property, plant & equipment
		<u>767,614</u>	<u>825,418</u>	
SO-MHAOIN LÀITHREACH				CURRENT ASSETS
Clàran-seilbhe: riochdachaidhean rin craoladh		3,523,214	3,648,520	Inventories: productions to be transmitted
Malairt agus nithean eile a tha ri fhaighinn	11	278,051	285,582	Trade and other receivables
Airgead agus co-ionann ri airgead		166,454	174,656	Cash and cash equivalents
		<u>3,967,719</u>	<u>4,108,758</u>	
DO-MHAOIN LÀITHREACH				CURRENT LIABILITIES
Malairt agus nithean eile a tha ri phàigheadh	12	(448,065)	(325,321)	Trade and other payables
TEACHD-A-STEACH AN DÀIL: RI PHÀIGHEADH AN CEANN BLIADHNA				DEFERRED INCOME: DUE WITHIN ONE YEAR
Tabhartasan Calpa an dàil	14	(60,000)	(60,000)	Deferred Capital Grants
Tabhartasan Teachd-a-steach an dàil	13	(3,523,214)	(3,648,520)	Deferred Income Grants
		<u>(3,583,214)</u>	<u>(3,708,520)</u>	
(DO-MHAOIN)/SO-MHAOIN LÀITHREACH LOM		<u>(63,560)</u>	74,917	NET CURRENT (LIABILITIES)/ASSETS
SO-MHAOIN IOMLAN ÀS AONAS DO-MHAOIN LÀITHREACH		704,054	900,335	TOTAL ASSETS LESS CURRENT LIABILITIES
DO-MHAOIN NEO-LÀITHREACH		<u>(5,054)</u>	<u>(9,097)</u>	NON-CURRENT LIABILITIES
TEACHD-A-STEACH AN DÀIL: RI PHÀIGHEADH AN DÉIDH CORR IS BLIADHNA				DEFERRED INCOME: DUE AFTER MORE THAN ONE YEAR
Tabhartasan Calpa an dàil	14	-	(60,000)	Deferred Capital Grants
SO-MHAOIN LOM		<u>699,000</u>	<u>831,238</u>	NET ASSETS
RIOCHDAICHTE LE				REPRESENTED BY
Cùl stòran		699,000	831,238	Reserves
CÙL STÒRAN IOMLAN		<u>699,000</u>	<u>831,238</u>	TOTAL RESERVES

Chaidh na cunntasan seo aontachadh leis a' Bhòrd air 2 Ògmhios 2017

These accounts were approved by the Board on 2 June 2017

Magaidd Choineagan | Cathraiche
Dòmhnall Caimbeul | Àrd-Oifigear

Maggie Cunningham | Chairperson
Donald Campbell | Chief Executive

Tha na poileasaidhean agus notaichean cunntasachd nam pàirt riatanach de na cunntasan seo.

The accounting policies and notes form an integral part of these accounts.



Aithris air atharrachaidhean ann an cothromas mar aig 31 Màrt 2017

Statement of changes in equity as at 31 March 2017

	Cùl Stòran Reserves £	
Luach aig 1 Giblean 2015	784,655	Balance at 1 April 2015
Còrr airson na bliadhna	46,583	Surplus for the year
Luach aig 1 Giblean 2016	831,238	Balance at 1 April 2016
Còrr airson na bliadhna	(132,238)	Deficit for the year
Luach aig 31 Màrt 2017	699,000	Balance at 31 March 2017



Aithris air sruthan-airgid airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2017

Statement of cash flows for the year ended 31 March 2017

	2017 £	2016 £	
SRUTHAN-AIRGID BHO GHNÌOMHAN-OBRACHAIDH:			CASH FLOWS FROM OPERATING ACTIVITIES:
(Easbhaidh)/còrr obrachaidh	(130,718)	47,666	Operating (deficit)/surplus
Ìsleachadh air seilbh, acainn & uidheam	389,270	377,673	Depreciation of property, plant & equipment
Tabhartasan Calpa air an saoradh (Buannachd)/call air cur-às do seilbh, acainn & uidheam	(60,000)	(60,000)	Capital grants released
Lùghdachadh/(meudachadh) ann an clàran-seilbhe: riochdachaidhean rin craoladh	(7,560)	3,534	(Profit)/loss on disposal of property, plant & equipment
(Lùghdachadh)/meudachadh ann an teachd a-steach an dàil	125,306	(57,295)	Decrease/(increase) in inventories: productions to be transmitted
Lùghdachadh ann an suimean ri thighinn a-steach	(125,306)	57,295	(Decrease)/increase in deferred income grants
Meudachadh/(lùghdachadh) ann an suimean rim pàigheadh	7,531	145,888	Decrease in receivables
Sruth-airgid lom a-steach bho ghnìomhan obrachaidh	122,462	(164,914)	Increase/(decrease) in payables
	320,985	349,847	Net cash inflow from operating activities
SRUTHAN-AIRGID BHO GHNÌOMHAN-TASGAIDH:			CASH FLOWS FROM INVESTING ACTIVITIES:
Riadh pàighte	(1,238)	(598)	Interest paid
Reic seilbh, acainn & uidheam	7,560	-	Sale of property, plant & equipment
Ceannachd seilbh, acainn & uidheam	(331,466)	(375,812)	Purchase of property, plant & equipment
Sruth-airgid lom bho ghnìomhan-tasgaidh	(325,144)	(376,410)	Net cash outflow from investing activities
SRUTHAN-AIRGID BHO GHNÌOMHAN-IONMHASACHAIDH			CASH FLOWS FROM FINANCING ACTIVITIES:
Gnìomhan-ionmhasachaidh	(4,043)	15,814	Financing activities
Sruth-airgid lom bho ghnìomhan-ionmhasachaidh	(4,043)	15,814	Net cash flow from financing activities
Atharrachadh lom ann an airgead	(8,202)	(10,749)	Net change in cash
Airgead agus co-ionann ri airgead mar aig 1 Giblean 2016	174,656	185,405	Cash and cash equivalents at 1 April 2016
Airgead agus co-ionann ri airgead mar aig 31 Màrt 2017	166,454	174,656	Cash and cash equivalents at 31 March 2017

Tha na poileasaidhean agus notaichean cunntasachd nam pàirt riatanach de na cunntasan seo.

The accounting policies and notes form an integral part of these accounts.



Notaichean ris na cunntasan | airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2017

Notes to the accounts | for the year ended 31 March 2017

1

POILEASAIDHEAN CUNNTASACHD | ACCOUNTING POLICIES

BUN-STÈIDH ULLACHAIDH

Chaidh na h-aithrisean ionmhasail ullachadh a rèir Inbhean Eadar-nàiseanta Aithris air Cunntasachd (IFRSan) a rèir mar a tha iad air an gabhail leis an Aonadh Eòrpach. Tha an IFRS a' gabhail a-steach nan inbhean agus nam mìneachaidhean a chaidh an aontachadh leis a' Bhòrd Eadar-nàiseanta air Inbhean Cunntasachd ("IASB") agus mìneachaidhean a chaidh an cur an cèill leis a' Chomataidh Mineachaidhean Eadar-nàiseanta Aithris air Cunntasachd ("IFRIC").

Chaidh na cunntasan ullachadh air a' mhodh cosgais eachdraidheil air bhun chùis a tha a' dol.

BASIS OF PREPARATION

The financial statements have been prepared in accordance with International Financial Reporting Standards (IFRSs) as adopted by the European Union. IFRS includes the standards and interpretations approved by the International Accounting Standards Board ("IASB") and interpretations issued by the International Financial Reporting Interpretations Committee ("IFRIC").

The accounts have been prepared on the historical cost convention on a going concern basis.

BUN CHÙIS A THA A' DOL

Tha an t-Seirbheis mothachail air cho mòr 's tha i an eisimeil taic ionmhais leantainneach bho mhinistearan Riaghaltas na h-Alba aig ìrean fiosgail iomchaidh airson obair a chumail suas gus com-pàirteachas BBC ALBA leis a' BhBC a riarachadh. Faodaidh an t-Seirbheis a bhith a' sùileachadh gu reusanta gum bi stòrasan gu leòr ann airson leantainn air adhart ag obair airson an ath dhusan mìos. Airson an adhbhar seo thathar a' leantainn air adhart mar bhun chùis a tha a' dol ann a bhith ag ullachadh nan cunntasan.

Tha na prìomh phoileasaidhean cunntasachd air a bhith air an cur an cèill gu cunbhalach a thaobh cunntasan na Seirbheise.

GOING CONCERN

The Seirbheis is cognisant of its reliance on the Scottish Government ministers' continued financial support at appropriate fiscal levels to maintain its operations to satisfy the BBC ALBA partnership with the BBC. The Seirbheis can reasonably expect that it will have adequate resources to continue in operational existence for the next twelve months. For this reason, it continues to adopt the going concern basis in preparing the accounts.

The principal accounting policies have been applied consistently in relation to the Seirbheis' accounts.

TEACHD-A-STEACH

Tha na tabhartasan a fhuairar bho Riaghaltas na h-Alba air an cur ris an Aithris air Teachd-a-steach lomlan sa bhliadhna co-cheangailte riutha ach fo smachd tabhartasan sam bith a chaidh fhaighinn agus a bha air an cleachdadh gus riochdachaidhean a mhaoineachadh a bhiodh air an craoladh aig deireadh na bliadhna. Thèid an teachd-a-steach an dàil seo a chomharrachadh nuair a thèid na tabhartasan riochdachaidh co-cheangailte a chur chun na h-Aithris air Teachd-a-steach lomlan mar a tha mìnichichte sa phoileasaidh fa leth airson tabhartasan riochdachaidh gu h-ìosal.

INCOME

Income grants received from The Scottish Government and other organisations are credited to the Statement of Comprehensive Income in the year to which they relate, subject to the deferral of any grants received which were used to fund productions yet to be broadcast at the year end. This deferred income will be recognised when the related productions are expensed to the Statement of Comprehensive Income as outlined in the separate policy for production contracts as detailed below.



Notaichean ris na cunntasan Notes to the accounts

CÙMHNANTAN RIOCHDACHAIDH

Tha tabhartasan agus còraichean riochdachaidh Telebhisein is Rèidio air an cumail san Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail agus air an cur chun na h-Aithris air Teachd-a-steach lomlan an uair a tha an riochdachadh ris a bheil iad ceangailte air a chraoladh airson a' chiad uair.

TEACHD-A-STEACH STIÙIDIO

Tha teachd a-steach bhon stiùidio air a chomharrachadh san Aithris air Teachd-a-steach lomlan nuair a tha bathar agus seirbheisean air an libhrigeadh.

CÙMHNANTAN EILE

Tha cùmhnantan leasachaidh agus gach cùmhnant eile a tha ri phàigheadh air an cur chun na h-Aithris air Teachd-a-steach lomlan nuair a dh'fheumar am pàigheadh.

GABHALTASAN

Tha nithean air màl pàighte fo ghabhaltasan obrachaidh agus cùmhnantan ceannach fastaidh air an cur chun na h-Aithris air Teachd-a-steach lomlan nuair a dh'fheumar am pàigheadh.

COSGAISEAN PEINNSEIN

Tha na cosgaisean peinnsein a chaidh an cur chun na h-Aithris air Teachd-a-steach lomlan a' riochdachadh sùim nan tabhartasan rim pàigheadh airson an àm chunntasachd.

SEILBH, ACAINN & UIDHEAM

Ìsleachadh

Tha ìsleachadh ann airson so-mhaoin stèidhichte làimhseachail a chur às a' chunntas le tuairmse air an fheum eaconamach ach às aonais tuairmse an luach aig deireadh am beatha fheumail mar a leanas:

Talamh agus togalaichean 20% loidhne dhìreach

PRODUCTION CONTRACTS

Television and radio production acquisitions and rights are held in the Statement of Financial Position and are expensed to the Statement of Comprehensive Income once the production to which they relate has been first broadcast.

STUDIO INCOME

Studio income is recognised in the Statement of Comprehensive Income when products are supplied and services are provided.

OTHER CONTRACTS

Development contracts and all other operating contracts payable are charged to the Statement of Comprehensive Income as incurred.

LEASING

Rentals paid under operating leases and hire purchase contracts are charged to the Statement of Comprehensive Income as incurred.

PENSION COSTS

The pension costs charged against the Statement of Comprehensive Income represent the amount of the contributions payable in respect of the accounting period.

PROPERTY, PLANT & EQUIPMENT

Depreciation

Depreciation is provided to write off the cost less estimated residual value of property, plant & equipment over their estimated useful economic lives as follows:

Land and buildings 20% straight line



Notaichean ris na cunntasan Notes to the accounts

Acainn & uidheam:

Uidheam Coimpiutaireachd	33% loidhne dhìreach
Àirneis & Uidheam Oifise	20% loidhne dhìreach
Carbadan Motair	25% lùghdachadh cothromachaidh

Uidheam Stiùidio 20% loidhne dhìreach

Plant and equipment:

Computer Equipment	33% straight line
Office Furniture & Equipment	20% straight line
Motor Vehicles	25% reducing balance

Studio Equipment 20% straight line

MAOIN NEO-LÀIMHSEACHAIL

Luach-chrìonaidh

Tha luach-chrìonaidh air a thabhann gus cur às a' chunntas luach iarmadach tuairmsichte den do-mhaoin thar am beatha fheumail tuairmsichte, mar a leanas:

Bathar-bog Coimpiutair	20% loidhne dhìreach
------------------------------	----------------------

INTANGIBLE ASSETS

Amortisation

Amortisation is provided to write off the cost less estimated residual value of intangible assets over their estimated useful lives, as follows:

Computer Software.....	20% straight line
------------------------	-------------------

TABHARTASAN CALPA

Tha tabhartasan calpa air an cumail san Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail agus air an toirt air dhàil don Aithris air Teachd-a-steach lomlan ann an co-rèir ri poileasaidh ìsleachaidh na so-mhaoin ris a bheil an tabhartas ceangailte.

CAPITAL GRANTS

Capital grants received are held in the Statement of Financial Position and credited to the Statement of Comprehensive Income in line with the depreciation policy of the asset to which the grant relates.

AIRGEAD AGUS CO-IONANN RI AIRGEAD

Tha airgead agus co-ionann ri airgead a' gabhail a-steach airgead-làimhe agus airgead taisgte a tha furasta a thionndadh gu sùim aithnichte de dh'airgead-làimhe agus nach eil buailteach ach air glè bheag de dh'atharrachadh ann an luach.

CASH AND CASH EQUIVALENTS

Cash and cash equivalents comprise cash on hand and demand deposits that are readily convertible to a known amount of cash and are subject to insignificant risk of changes in value.

IONNSRAMAIDEAN IONMHASAIL

Tha maoin ionmhasail agus fiachan ionmhasail air an aithneachadh san Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail an uair a tha an t-Seirbheis air aonta a chur ri solar cunnraidh na h-ionnsramaid.

FINANCIAL INSTRUMENTS

Financial assets and financial liabilities are recognised in the Statement of Financial Position when the Seirbheis becomes a party to the contractual provision of the instrument.

Maoin Ionmhasail

Tha na maoin ionmhasail air fad air an aithneachadh agus air an di-aithneachadh air ceann-là malairt far a bheil ceannach no reic so-mhaoin ionmhasail fo chunnradh anns a bheil cumhan a tha a' ciallachadh gum feum an so-mhaoin a bhith air a libhrigeadh taobh a-staigh an ama a chaidh a

Financial Assets

All financial assets are recognised and derecognised on a trade date where the purchase or sale of a financial asset is under a contract whose terms require delivery of the financial asset within the timeframe established by the Seirbheis' principal customer, and are initially measured at



Notaichean ris na cunntasan Notes to the accounts

stèidheachadh le prìomh neach-ceannachd na Seirbheise, agus a tha sa chiad dol a-mach air a thomhas aig luach chothromach, agus cosgaisean gnìomh-malairt.

Is e nithean air am faotainn an t-aon seòrsa so-mhaoin ionmhasail a tha aig an t-Seirbheis

Tha nithean air am faotainn tro mhalairt agus nithean eile a tha air am faotainn a thathar a' pàigheadh mar shuimean a tha stèidhichte no dearbhte nach eil air an luachadh ann am margaidh ghniomhach air am meas mar 'nithean rim faotainn'. Tha iad air an tomhais aig cosgais luach-chrìonaidh a' cleachdadh a' mhodh rèidh èifeachdaich, às aonais milleadh sam bith. Tha riadh teachd-a-steach air aithneachadh le bhith a' cur an cèill an reata rèidh èifeachdaich, ach a-mhàin nithean rim faotainn airson gearr-ùine far am biodh aithneachadh air riadh neo-thàbhach.

Milleadh air so-mhaoin ionmhasail

78

Tha so-mhaoin ionmhasail air am measadh airson comharran air easbaidh air ceann-là gach Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail. Tha easbaidh ann an so-mhaoin ionmhasail an uair a tha fianais neo-phàirteach ann, gu bheil, mar thoradh air aon tachartas no barrachd a ghabh àite an dèidh a' chiad aithneachadh den t-so-mhaoin ionmhasail, gu bheil buaidh aige air an t-sruth airgid a tha air a mheasadh airson an ama ri teachd.

Airson cuid de sheòrsaichean so-mhaoin ionmhasail, leithid nithean air am faotainn tro mhalairt, bidh so-mhaoin a tha air am measadh, gun a bhith air am milleadh a thuilleadh air seo, air am measadh airson milleadh air bun-stèidh cruinnichte. Dh'fhaodadh fianais chothromach air milleadh airson pasgan de nithean air am faotainn gabhail a-steach an t-eòlas eachdraidheil a tha aig an t-Seirbheis ann a bhith a' cruinneachadh pàighidhean, meudachadh san àireamh de phàighidhean air an robh dàil sa phasgan thar an ama creideis àbhaisteach, cho math ri atharrachaidhean mothachail ann an suidheachaidhean eaconamach nàiseanta no ionadail a tha ann an co-dhàimh ri dearmad ann an nithean air am faotainn.

A thaobh so-mhaoin a tha air an cumail aig cosgais luach-chrìonaidh, is e meud a' mhillidh na h-eadar-dhealachaidhean eadar luach giùlain an t-so-mhaoin agus an luach làithreach a thathar a' meas a bhios aig an t-sruth airgid aig an àm ri teachd le lasachadh a rèir reata rèidh a bha aig an t-so-mhaoin ionmhasail o thùs.

fair value, plus transaction costs.

Receivables is the only category of financial asset held by the Seirbheis

Trade receivables and other receivables that have fixed or determinable payments that are not quoted in an active market are classified as "receivables". They are measured at amortised cost using the effective interest method, less any impairment. Interest income is recognised by applying the effective interest rate, except for short-term receivables when the recognition of interest would be immaterial.

Impairment of financial assets

Financial assets are assessed for indicators of impairment at the date of each Statement of Financial Position. Financial assets are impaired where there is objective evidence that, as a result of one or more events that occurred after the initial recognition of the financial asset, the estimated future cash flows of the investment have been affected.

For certain categories of financial assets, such as trade receivables, assets that are assessed not to be impaired individually are, in addition, assessed for impairment on a collective basis. Objective evidence of impairment for a portfolio of receivables could include the Seirbheis' past experience of collecting payments, an increase in the number of delayed payments in the portfolio past the average credit period, as well as observable changes in national or local economic conditions that correlate with default on receivables.

For financial assets carried at amortised cost, the amount of the impairment is the differences between the asset's carrying amount and the present value of estimated future cash flows, discounted at the financial asset's original effective interest rate.

The carrying amount of the financial asset is reduced by the impairment loss directly for all financial assets with the exception of trade receivables, where the carrying amount is reduced through the use of an allowance account. When a trade receivable is considered uncollectable, it is written



Notaichean ris na cunntasan Notes to the accounts

Tha luach làithreach an t-so-mhaoin ionmhasail air a lùghdachadh gu dìreach leis a' chall millidh a thaobh nan so-mhaoinean ionmhasail ach a' fàgail a-mach nithean air am faotainn tro mhalairt far a bheil an luach làithreach air a lùghdachadh tro bhith a' cleachdadh cunntas cuibhreann. Far a bheilear a' meas nach gabh nì air faotainn tro mhalairt a thionail thathar ga chur às an aghaidh a' chunntais chuibhrinn. Tha atharrachaidhean sa chunntas làithreach den chunntas cuibhreann air an aithneachadh mar phrothaid no call.

Dì-aithneachadh air so-mhaoin ionmhasail

Tha an t-Seirbheis a' dèanamh dì-aithneachadh air so-mhaoin ionmhasail a-mhàin an uair a tha còraichean cunnradail an t-sruth-airgid bho so-mhaoin a bhith a' crìochnachadh, air neo an uair a thèid an t-so-mhaoin ionmhasail atharrachadh agus a tha na riosgan agus na duaisean air fad agus an sealbh den t-so-mhaoin a' gluasad gu buidheann eile. Mur a dèan an t-Seirbheis atharrachadh no mur a cùm i na riosgan agus na duaisean seilbh agus a leanas i oirre a' cumail smachd air an t-so-mhaoin a chaidh a ghluasad, bidh an t-Seirbheis a' toirt aithne do dh'ùidh leantainneach san t-so-mhaoin agus fiachan co-cheangailte airson suimean is dòcha a dh'fheumar a phàigheadh. Ma chumas an t-Seirbheis gu tàbhachdach na riosgan agus na duaisean seilbh a tha aig so-mhaoin ionmhasail a chaidh atharrachadh, leanaidh an t-Seirbheis oirre ag aithneachadh an t-so-mhaoin ionmhasail agus bheir i aithne cuideachd do iasad colatarail airson an teachd-a-steach a fhuaras.

